

# Breithneachadh air Foghlam Tràth agus Cùram Cloinne Meadhan-Gàidhlig

# **Breithneachadh air Foghlam Tràth agus Cùram Cloinne Meadhan-Gàidhlig**

**Christine Stephen  
Institiud Foghlaim Shruighlea**

**Joanna McPake  
Oilthigh Shrath Chluaidh**

**Wilson McLeod  
Oilthigh Dhùn Èideann**

**Irene Pollock  
Oilthigh Dhùn Èideann**

**Tessa Carroll  
Institiud Foghlaim Shruighlea**

Rannsachadh Sòisealta Riaghaltas na h-Alba  
2010

## CLÀR-INNSE

<b>GEÀRR-CHUNNTAS GNÌOMHA</b>	iv
<b>1 RO-RÀDH</b>	<b>1</b>
1.1 Co-theagsa poileasaidh	1
1.2 Solar MG nam bliadhnaichean tràth	2
1.3 Dùblain mu choinneamh solar tràth MG	4
1.4 Breithneachadh air foghlam tràth is cùram cloinne MG	4
<b>2 DEALBHADH AGUS MODHAN RANNSACHAIDH</b>	<b>6</b>
2.1 Ceum 1: Mapadh solair	6
2.2 Ceum 2: Suirbhidh air solar	7
2.3 Ceum 3: Agallamhan le priomh luchd-freagairt	8
2.4 Ceum 4: Sgrùdaidhean cùise air solar MG ann an co-theagsa	8
<b>3 FOGHLAM TRÀTH AGUS CÙRAM CLOINNE MEADHAN-GÀIDHLIG: SOLAR AN-DRÀSTA</b>	<b>10</b>
3.1 Foghlam tràth agus cùram cloinne MG: an dealbh an-dràsta	10
3.1.1 Meud an t-solar an-dràsta	10
3.1.2 Cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam tràth is cùram cloinne MG	11
3.1.3 Luchd-obrach, fastadh agus trèanadh ann am foghlam tràth is cùram cloinne MG	14
3.2 Solarachadh, iarrtas agus togail ùidh ann am foghlam tràth is cùram cloinne MG	15
3.2.1 Solarachadh is iarrtas foghlam tràth agus cùram cloinne MG	15
3.2.2 A' togail ùidh mu sholar MG	17
3.3 Taic bhon taobh a-muigh airson foghlam tràth is cùram cloinne MG	17
3.3.1 Taic ionmhasail do sholar tràth MG	17
3.3.2 Àite nan ùghdarrasan ionadail	19
3.3.3 Buidhnean taice	19
3.4 Leasachadh foghlam tràth is cùram cloinne MG : beachdan luchd-solair mu fheumalachdan maoineachaidh, ghoireasan is trèanaidh	
3.5 Geàrr-chunntas nan Toraidhean	24
<b>4 PRÌOMH CHEISTEAN:DEASBAD</b>	<b>27</b>
4.1 Ionnsachadh agus teagasg càinain	27
4.2 An t-eòlas a chuireas clann air solar MG	33
4.3 Stòrasan MG	37
4.4 Beachdan agus miannan phàrantan	39
4.5 A' dèiligeadh ri iarrtas agus a' togail ùidh mun t-solar	43

5	MOLAIDHEAN AIRSON ATHARRACHADH	47
5.1	Leasachadh proifeiseanta	47
5.2	Feumalachdan taice	48
5.3	Togail ùidh mu sholar	51
5.4	Tuilleadh rannsachaidh	51
5.5	Co-dhùnadh	53
	TOBRAICHEAN FIOSRACHAIDH	54
	EARR-RÀDH A: GM PROVISION ACROSS THE LOCAL AUTHORITIES: QUESTIONNAIRE RESPONSES	56
	EARR-RÀDH B: SUIRBHIDH SHOLARACHEAN SOLAR BHLIADHNAICHEAN TRÀTHA MG	62
	EARR-RÀDH C: COMPIILING THE DATABASE AND MAP	85
	EARR-RÀDH D: CASE STUDY GM PROVISION	89

## **Taing**

Tha mòran daoine air ar cuideachadh leis an sgrùdadadh seo. Thug a' Bhuidheann Comhairleachaidh air Rannsachadh taic dhuinn anns an rannsachadh agus beachdan cuideachail air dreachd na bu tràithe den aithisg seo. Tha sinn fada an comain an luchd-solair a fhreagair an suirbhidh, riochdairean nan ùghdarrasan ionadail a thug fiosrachadh dhuinn agus a fhreagair ar ceistean agus am priomh luchd-freagairt a thug seachad an tìde airson agallamhan. Tha sinn gu h-àraidh airson taing a thoirt don luchd-dreuchd, manaidsearan, clann agus pàrantan a chuir failte oirnn anns na uidheachaidhean aca.

# GEÀRR-CHUNNTAS GNÌOMHA

## Ro-ràdh

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-2012 air targaidean àrd-mhiannach a stèidheachadh airson leudachadh ann am foghlam bun-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig (MG), ag amas air 4000 leanabh clàraichte ann am P1 ro 2021. Tha foghlam tràth agus cùram cloinne MG anabarrach deatamach airson pàrantan a thàladh don 't-siostam Ghàidhlig' agus tha an fhìor mhòr-chuid de chlann a thèid a chlàradh ann am bun-sgoil MG air foghlam ro-sgoile MG fhaighinn ann an sgoil-àraich no cròileagan. Ma thathas a' dol a ruighinn nan targaidean airson àireamhan cloinne a' tòiseachadh ann am bun-sgoil MG feumaidh leudachadh mòr a thighinn air an raon ro-sgoile cuideachd, agus dìreach 700 leanabh air an clàradh ann an sgoiltean-àraich MG ann an seisean 2008-9. Bha dealas sònraichte anns a' Phlana Nàiseanta gun deigheadh breithneachadh a dhèanamh air foghlam tràth agus cùram cloinne MG. Tha an rannsachadh ris am buin an aithisg seo a' coileanadh an dealais sin. Tha e ag amas air dèanamh soilleir dè an solar a th' ann an-dràsta, nochdadh na tha a dhìth agus molaidhean a dhèanamh a dh'ionnsaigh atharrachadh no leasachadh a dh'fheumaiste gus an tèid cinn-uidhe a' Phlana Nàiseanta a ruighinn.

Shocraich am breithneachadh sgrùdadh a dhèanamh air

- meud solar foghlam tràth agus cùram cloinne MG an-dràsta
- lìbhrigeadh, iarrtas airson agus togail ùidh mu sholar foghlam tràth MG
- neartan is laigsean an t-solair an th' ann an dràsta
- atharrachadh no leasachadh sam bith a tha a dhìth gus piseach is meudachadh a thoirt air an t-solar.

## Modhan rannsachaidh

Bha ceithir ceuman anns an rannsachadh a bha co-cheangailte agus a' dol an lùib a chèile. Thòisich sinn le bhith a' *mapadh* an t-solair a th' ann an-dràsta, a' cleachdadh grunn stòrasan air-loidhne agus staitistearachd phoblach. Chaidh sinn an tòir air solar ùghdarris ionadail, priobhaideach is saor-thoileach agus ghabh sinn sùim air foghlam is cùram bho aois breith gu aois tòiseachaidh sa bhun-sgoil agus cùram taobh a-muigh sgoile tro bhliadhnaichean na bun-sgoile. Chaidh iarraidh air an luchd-solair a lorgadh anns an obair mhapaidh freagairt a thoirt air-loidhne no tron phost do *shuirbhidh* a bha ri fhaighinn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Dhealbhadh an suirbhidh a bhith freagarrach don h-uile seòrsa solarache le ceistean mu ghnè is comasan an t-solair, iarrtas agus gabhail, mar a bha Gàidhlig ga cleachdadh san t-suidheachadh, luchd-obrach, cosgaisean agus teachd a-steach, togail ùidh mu sholar MG, co-obrachadh le buidhnean eile agus molaidhean airson piseach is leasachadh ri thighinn.

Anns an treas ceum rinn sinn *agallamhan* le 19 prìomh neach-freagairt air an robh dleastanas airson foghlam tràth, no dleastanas airson taic a thoirt do chleachdadh na Gàidhlig no solar tràth a riaghlaadh. B' e obair a' cheum mu dheireadh trì sgrùdaidhean cùise a dhèanamh mar eisimpleirean agus co-theagsa air na cuspairean a dh'ëirich às an t-suirbhidh agus na h-agallamhan. A thuilleadh air na ceithir ceuman rannsachaidh rinn sinn suirbhidh air na h-ùghdarrasan ionadail uile

mun cheangal aca ri foghlam tràth is cùram cloinne MG agus rinn sinn agallamh fòn goirid le luchd-solar nach robh airson làn shuirbhidh a liònadh ach a bha deònach bruidhinn air a' fon.

## Foghlam tràth is cùram cloinne MG

Lorg sinn 127 solaraiche foghlam tràth is cùram cloinne MG, a' chuid as mothà aca ann an Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Eileanan Siar, ged a tha 12 ùghdarrasan ionadail eile air feadh na h-Alba a' libhrigeadh solar de sheòrsa air choreigin. Tha a' chuid as mothà de sholar a' tabhann eòlas ro-sgoile (ann an clasaichean- is sgoiltean-àraich ùghdarrasan ionadail no cròileagain shaor-thoileach) do chlann aois trì gu còig. Mar as trice tha an solar seo ga libhrigeadh ann an suas ri còig seiseanan san t-seachdain, gach fear a' leantainn dhà no trì uairean a thìde gach latha. Chan eil ach glè bheag cùram taobh a-muigh sgoile no cùram làitheansaora ri fhaighinn agus mar as trice is e buidhnean pàrant is pàiste an solar a th' ann do chlann fo aois trì. Chan eil ach àireamh glè bheag de luchd-cùraim cloinne a' tabhann solar MG. Chan eil mòran sholaraichean a' sùileachadh fàs ann an iarrtas agus chan eil ach beagan a tha an dùil an solar aca a mheudachadh. Ged a tha grunn dhòighean aca air na seirbheisean aca a shanasachd is e aithris beòil a dh'ainmich iad mar an dòigh as fheàrr air pàrantan is clann a thàladh.

A chionn gu bheil an fhòr mhòr-chuid de chlann ann an solar tràth MG à dachaighean far nach eileas a' bruidhinn Gàidhlig is e an ùine a chaitheas iad ann an suidheachadh MG am priomh chothrom a gheibh iad airson Gàidhlig a thogail. Tha an t-uiread Gàidhlig a tha ga chleachdad ag atharrachadh gu mòr eadar suidheachaidhean. Tha cuid de sholar sa Ghàidhlig a-mhàin, cuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla agus tha suidheachaidhean eile ann far nach eil Gàidhlig ga cleachdadach airson ghniomhan sònraichte leithid seinn. Thuirt tòrr den luchd-fhreagairt gu bheil duilgheadas aca a' lorg luchd-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig agus aig a bheil trèanadh mar luchd-dreuchd foghlam tràth. Tha dìth chothroman ruigsinneach ann airson leasachadh proifeiseanta a bheireadh taic do chleachdaidhean sna bliadhnaichean tràtha a chuidicheadh clann òga a bhith a' togail na Gàidhlig.

Tha foghlam tràth MG a' faighinn na cuid as mothà de mhaoineachadh bho riaghaltas nàiseanta is ionadail, le beag chuid a' tighinn bho thabhartasan o thar-bhuidhnean is buidhnean poblach. Tha teachd a-steach chròileagan is bhuidhnean pàrant is pàiste an crochadh air na tha luchd-cleachdaidh a' pàigheadh. Feumaidh pàrantan pàigheadh airson cùram taobh a-muigh sgoile agus cùram làithean-saora airson a h-uile leanaibh, ge bith an ann bho ùghdarras ionadail, sgoil-àraich phriobhaideach no neach-cùraim a gheibhear e. Tha a' chuid as mothà de sholaraichean MG ag ràdh nach bi ach beagan gnothaich aca ri tar-bhuidhnean no buidhnean taice, mar as trice airson cuideachadh le iarrasan maoineachaidh sònraichte no stòrasan.

Bu toil le solaraichean MG gun tigeadh piseach air solarachadh luchd-obrach fileanta sa Ghàidhlig aig a bheil trèanadh, ann an leasachadh proifeiseanta a' buntainn ri foghlam dà-chànanach agus solarachadh sàr stòrasan MG. Bha iad den bheachd gum biodh àrdachadh ann am maoineachadh is taic bho bhuidhnean nàiseanta is ionadail agus dòighean nas èifeachdaiche air ùidh a thogail mun t-solar aca na

cuideachadh airson na cinn-uidhe seo a ruighinn ach bha iad cuideachd ag iarraidh cothroman na b' fheàrr a bhith a' conaltradh ri luchd-dreuchd is luchd-solair eile.

## **Priomh chòisean ann am foghlam tràth is càram cloinne MG**

Tha am breithneachadh seo air priomh chòisean aithneachadh ann an còig raointeann.

1. *Ionnsachadh is teagast cànan a' gabhail a-steach*: dòighean èifeachdach airson taic a thoirt do fhileantaich is luchd-ionnsachaidh anns an aon suidheachadh; àrainneachd làn-Ghàidhlig a stèidheachadh nuair nach eil an luchd-obrach gu leòr fileanta agus nuair a bhios Beurla ri cluinnntinn tric; agus dèanamh cinnteach gu bheil bogadh cànan a' tachairt ann an àrainneachd cànan a tha saidhbhir gu leòr.

2. *Sàr eòlasan do chlann a' gabhail a-steach*: dèanamh cinnteach gu bheil trèanadh an luchd-dreuchd a' toirt cothrom dhaibh gach eòlas is buil a tha air ainmeachadh sa Churraicealam airson Sàr-mhathais a choileanadh ann an dòighean a bheir a-steach ionnsachadh cànan; cunbalachd agus leantaileachd a libhrigeadh, agus a bhith a' cumail an-àirde chleachdaidhean san t-seòmar-chluiche agus cumhaichean luchd-obrach a chum sàr àrainneachd ionnsachaidh a bhrosnachadh.

3. *Solar stòrasan MG a' gabhail a-steach*: dèiligeadh ris a' ghainnead ann an stòrasan ionnsachaidh foghlam tràth MG agus dòigh fhaighinn air stòrasan MG a libhrigeadh a tha freagarrach don chultar agus nach fheum luchd-dreuchd eadar-theangachadh no a dhèanamh iad fhèin.

4. *Beachdan agus miannan eadar-dhealaichte aig pàrantan*: a bhith comasach air solar do chlann a thig gu MG air iomadh diofar adhbhar ge bith an ann airson gu bheil am pàrantan a' cur taic ri ath-nuadhachadh na Gàidhlig, a' bruidhinn Gàidhlig aig an taigh, ag iarraidh gum buannaich an cuid cloinne bho dhà-chànanachas no ag iarraidh cuid de na sochairean foghlaim no sòisealta eile a shùilicheas iad bho sholar MG.

5. *A' dèiligeadh ri iarrtas agus a' togail ùidh mu sholar a' gabhail a-steach*: tuigsinn nan irean iarrtais eadar-dhealaichte aig pàrantan, innse do phàrantan mu MG gun eagal a chur orra mu dhuilgheadasan cànan do inbhich, dòighean èifeachdach a lorg airson cliù mhath a thogail sa choimhearsnachd.

## **Molaidhean atharrachaidh is leasachaidh**

Thàinig na molaidhean gniomha a leanas às a' bhreithneachadh seo:

- piseach a thoirt air leasachadh agus trèanadh proifeiseanta luchd-dreuchd MG sa chiad dol a-mach agus gu leantaileach agus modhan èifeachdach a lorg airson fiosrachadh agus cleachdaidhean a cho-roinn
- taic a chur ri solar MG tro leasachadh ann an solarachadh stòrasan MG, solar càram cloinne MG a mheudachadh agus dòighean-obrach a leasachadh airson gum bi barrachd cothroim aig clann Gàidhlig a chleachdad aig an taigh agus sa choimhearsnachd

- fàs a thoirt air a' mhargaidh airson solar MG tro ro-innleachd togail ùidh nàiseanta, gu h-àraidh mu shochairean foghlam MG agus a' gabhail a-steach stòr-dàta agus mapa solair a thèid ùrachadh gu cunbhalach
- tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air builean do chlann, a' gabhail a-steach na buaidh a th' aig solar tràth MG air mar a thogas iad Gàidhlig agus èifeachd nan diofar modailean leasachadh càinain a tha air an cleachdad
- suirbhidh a dhèanamh de phàrantan thar na h-Alba air fad gus faighinn a-mach nàdar iarrtais sam bith airson solar MG nach deach a shàsachadh.

# 1. RO-RÀDH

## 1.1 Co-theagsa poileasaidh

Chlàraich cunntas-sluagh 1891 254,415 neach-labhairt na Gàidhlig (a' gabhail a-steach an dà chuid daoine aig an robh Gàidhlig a-mhàin agus daoine a bha dà-chànanach), dìreach fo 7% den t-sluagh aig an àm. Tha ceist mun Ghàidhlig air nochdadh anns a h-uile cunntas-sluagh bhon àm sin, a' sealltainn tuiteam anns an àireamh luchd-labhairt thar an 20mh linn gu 58,652 ann an 2001, 1.2% de shluagh na h-Alba. Bhon àm sin fhuair *Growing up in Scotland* (sgrùudadh tar-aimsireil luchdsamhla, SEED, 2007) gu robh nas lugha na 1% de theaghlaichean le clann òga ag ràdh gum bi iad a' cleachdadadh Gàidhlig aig an taigh ann an 2004-5.

Anns na beagan dheicheadan a chaidh seachad, tha ùidh mhòr air a bhith aig daoine ann an cànanan a tha fo bhagairt bàis ath-bheothachadh le bhith a' cur fàs air an àireamhan luchd-labhairt. Tha e follaiseach gu bheil foghlam na phriomh phàirt de dh'ath-bheothachadh (dìreach mar a tha dìth foghlaim ann an cànan sam bith a' cur gu mòr ri crionadh a' chànan sin). Tha solar foghlaim is càram tro mheadhan cànan a tha fo bhagairt bàis a' ciallachadh

- 1) gu faigh clann cothrom a dhol an sàs sa chànan rè ùine fhada, a chleachdadadh len co-aoisean agus le inbhich agus taobh a-muigh na dachaigh;
- 2) gu fàs iad litearra sa chànan, rud a tha gu math duilich mas ann tro chòmhradh a-mhàin aig an taigh a choinnicheas iad ris;
- 3) gun tèid inbhe, agus mar sin beatha, a' chànan fo bhagairt, a thogail sa choimhearsnachd agus taobh a-muigh na coimhearsnachd (Hornberger & King, 1996).

Bho tràth anns na 1980an a-mach tha solar tràth agus càram cloinne air a bhith na phàirt anabarrach cudromach de shiostam foghlaim na Gàidhlig agus leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd. Tha e riatanach gun tèid pàrantan is clann a thàladh don 't-siostam Ghàidhlig' aig an ire as tràithe ma tha tionndadh dol a thighinn anns an ìsleachadh ann an gluasadan deamograigeach na Gàidhlig. Tha an fhòr mhòr-chuid de chlann a thèid a chlàradh ann am foghlam bun-sgoile MG<sup>1</sup> a' tighinn bho chròileagain is sgoiltean-àraich MG. Air an adhbhar sin, tha solar foghlam tràth is càram cloinne MG air a bheil deagh structar agus co-òrdanachadh, a thèid a shanasachd gu h-èifeachdach agus a tha de chàileachd àrd, stèidhichte air rannsachadh is anailis chùramach, na phriomhachas cudromach ann am poileasaidh leasachaidh na Gàidhlig.

Tha poileasaidh leasachaidh na Gàidhlig ann an Alba ga stiùireadh le Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-2012 aig Bòrd na Gàidhlig. Tha Earrann 2 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ga chur mar fhiachaibh air a' Bhòrd plana ùr ullachadh a h-uile còig bliadhna a ghabhas a-steach 'ro-innleachd airson adhartachadh, agus cuideachadh le adhartachadh... cleachdadadh agus tuigse na Gàidhlig, agus... foghlam Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig'. Tha Plana 2007-2012 a' stèidheachadh sealladh a' Bhùird mun Ghàidhlig mar 'roghainn cànan aig àireamh a tha a' sìor fhàs de dhaoine ann an Alba, na tùs-chànan aig àireamh a tha a' sìor fhàs de luchd-

<sup>1</sup> Cleachdaidh sinn MG tron aithisg seo air fad airson solar tro mheadhan na Gàidhlig.

labhairt, a' faighinn taic bho chultar beothail ann an coimhearsnachd cànan a tha measgaichte'. Airson gluasad a dh'ionnsaigh an sealladh seo a choileanadh, tha am Plana Nàiseanta airson adhartas fhaicinn ann an ceithir prìomh raointeann beatha: togail cànan, cleachdadhean cànan, inbhe cànan agus corporas cànan. Buinidh trì de na ceithir cinn-uidhe ann an togail cànan ris na bliadhnaichean tràtha:

- meudachadh ann an cleachdadhean cànan agus toirt seachad na Gàidhlig anns an dachaigh
- meudachadh anns an ìre sa cheud de chlann a' togail Gàidhlig anns an dachaigh
- meudachadh anns na tha ri fhaotainn de dh'fhoghlam tron Ghàidhlig agus na tha a' tòiseachadh ann am foghlam meadhan-Gàidhlig

Tha Ro-innleachd Nàiseanta Foghlam Gàidhlig anns a' Phlana Nàiseanta cuideachd a tha ag ainmeachadh adhartas ann an leudachadh goireasan cùram cloinne Gàidhlig agus foghlam ro-sgoile MG mar aon de na cinn-uidhe aige.

Tha am Plana Nàiseanta cuideachd a' stèidheachadh grunn thargaidean de dhiofar sheòrsaichean airson 2021, 2031 agus 2041. (Bhathas den bheachd gu robh cunntas-sluaigh 2011 a' tighinn ro fhaisg às dèidh bogadh plana 2007-2012 airson dùil a bhith ann ri buil dhòchasach sam bith). Am measg nan targaidean airson 2021 tha gum bi 4000 leanabh clàraichte ann am P1 na bliadhna sin (an coimeas ri dìreach thairis air 300 ann an 2006). Chaidh 864 leanabh a chlàradh ann an sgoiltean-àraich MG ann an 2008-9; mas e clann aois ceithir bliadhna a th' anns an dàrna leth dhiubh seo a' dol gu bun-sgoiltean no aonadan MG, bidh an àireamh tòiseachaidh ann am P1 ann an 2009-10 mu 430, beagan agus an deicheadh pàirt den targaid airson 2021. Tha e follaiseach, ma-thà, ma thathas a' dol a ruigsinn na targaid airson 2021, gu feum fàs anabarrach a thighinn air an raon ro-sgoile MG cho math ris an raon bun-sgoile MG anns na bliadhnaichean ri thighinn.

Am measg nam pròiseactan sònraichte a chaidh ainmeachadh anns a' Phlana Nàiseanta tha breithneachadh air foghlam tràth agus cùram cloinne MG. Tha an rannsachadh seo a' freagairt na gairm sin gus dèanamh soilleir dè an solar a th' ann mar-thà, aithneachadh dè tha a dhìth agus moladh dhòighean sam b' urrainnear solar a leasachadh.

## 1.2 Solar MG nam bliadhnaichean tràtha

Tha foghlam is cùram ro-sgoile (agus cùram taobh a-muigh sgoile airson clann nas sine) ann an Alba ri fhaighinn ann an raon farsaing de dhiofar sheòrsaichean solair. Tha còir aig a h-uile leanabh aois 3-5 bliadhna ann an Alba air solar foghlam ro-sgoile an-asgaidh airson 475 uair a thìde sa bhliadhna, mar as trice ann an còig seiseanan leth-latha feadh bliadhna na sgoile. Faodaidh pàrantan taghadh an solar an-asgaidh seo a ghabhail bho ùghdarris ionadail no bho sholaraireach priobhaideach no saor-thoileach aig a bheil aonta com-pàirteachail le ùghdarris ionadail. Tha compàirteachas le ùghdarris ionadail a' ciallachadh gu bheil solarairach priobhaideach no saor-thoileach leagte air coileanadh a thaobh a' churraicealaim agus càileachd na seirbheis. Tha solar MG ga thabhall an-dràsta anns a' chuid as mothà de dh'Alba, ged as ann sa Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan agus bailtean meadhan na h-Alba as mothà a gheibhear e, le beàrnan mòra ann an solar ann an àiteachan eile.

Ionnan ri foghlam ro-sgoile tro mheadhan na Beurla, tha foghlam ro-sgoile MG airson clann aois trì gu còig ga thabhall ann an clasaichean-àraich ùghdarras ionadail ceangailte ri bun-sgoil, ann an sgoiltean-àraich ùghdarras ionadail (seòrsa solair nach fhaighear ach ann an cuid de dh'àiteachan), ann an sgoiltean-àraich priobhaideach agus cròileagain. Mar as trice bidh clann a thèid gu clas- no sgoil-àraich ùghdarras ionadail a' dol ann còig madainnean no còig feasgaran san t-seachdail agus tha an aon làithean-saora aca ri sgoiltean na sgìre. Bidh sgoiltean-àraich priobhaideach a' libhrigeadh foghlam is cùram cloinne fad an latha (mar as trice bho 8 m gu 5 no 6 f) agus bidh clann a' dol thuca aig an àm a thogras am pàrantan. Is àbhaist do na h-ionadan seo a bhith fosgailte feadh na bliadhna agus gabhaidh a' chuid as mothà aca clann bho aois sia mìosan gu còig bliadhna. Ma tha pàrantan airson gum bi an cuid cloinne a' dol thuca airson ùine nas fhaide na tha ri fhaighinn an-asgaidh, bidh iad a' pàigheadh air a shon sa raon phriobhaideach. Is e cròileagain air an ruith le comataidh phàrantan as trice a gheibhear anns an raon ro-sgoile saor-thoileach Beurla agus Gàidhlig. Bidh a' chlann a' dol thuca airson seiseanan maidne no feasgair agus is àbhaist do aon stiùiriche-cluiche pàighe a' barrachd a bhith an ceann gnothaich. Ann an cuid de chròileagain bidh pàrantan a' gabhail uair ma seach a' cuideachadh anns na seiseanan. Cha bhi a' mhòr-chuid de chròileagain a' ruith ach rè teirm na sgoile. Uaireannan bidh cròileagain ag iarraidh pàigheadh beag airson greimean bidhe no stòrasan ùra agus is dòcha gum bi iomairtean aca gus airgead a thogail cuideachd.

Ma tha pàrantan ag iarraidh cùram (ann an Gàidhlig no Beurla) nas fhaide na na huairean an-asgaidh a gheibh clann aois trì gu còig feumaidh iad a dhol gu solarachean priobhaideach fad-latha, mar a chaithd aithris gu h-àrd, no feumaidh iad neach-cùraim cloinne a lorg. Bidh luchd-cùraim cloinne a' tabhann cùram fad-latha feadh na bliadhna do chlann bho aois naoidhein suas tro bhliadhnaichean na bun-sgoile. Bidh cuid de chlasaichean- is sgoiltean-àraich ùghdarrasan ionadail a' tabhann cùram aig àm lòin, àite 'pàighe' a thuilleadh air na gheibhear an-asgaidh no cùram nas tràithe no nas fhaide san fheasgar. Is àbhaist cosgais a bhith air na huairean a bharrachd seo agus mar as trice chan eil ach beagan àiteachan rim faighinn. Bidh cuid de sgoiltean a' tabhann cùram do chlann nas aosta ann an clubaichean às dèidh sgoile agus tha cuid de sgeamaichean cluiche làithean-saora MG ann a bhios a' faighinn taic bho ùghdarrasan ionadail agus buidhnean saor-thoileach.

Bidh buidhnean pàrant is pàiste a' toirt chothroman cluiche is ionnsachaidh neo-fhoirmeil do chlann fo aois trì. Mar as trice bidh na buidhnean air an ruith le comataidh shaor-thoileach, uaireannan le taic anns na seiseanan bho stiùiriche-cluiche pàighe. Is àbhaist dhaibh coinneachadh uair no dhà san t-seachdail airson uair a thìde no dhà, ann an talla coimhearsnachd no eaglaise no ann an àite a tha ùghdarras ionadail no sgoil air solarachadh dhaibh. Bidh dèideagan is gniomhan ann don chloinn agus cothrom do na pàrantan bruidhinn ri cheile is cluich leis a' chloinn. Is àbhaist àm seinn a bhith anns na seiseanan cuideachd. Bidh pàrantan a' pàigheadh airson cosgaisean an stiùiriche-cluiche agus airson màl no stòrasan sam bith. Tha cuid de bhuidhnean MG a chaidh a dhealbh gu sònraichte airson pàrantan a chuideachadh a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig cuideachd.

## 1.3 Dùbhlain mu choinneamh solar tràth MG

Tha na diofar ann an suidheachaidhean sòisio-chànanach, cruinn-eòlach is deamografaigeach a thaobh solar foghla姆 tràth is cùram cloinne Gàidhlig nan dùbhlain cudromach. Bidh cor is feumalachdan phàrantan is cloinne ag atharrachadh bho àite gu àite feedh na dùthcha. Is e am prìomh dhùbhlain nach bi an fhìor mhòr-chuid de chlann a bhios a' frithealadh, anns a' chuid as mothà de shuidheachaidhean, a' cluinntinn Gàidhlig aig an taigh no anns a' choimhearsnachd, agus fiù ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig nas làidire bidh cuid mhòr den chloinn a' tighinn a-steach do ro-sgoil le glè bheag de Ghàidhlig no gun Gàidhlig idir. Nas tricee a nis, gu dearbh anns an fhìor mhòr-chuid de shuidheachaidhean, tha solar tràth MG na 'bhogadh cànan' seach na leasachadh air comasan cloinne sa chànan mhàthaireil aca, ged a tha e air leth cudromach gu faigh am beagan cloinne aig a bheil Gàidhlig mar-thà sàr sholar a fhreagras am feumalachdan.

A chionn gu bheil togail cànan buailteach a dhol am feabhas cha mhòr an co-rèir dhìreach ris na gheibhear den chànan sin, tha e na phriomh dhùbhlain do obair leasachaidean san raon dòighean a lorg airson clann a bhith an lùib na Gàidhlig nas fhaide. Is e aon dòigh a gheibh clann barrachd cothrom ma bhios iad a' dol gu solar MG nas fhaide na na h-uairean a gheibhear an-asgaidh. Dh'fhaodadh sgeamaichean cluiche làithean-saora a bhith feumail airson clann a chumail an sàs sa chànan ach faodaidh atharrachadh ann an cleachdaidhean aig an taigh agus le càirdean eile san teaghach a bhith glè chudromach cuideachd.

Tha dà dhùbhlain eile a bu chòir coimhead riutha. Is e a' chiad a bhith a' dèanamh cinnteach gu faigh clann ann an solar MG sàr foghla姆 tràth is cùram cloinne agus, aig an aon àm, deagh thaic le ionnsachadh a' cànan. Ma thathas a' dol a dh'fhaighinn buaidh air na dùbhlain seo is coltaiche gu feumar cleachdaidhean sònraichte a dheasachadh. Is e an dàrna dùbhlain stòrasan MG a libhrigeadh (gu h-àraidh leabhrachean, stuthan taisbeanaidh agus geamaichean coimpiutair is gniomhan ionnsachaidh) a bheir an seòrsa roghainn is càileachd do chlann 's a gheibhear sa Bheurla.

## 1.4 Breithneachadh air foghla姆 tràth is cùram cloinne MG

Chaidh am breithneachadh seo air foghla姆 tràth is cùram cloinne MG a bharrantachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba.<sup>2</sup> Tha am breithneachadh ag amas air tuairisgeul a thoirt air solar foghla姆 tràth is cùram cloinne MG mar a tha e an-dràsta agus co-dhùnadh dè an t-atharrachadh is leasachadh a tha a dhìth gus an ruigear na cinn-uidhe is targaidean buntainneach ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha na ceithir ceistean rannsachaidh (CR) a shònraich Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba air stiùir a thoirt don dhealbhadh rannsachaidh againn agus iùil a thoirt don tionail dàta agus anailis againn agus do sgrìobhadh na h-aithisg seo.

<sup>2</sup> Bheir sinn luaidh air na diofar seòrsaichean solair a' cleachdadhean nan abairtean a chaidh a stèidheachadh ann an 1.2 gu h-àirde. Cleachdaidh sinn 'neach-dreuchd' airson nan inbheach a tha a' libhrigeadh foghla姆 agus cùram ann an clasaichean- is sgoiltean-àraich. Is e 'stiùiriche-cluiche' a th' air inbheach ag obair ann an cròileagan. Is e 'neach-cùraim cloinne' a th' air inbheach a' tabhann cùram cloinne nan dachaigh fhèin.

- CR1 Dè an uimhir solair tro mheadhan na Gàidhlig a th' ann an-dràsta de dh'fhoghlam tràth agus càram-cloinne, ann an suidheachaidhean foirmeil is neo-fhoirmeil agus anns na raointean poblach, priobhaideach agus saor-thoileach?
- CR2 Dè na ceuman a nì cinnteach gu bheil solar gu leòr ann mu choinneamh iarrtas; agus gu bheileas a' togail ùidh mun t-solar ann an dòighean èifeachdach?
- CR3 Dè na laigsean is neartan – a thaobh luchd-obrach, ionmhas, feumalachdan càinain, leasachadh càileachd agus taic riaghlaidh – a tha rin lorg?
- CR4 Dè an t-atharrachadh no leasachadh a tha a dhìth airson gum bi an solar a' dol a dh'ionnsaigh an ceann-uidhe anns a' Phlana Nàiseanta a ruighinn a bhuineas ri seasmhachd na Gàidhlig ann an Alba san àm ri teachd?

Ann an Caibideil 2 den aithisg seo tha sinn a' mìneachadh ar modhan rannsachaidh. Tha Caibideil 3 a' toirt tuairisgeul air a' mheud solar MG a nochd an eacarsaich mapaidh (CR1), agus an uair sin tha e a' sealltainn ri freagairtean an t-suurbhidh gus tuairisgeul a thoirt air solar mar a tha e an-dràsta (CR1 agus CR3), ceistean solair, iarrtais is togail ùidh (CR2), càite am faighear taic do fhoghlam tràth is càram cloinne MG (CR3) agus dè na leasachaidhean a mhiannaicheadh luchd-solair (CR4). Ann an Caibideil 4 tha sinn a' bruidhinn air prìomh chùisean a bheir foghlam tràth is càram cloinne MG soirbheachail gu buil (CR3), le mìneachadh is eisimpleirean bho fhiosrachadh a fhuaras bho phrìomh luchd-freagairt, freagairtean suurbhidh fòn agus na sgrùdaidhean cùise. Tha molaidhean airson atharrachadh is leasachadh (CR4) rim faighinn ann an Caibideil 5.

## 2. DEALBHADH AGUS MODHAN RANNSACHAIDH

Chaidh an rannsachadh a dhealbh airson modhan càileachdail is uimhireil a chleachdad (i) airson tuairisgeul a thoirt air an t-solar foghlam ro-sgoile MG a th' ann an-dràsta do chlann aois 3-5 bliadhna agus cùram cloinne MG airson clann bho 0-14 bliadhna agus (ii) airson na factaran a thuigsinn a tha a' cuideachadh no a' bacadh solarachadh is meudachadh nan seirbheisean foghlaim is cùraim seo.

Bha ceithir ceuman rannsachaidh ann a bha co-cheangailte agus a' dol an lùib a chèile:

*Ceum 1: Mapadh solair*

*Ceum 2: Suirbhidh air luchd-solair*

*Ceum 3: Agallamh le priomh luchd-freagairt*

*Ceum 4: Sgrùdaidhean cùise*

Rinneadh an rannsachadh thar còig mìosan, eadar am Faoilleach is an t-Òg-mhìos 2009.

### 2.1 Ceum 1: Mapadh solair

Thòisich sinn air an solar a th' ann an-dràsta a mhapadh le bhith a' coimhead ri cunntas bliadhnaill Riaghaltas na h-Alba air foghlam ro-sgoile agus cùram-cloinne. Ach, a chionn nach eil an cunntas seo a' coimhead ach ri luchd-solair ùghdarrasan ionadail agus com-pàirteachail, mheudaich sinn ar sireadh gus luchd-solair eile a lorg a bhios a' tabhann cùram cloinne no seirbheisean neo-fhoirmeil no saor-thoileach do chlann òga agus am pàrantan aig an taigh no taobh a-muigh na dachaigh. Sheall sinn cuideachd airson solar a bha clàraichte leis a' Choimisean Cùraim agus airson sheirbheisean leithid buidhnean pàrant is pàiste nach fheum a bhith clàraichte a chionn nach eil iad a' ruith ach beagan uairean a thìde. Bha sinn ag amas air ionnsachadh nàdar agus meud gach seòrsa solair a lorg sinn, a' gabhail a-steach luchd-cleachdaidh, prísean, comas agus na bha ri fhaighinn dheth. Sheall sinn cuideachd airson bheàrnán no neo-chunbalachd anns na tobraichean dàta. Chithear na tobraichean air-loidhne a chleachd sinn ann am Pàipear-taice C.

Am measg thobraichean eile bha staitistearachd air àireamhan cloinne ann am foghlam MG, a' gabhail a-steach aonadan àraich, a tha air a chruinneachadh gach bliadhna le Dàmh an Fhoghlaim, Oilthigh Shrath Chluaidh, agus freagairtean do cheisteachan a chuir sinn gu gach ùghdarrasan ionadail. Dh'iarr sinn air luchd-fiosrachaidh ann an roinn foghlaim gach ùghdarrasan ionadail ceisteachan goirid a lìonadh air solar san sgìre aca, a' gabhail a-steach solar a bha air dùnadhbh no fosgladh a' bhliadhna sin agus planaichean air solar a dhùnadhbh no fosgladh san ath bhliadhna. Cha robh ach aon<sup>3</sup> de na 17 ùghdarrasan le solar MG nach tug liosta no fiosrachadh mu dheidhinn clasaichean-àraich, cròileagain agus buidhnean pàrant is pàiste, ach cha tug gin aca fios seachad mu luchd-cùraim cloinne. (Faic Pàipeartaic A airson geàrr-chunntas air freagairtean don cheisteachan, a' toirt a-steach fiosrachadh air iarrtas, ceanglaichean le ùghdarrasan ionadail eile agus solar neo-fhoirmeil). Bha ceist ann an suirbhidh an luchd-solair (faic gu h-ìosal) ag iarraidh

<sup>3</sup> Siorrachd Chlach Mhanainn, aig nach eil ach beagan solair nach deach ainmeachadh.

fiosrachadh mu luchd-solarie eile san sgìre. Dh'innis beagan luchd-freagairt ainmean luchd-solarie eile, agus chuireadh fios an uair sin air feadhainn a bha ùr don bhreithneachadh.

## 2.2 Ceum 2: Suirbhidh air solar

Bha an luchd-solarie a lorgadh anns an obair mhapaidh nam bunait airson suirbhidh air luchd-solarie foghlam ro-sgoile agus cùram cloinne MG. Chuireadh fios air luchd-freagairt le post-d sa chiat dol a-mach agus chaith faighneachd dhaibh am biodh iad deònach pàirt a ghabhail anns an t-suirbhidh tro fhoirm air-loidhne no tron phost. Fhuair luchd-freagairt roghainn eadar freagairt sa Ghàidhlig no sa Bheurla.<sup>4</sup>

Dhealbhadh an suirbhidh a bhith freagarrach don h-uile prìomh bhuidhnean luchd-freagairt, a' gabhail a-steach luchd-solarie seirbheis chlàraichte is neo-chlàraichte thar nan raointean poblach, prìobhaideach is saor-thoileach, ùghdarrasan ionadail agus com-pàirteachasan cùram cloinne. Tha foirm an t-suirbhidh an cois seo ann am Pàipear-taice B. Airson ìre freagairt an t-suirbhidh a chur an-àirde chuir sinn cuimhneachan a-mach do luchd-amais sònraichte air post-d is tron phost àbhaisteach agus bha an fheadhainn a ghabh pàirt a' faighinn cothrom bileagan a bhuanachd a cheannaicheadh goireasan cluiche ro-sgoile. Dh'fheuch sinn ri barrachd fhreagairtean fhaighinn le bhith a' cur litrichean is puist-d chun na fheadhna nach do thill an suirbhidh thugainn agus an uair sin rinn sinn gairmean-fon gu luchd-solarie gus am brosnachadh a bhith a' freagairt. Mu dheireadh fhuaradh 43 suirbhidh air an lìonadh. Thàinig còig suirbhidh eile a-steach nach robh air an lìonadh gu lèir ach bha cho beag fhreagairtean anna nach b' urrainn dhuinn an cleachdad san anailis. Tha toradh an t-suirbhidh a tha air aithris ann an Caibideil 3 stèidhichte air na 43 freagairtean slàn, 34% den àireamh luchd-solarie a lorg sinn anns a' mhapadh a rinn sinn air solar MG.

Ann an 24 cùisean, thuirt luchd-freagairt ris an do bhruidhinn sinn air a' fòn nach robh tìde aca an suirbhidh a lìonadh ach gu robh iad deònach àireamh cheistean mòran nas lugh a fhreagairt air a' fòn. Tha sinn air na freagairtean seo a chleachdad anns a' mheòrachadh againn air na cuspairean a thàinig am bàrr san t-suirbhidh agus airson cuid de phuingean a dhèanamh soilleir ach chan eil iad an lùib a' chunntais air freagairtean an t-suirbhidh a gheibhear ann an Caibideil 3. Nuair a chuir sinn na freagairtean sgrìobhte is fòn còmhla fhuaradh ìre freagairt deireannach de 53% den iomlan a lorgadh san obair mhapaidh. Is e ìre freagairt math a tha seo air suirbhidh a bha gun iarraidh, far am biodh dùil ri ìre chuibheasach eadar 25% is 30%. Tha Clàr 2.1 a' sealltainn nan àireamhan freagairt deireannach airson nan diofar seòrsaichean solarache.

---

<sup>4</sup> Cha do fhreagair ach triùir sa Ghàidhlig.

## Clàr 2.1: Freagairtean a rèir seòrsa solaraiche

Seòrsa solaraiche	Suirbhidhean air ais	Freagairt air fòn a-mhàin
Clas- no sgoil-àraich	24	2
Sgoil-àraich phriòbhaideach	0	-
Cròileagan	9	5
Pàrant is pàiste	4	10
Neach-cùram cloinne	5	4
Cùram làithean-saora/ às dèidh sgoile	-	-
Solar co-cheangailte	6	3
	48 a' gabhail a-steach 43 slàn	24

## 2.3 Ceum 3: Agallamhan le prìomh luchd-freagairt

Bho agallamhan fòn no làthaireach, no freagairtean puist-d bho 19 prìomh luchd-freagairt, fhuair sinn seallaidean nas mion-dhealbhaiche agus nas doimhne air solar na b' urrainnear fhaighinn bhon t-suirlidh a-mhàin. Bha am prìomh luchd-freagairt againn a' riochdachadh

- CNSA – Comhairle nan Sgoiltean Àraich<sup>5</sup> (2 phrìomh neach-freagairt)
- HMIE – Luchd-sgrùdaidh na Banrighe airson Foghlaim (3 prìomh neach-freagairt)
- CnP – Comann nam Pàrant
- Bòrd na Gàidhlig
- Riaghaltas na h-Alba
- An Coimisean Albannach air Riaghladh Cùram (2 phrìomh neach-freagairt)
- CALA – Caidreabhas Cùram is Ionnsachaид
- Com-pàirteachas Cùram Cloinne Rois, an Eilein Sgitheanaich is Loch Abar
- Colaiste a' Chaisteil
- SCMA – Comann Cùram Cloinne na h-Alba
- Cothrom
- Comhairle Baile Ghlaschu
- Comhairle na Gàidhealtachd (2 phrìomh neach-freagairt)
- Comhairle nan Eilean Siar

## 2.4 Ceum 4: Sgrùdaidhean cùise air solar MG ann an co-theagsa

Rinneadh trì sgrùdaidhean cùise anns a' bhreithneachadh gus tuigsinn agus riochdachadh nam factaran a tha buailteach buaidh a thoirt air solar agus gabhail foghlam tràth agus cùram cloinne MG. B' e an t-amas againn eisimpleirean is co-

<sup>5</sup> Rè ùine an t-suirlidh dh'atharraich a' bhuidheann seo a h-ainm gu **Taic, The Gaelic Family and Community Organisation**. Ach, a chionn gur ann fon ainm CNSA as aithne don chuid as mothà de dhaoine iad agus gur e sin an t-ainm a chleachd ar luchd-freagairt, cleachdaidh sinne CNSA feadh na h-aithisg seo.

theagsa fhaighinn air cuspairean a thàinig am bàrr anns an t-suirlidh agus na h-agallamhan. Thug iad seachad cothrom seallaidean luchd-solair, phàrantan agus ùghdarrasan ionadail fhaighinn air cothroman MG ann an sgìre shònraichte agus factaran eile a sgrùdadadh a bhios a' cuideachadh no a' bacadh deagh chleachdaidhean.

Thaghadh na trì sgìrean airson suidheachaidhean glè eadar-dhealaichte a riochdachadh far am faighean foghlam MG: coimhearsnachd air eilean far a bheil Gàidhlig aig mòran den t-sluagh; baile beag mu thuath agus cathair-bhaile mu dheas, dà àite far nach eil Gàidhlig aig mòran daoine. Nuair a bhruidhneas sinn air fianais bho na sgìrean sgrùdadadh cùise canaigh sinn *Eilean, Baile Beag* agus *Cathair-bhaile* riutha. Rinneadh agallamhan le luchd-solair MG anns gach sgìre sgrùdadadh cùise mu nàdar an t-solair aca, cothroman meudachaidh, bacaidean agus cuideachadh agus tobraichean taice airson seasmhachd no cothroman fàis a bhrosnachadh. Anns a h-uile suidheachadh sgrùdadadh cùise thaghadh sampall phàrantan agus chaidh am beachdan a shireadh air an suidheachadh solair, air sochairean foghlam tràth MG agus carson a thagh iad solar MG.

### 3 FOGLAM TRÀTH AGUS CÙRAM CLOINNE MEADHAN-GÀIDHLIG: SOLAR AN-DRÀSTA

Anns a' chaibideil seo nì sinn tuairisgeul air na dh'ionnsaich sinn mu sholar foghlam tràth is cùram cloinne MG mar a tha e an-dràsta. Cleachdaidh sinn an fhianais a chruinnich sinn anns an obair mhapaidh agus an suirbhidh luchd-solair, a' cur ris an fhirosrachadh le dàta bho na h-agallamhan fòn goirid le luchd-solair nach do chuir suirbhidh air ais ach a bha deònach beagan cheistean a fhreagairt air a' fòn, agus fiosrachadh a tha fosgailte don phoball air taic do sholar foghlam tràth MG. Tha an caibideil ann an ceithir earrannan:

- Foghlam tràth is cùram cloinne MG: an dealbh an-dràsta
- Solar, iarrtas airson agus togail ùidh mu fhoghlam tràth is cùram cloinne MG
- Taic a-muigh do fhoghlam tràth is cùram cloinne MG
- A' toirt piseach air foghlam tràth is cùram cloinne MG

Tha Caibideil 3 a' crìochnachadh le geàrr-chunntas air na prìomh thoraidhean.

#### 3.1 Foghlam tràth is cùram cloinne MG: an dealbh an-dràsta

##### 3.1.1 Meud an t-solair an-dràsta

Bhon rannsachadh a rinn sinn air làraichean-lìn foghlam tràth agus cùram-cloinne, agus dàta bho ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile agus molaidhean a rinn luchd-solair is daoine eile, stèidhich sinn a' chiad stòr-dàta againn le mu 140 solaraiche foghlam tràth no cùram cloinne a rinn luaidh air choreigin air solar MG. Tron t-suirbhidh, gairmean fòn gu luchd-solair nach do fhreagair an suirbhidh agus sgrùdadh faiceallach air na stòran-dàta rinn sinn liosta dheireannach de 127 solaraiche a tha ag ràdh gu bheil iad a' tabhann solar MG de sheòrsa air choreigin. Tha Clàr 3.1 a' sealltainn an t-solair a tha ri fhaighinn anns gach ùghdarras ionadail a rèir raon obrach.

##### Clàr 3.1: Solar ann an Ùghdarrasan Ionadail a rèir raon obrach

Ùghdarras Ionadail	Poblach	Prìobhaideach <sup>6</sup>	Saor-thoileach	Iomlan
Obar Dheadhain	1		1	2
Aonghas	1		1	2
Earra-Ghàidheal is Bòid	7		3	10
Siorrachd Chlach Mhanainn			1	1
Siorrachd Àir an Ear	2			2
Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear	1		2	3
Dùn Èideann	3			3
Glaschu	3		1	4
A' Ghàidhealtachd	19	26	17	62

<sup>6</sup> Tha solar prìobhaideach a' ciallachadh buidhnean prìobhaideach agus luchd-cùraim cloinne.

Inbhir Chluaidh	1			1
Siorrachd Lannraig a Tuath	2		2	4
Siorrachd Lannraig a Deas	1		2	3
Sruighlea	1			1
Eileanan Siar	7	7	15	29
<b>Iomlan</b>	<b>49</b>	<b>33</b>	<b>45</b>	<b>127</b>

Gheibhear caochladh sheòrsaichean solar MG bhon 127 solaraiche seo bho chlasaichean-àraich bogadh-Gàidhlig agus cròileagain far nach bruidhnear ach Gàidhlig no far a bheileas a' bruidhinn Gàidhlig is Beurla còmhla gu buidhnean pàrant is pàiste far nach cleachdar Gàidhlig ach ann an òrain is rabhdan agus beagan oideachaидh do phàrantan, gu luchd-cùram cloinne aig a bheil 'dhà na trì fhaclan [Gàidhlig]' no a tha deònach cuideachadh iarraidh bho dhaoine eile le abairtean Gàidhlig, dathan, cunntadh msaa ma tha pàrantan ga iarraidh. Ann am Pàipear-taice D tha sinn air na notaichean obrach againn bho na sgrùdaidhean cùise a chleachdadhbh airson dealbhan a tharraing air an raon àrainneachdan is cleachdaidhean ro-sgoile MG air feadh na h-Alba. Bu chòir a thoirt fa-near nach tug luchd-solar, prìomh luchd-freagairt no pàrantan nan sgrùdaidhean luaidh sam bith air solar MG do chlann le feumalachdan sònraichte agus cha d'fhuair sinn eisimpleirean sam bith de sholar den t-seòrsa seo. Chan eil seo na iongnadh a chionn nach eil ach beag-chuid cloinne le feumalachdan sònraichte a thèid aithneachadh anns na bliadhnaichean tràtha.

Chuireadh stòr-dàta fa leth air solar mar a bha e air 10 Òg-mhìos 2009 gu Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Tha fiosrachadh anns an stòr-dàta mu càite bheil an solar, an seòrsa solair, cia mheud leanabh as urrainn dha gabhail, prìsean agus cò thuige a chuirear fios ann, nuair a tha am fiosrachadh sin ri fhaighinn. Tha na slatan-tomhais airson ballrachd san stòr-dàta air an innse ann am Pàipear-taice C, cho math ri liosta fhactaran a rinn an obair mhapaidh na bu thoinnte agus a dh'fheumas dèiligeadh riutha ma thèid mapadh nas liomhte a dhèanamh san àm ri teachd.

A thuilleadh air seo, rinneadh mapa bhon stòr-dàta a' sealltainn càite bheil an solar agus chuireadh sin, sa chìad dol a-mach, gu Riaghaltas na h-Alba. Tha còd dathe air a' mhapa a rèir seòrsa solaraiche agus tha e a' sealltainn càite an lorgar gach solaraiche a tha anns an stòr-dàta, ainm an t-solaraiche, an seòrsa solair, cia mheud a ghabhas e (nuair a tha fios), agus seòladh/ciamar a chuirear fios thuca.

### **3.1.2 Cleachdadhbh na Gàidhlig ann am foghlam tràth is cùram cloinne MG**


Bha luchd-freagairt an t-suirlividh uile an sàs ann an solar tràth a thuirt iad a bha MG gu ìre air choreigin. Ach, cha tuirt ach an treas cuid den luchd-fhreagairt gur e Gàidhlig a-mhàin cànan an t-suidheachaidh. Thuirt direach thairis air dàrna leth an luchd-fhreagairt gu robh an luchd-obrach gu lèir fileanta sa Ghàidhlig, ach bha 16% eile de shuidheachaidhean far an robh a' chuid as mothà den luchd-obrach fileanta. Chaidh a thoirt fa-near gun tuirt 4 solaraichean nach robh Gàidhlig aig *gin* den luchd-obrach. Cha robh Gàidhlig cho math aig saor-thoilich agus pàrantan a bha a' cuideachadh. Ann an mu 16% den t-solar far an robh saor-thoilich ag obair, bha Gàidhlig fhileanta aig a' chuid as mothà aca ach bha suidheachaidhean ann far nach

robh Gàidhlig aig duine den saor-thoilich. Cha robh e idir cho coltach gum biodh Gàidhlig aig na pàrantan. Thuirt còrr is dàrna leth an luchd-fhreagairt nach robh Gàidhlig fhileanta aig gin de na pàrantan a bha a' cuideachadh no glè bheag aca. Cha tuirt ach dàrna leth den luchd-fhreagairt gu robh an luchd-obrach a' cleachdad Gàidhlig 'fad na tide agus anns a h-uile gniomh'. Ach, thuirt mu 20% den luchd-fhreagairt gu faodadh luchd-obrach taghadh dè an cànan a bhruidhneadh iad ris a' chloinn, agus thuirt 30% den luchd-fhreagairt gu robhas a' cleachdad Gàidhlig 'tric airson gniomhan sònraichte'.

Tha e air leth cudromach gun cleachd luchd-obrach Gàidhlig anns na bliadhnaichean tràthha, le cho beag den chloinn a tha à dachaighean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn: cha robh ach 5 solaraichean (12%) aig an robh co-dhiù dàrna leth den chloinn à dachaighean le Gàidhlig, agus bha dàrna leth nan solaraichean aig an robh dìreach 'beagan' cloinne à dachaighean Gàidhlig, agus bha an treas cuid a' frithealadh ri clann aig nach robh Gàidhlig aig an taigh idir. Ann a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean, bha clann gam brosnachadh a bhith a' bruidhinn Gàidhlig fad na tide. Thuirt cairteal den luchd-fhreagairt gu faodadh clann taghadh am bruidhneadh iad Gàidhlig no Beurla agus dh'aontaich mu dhàrna leth den luchd-fhreagairt gu robh iad a' cleachdad Gàidhlig ann an gniomhan sònraichte (is dòcha seinn, sgeulachdan no còmhchradh leis a' bhuidhinn gu lèir).

Tha amasan cànan an luchd-solair (Clàr 3.2) a' sealltainn eugsamhlachd chomasan cànan na cloinne.

### Clàr 3.2: Amasan cànan luchd-solair MG

Amas Cànan		Àireamh Luchd-solair iomlan=43
Taic a thoirt do leasachadh Gàidhlig cloinne à dachaighean Gàidhlig:		24
Clann a dheasachadh a tha an dùil a dhol gu bun-sgoil mheadhan-Gàidhlig:		36
Clann à dachaighean gun Ghàidhlig a chuideachadh gu fileantachd:		27
Clann à dachaighean gun Ghàidhlig a chuideachadh gus beagan Gàidhlig a thogail:		26

Bha na gniomhan agus stòrasan a chleachdad airson na h-amasan seo a choileanadh ag atharrachadh bho shuidheachadh gu suidheachadh ach bha iad a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdad Gàidhlig airson:


- a h-uile gniomh – thar a' churraicealaim
- òrain gniomha
- ealain is obair-làimhe
- leughadh
- dannsa agus eacarsaich
- cluich a-muigh
- cluich le gainmheach is uisge

- ríochdachadh mas-fhìor
- grèim bidhe is lòn
- àm ceardaill
- dathan is cunntadh
- fàilte
- stiùireadh.

Bha gniomhan sònraichte airson Gàidhlig a leasachadh a' gabhail a-steach: àm ceardaill, sgeulachdan, àireamhan is cunntadh, ealain is obair-làimhe, 'naidheachd', seinn, atharrachadh làitheil a' mhiosachain agus a' chlàir aimsire, dràma. Bha gniomhan sònraichte airson sgrìobhadh sa Ghàidhlig a leasachadh a' gabhail a-steach: Facal is Fuaim (sgeama fonaigs), cleachdadhe teicneòlas fiosrachaiddh is conaltraidh, dealbhan, àm leughaidh, ealain is obair-làimhe.

Bha an luchd-solair a' cleachdadhe grunn stòrasan eadar-dhealaichte, mar a chithear ann an Clàr 3.3.

### **Clàr 3.3: Stòrasan gan cleachdadhe ann an solar MG**



Bha a h-uile clas- agus sgoil-àraich agus a' chuid as mothà de chròileagain a' gabhail beachd air comas cànan na cloinne sa Ghàidhlig nuair a bha iad san t-suidheachadh ach cha robh seo cho buailteach tachairt ann am buidhnean pàrant is pàiste agus le luchd-cùraim. Bha a' chuid as mothà de shuidheachaidhean foghlaim a' measadh agus a' clàradh adhartas na cloinne sa Ghàidhlig. Is ann ainneamh a bhiodh buidhnean pàrant is pàiste ag innse do shuidheachaidhean eile mu adhartas cloinne. Bidh a' chuid as mothà de chlasaichean- is sgoiltean-àraich agus cròileagain a' co-roinn fiosrachadh air comasan cloinne sa Ghàidhlig anns a' chlàr gluasaid, ged a bha seo nas buailliche tachairt nuair a bha clann a' dol air adhart gu solar MG.

### **3.1.3 Luchd-obrach, fastadh agus trèanadh ann am foghlam tràth is cùram cloinne MG**

Rinn mòran den luchd-sholair luaidh air cùisean luchd-obrach anns na freagairtean a thug iad don t-suirbhidh, a' sealltainn cho cudromach 's a tha an cuspair seo dhaibh. Bha an 27 solaraiche sgoile-àraich a fhreagair an suirbhidh a' fastadh 67 luchd-obrach uile gu lèir, mòran aca pàirt-ùine; bha dithis neach-obrach aig còrr is dàrna leth nan solaraichean. Thuirt an treas cuid den luchd-fhareagairt gu robh fastadh luchd-obrach le eòlas agus barrantas freagarrach anns na bliadhnaichean tràtha na dhùbhlann dhaibh, le treas cuid eile ag ràdh gu robh seo air a bhith na dhuilgheadas anns an àm a chaidh seachad. Bha duilgheadas aig trì cairteal den luchd-fhareagairt luchd-obrach freagarrach aig an robh Gàidhlig a lorg (cha tuirt ach 5 solaraichean nach robh seo na thrioblaid dhaibh). B' e SVQ ann an cùram cloinne, mar bu trice aig ìre 3 no nas àirde, barrantas teagaisg, agus/no HNC no HND na barrantasan bu chumanta aig luchd-obrach. Ach, bha dà thrian den luchd-fhareagairt a' cur feum air saor-thoilich agus luchd-cuideachaiddh am measg nam pàrantan cuideachd, agus chan eil iadsan buailteach a bhith barrantaichte.

Tha ceistean ag èirigh à cuid de chûisean luchd-obrach ann an suidheachaidhean àraich. Cha robh ach 7 solaraichean a' fastadh thidsearan làn-ùine, ged a bha solaraichean eile aig an robh taic bho thidsearan pàirt-ùine; nas cudromache, bha na bu lugha na dàrna leth an luchd-fhareagairt a thuirt gu robh na tidsearan barrantaichte anns an t-suidheachadh aca fileanta ann an labhairt agus sgriobhadh na Gàidhlig. Tha e coltach gun cuir seo bacadh air comas nan tidsearan seo a bhith a' cruthachadh no a' cur taic ri cleachdaidhean airson leasachadh cànan Gàidhlig. Bha tide cuideachd gann airson an luchd-obrach a bhith a' planadh, agus aig an treas cuid de luchd-solair cha robh àm sam bith ann nuair nach robh iad an cuideachd na cloinne no airson planadh, agus cha tuirt ach 5 solaraichean gu robh cothrom planaidd aig an luchd-obrach a h-uile latha no gach dàrna latha. A thaobh trèanadh agus leasachadh proifeiseanta leantaileach (LPL), cha robh cothrom aig ach dàrna leth an luchd-solair àraich air trèanadh a bha so-ruigsinneach aig prìs a b' urrainnear pàigheadh. Bha a' chuid bu mhotha de chûrsaichean a bha luchd-fareagairt air frithealadh a' dèiligeadh ri cùisean bunaiteach (leithid Ciad Chobhair agus Dion Cloinne) no a' buntainn ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais a thoirt a-steach. Cha tug an luchd-solair luaidh air cûrsaichean sam bith tro mheadhan na Gàidhlig no mu dheidhinn na Gàidhlig. A chionn nach eil an ciad-fhoghlam proifeiseanta a gheibh luchd-dreuchd a' buntainn gu sònraichte do sholar MG agus gu bheil dìth chûrsaichean in-sheirbheis anns an raon seo, chan eil trèanadh sònraichte aig a' chuid as motha de luchd-obrach mar luchd-teagaisg cànan. Am measg nan solaraichean (anns gach raon) a b' urrainn bruidhinn air cosgaisean tuarastail thuirt a' chuid bu mhotha gu robh iad a' pàigheadh eadar £6 agus £12 san uair. Bha pàigheadh coltach ri pàigheadh ann an solar tro mheadhan na Beurla, a' leigeil fhaicinn nach robh fileantachd sa Ghàidhlig a' cur luach a bharrachd ris an obair a thaobh pàigheadh. Bha ìre atharrachaidh an sgioba-obrach gu math àrd aig na 27 solaraichean àraich a fhreagair an suirbhidh: anns a' bhliadhna a chaidh seachad, bha 15 den luchd-obrach air an obair fhàgail, agus 28 air töiseachadh. Cha robh ach dàrna leth den luchd-sholair aig nach robh atharrachadh idir anns an sgioba aca.

Cha do fhreagair ach àireamh meadhanach beag de luchd-cùraim cloinne an suirbhidh, ach bha na h-aon duilgheadasan acasan mu thrèanadh agus pàigheadh 's a bha aig càch. Am measg an 12 solaraiche saor-thoileach a fhreagair an suirbhidh, bha 9 a' fastadh luchd-obrach pàighe, le 21 neach-obrach uile gu lèir. Bha dàrna leth nan solaraichean saor-thoileach a' cur feum air luchd-obrach saor-thoileach, agus bha an leth eile an eisimeil cuideachadh bho phàrantan (agus uaireannan bha aig pàrantan ri fuireach tron t-seisean). Bha na h-aon dùblain mu choinneamh luchd-solair saor-toileach a thaobh a bhith a' fastadh luchd-obrach aig an robh barrantas agus eòlas freagarrach agus aig an robh Gàidhlig cuideachd.

### **3.2 Solarachadh, iarrtas agus togail ùidh mu foghlam tràth is cùram cloinne MG**

#### ***3.2.1 Solarachadh is iarrtas foghlam tràth agus cùram cloinne MG***

Dhealbhadh na ceistean suirbhidh againn airson dàta fhaighinn leis am b' urrainn dhuinn dealbh a dhèanamh de chomas an t-solair mar a tha e an-dràsta, iarrtas air a shon agus cothrom leudachaiddh, le bhith a' cleachdadhl shlatan-tomhais shònraighe a chuireadh fo sgrùdadhl eaconamach. Ach bha an anailis seo air a bacadh a chionn gu robh an t-iomlan sholaraichean beag. A thuilleadh air sin, dh'fheumaiste eadar-sgaradh a dhèanamh anns an t-sampall bheag a fhuras agus cha robh na freagairtean mu chosgaisean agus teachd a-steach iomlan agus air na h-adhbharan sin cha b' urrainnear an dòigh-obrach seo a chleachdadhl.<sup>7</sup> Nuair a tha meud nam mion bhuidhnean cho beag 's a tha iad san sgrùdadhl seo, chan eil e ciallach tuilleadh anailis staitistearach a dhèanamh agus cha b' urrainnear earbsa a chur ann an toradh sam bith a thigeadh às. An àite sin, seallaidh sinn san earrainn seo ri tuairisgeul staitistearach a bheir dealbh air solarachd agus iarrtas agus cothroman leudachaiddh. Tha na h-àireamhan sa cheud stèidhichte air na 43 freagairtean a fhuras san t-suirbhidh.<sup>8</sup>

Bha a' mhòr-chuid den luchd-fhareagairt a' tabhann sheiseanan foghlam ro-sgoile do chlann aois 3-5 bliadhna, ann an suidheachadh ùghdarris ionadail no ann an cròileagan; mar bu trice còig làithean san t-seachdain (84% de fhreagairtean) ann an seiseanan a' leantainn dhà no trì uairean a thìde, anns a' mhadainn. Is ann ainneamh a gheibhear cùram taobh a-muigh sgoile ann an suidheachadh MG, agus cha robh ach 4 den 43 luchd-fhareagairt a' tabhann uairean leudaichte sam bith. Chan eil ach glè bheag solar cùram làithean-saora no sgeamaichean cluiche ann. Cha tug ach aon neach-freagairt luaidh air cùram làithean-saora agus bha seo airson dà sheachdain ann an làithean-saora an t-samhraidh. Bidh a' chuid as mothà de chlann aois 0-3 a gheibh solar MG sam bith ga fhaighinn bho neach-cùram cloinne no aig buidheann pàrant is pàiste. Chan robh ach 16% den luchd-fhareagairt aig an àm a' tabhann cùram do chlann nas òige na bliadhna agus 33% do chlann aois 1-3 bliadhna.

---

<sup>7</sup> Cha b' urrainnear bruidhinn air cùisean toinnte ionmhais anns na suirbhidhean fòn goirid.

<sup>8</sup> Thoiribh fa-near gu bheil tuilleadh 's a' chòir den luchd-fhareagairt bho na h-ùghdarrasan ionadail — thàinig 56% de fhreagairtean bho shuidheachaidhean ùghdarrasan ionadail, ged nach eil ach 39% den iomlan de 127 suidheachadh le ùghdarris ionadail.

Is àbhaist don àireamh cloinne a bhios a' frithealadh suidheachadh MG a bhith meadhanach ìosal, le cuibheasachd de 14 ann an suidheachaidhean ro-sgoile, 11 ann an cròileagain agus 6 aig buidhnean pàrant is pàiste. Tha na h-àireamhan seo a' leigeil fhaicinn gur mathaid gu bheil cothrom leudachaiddh ann ach chan eil fianais sam bith air iarrtas fàsmhor. Cha robh a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt (79%) a' cumail liosta feitheimh a chionn nach do shaoil iad gu robh feum air. Bha dìreach fon dàrna leth air iarrtas cunbalach fhaighinn thar nan còig bliadhna a chaidh seachad agus bha a' chuid ionnan air àrdachadh ann an àireamhan fhaighinn. Ach, bha dùil aig a' chuid as mothà gum biodh na h-aon àireamhan aca an ath-bhliadhna no gun deigheadh iad an-àirde dìreach beagan.

A dh'aindeoin nan comharraidhean seo gu bheil cùisean a' fàs gu slaodach, bha dà thrian (67%) den luchd-fhreagairt nach robh a' planadh meudachadh solair sam bith. Airson an 16% a bha an dùil gun tigeadh isleachadh beag air an àireamh cloinne agus an 5% a bha an dùil ri tuiteam mòr ann an àireamhan cha robh adhbhar ann dhaibh meudachadh a dhèanamh. A-mach às an 6 (14%) a bha an dùil meudachadh a dhèanamh air an t-suidheachadh aca, bha 4 airson an t-àite aca a dhèanamh nas mothà ach cha robh ach dithis a' beachdachadh air na h-uairean aca a leudachadh. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh ciamar a chaitheadh iad maoineachadh a-bharrachd sam bith, bha tòrr a-bharrachd uidh aig an luchd-fhreagairt phriobhaideach is saor-thoileach ann an tuilleadh stòrasan fhaighinn agus sanasachd a dhèanamh seach àite nas mothà a lorg agus tuilleadh luchd-obrach fhastadh. Ged a bha iomradh air duilgheadasan a thaobh fastadh luchd-dreuchd (faicibh gu h-ìosal), is ann a bha seo na thrioblaid don t-solar a th' ann an-dràsta seach na bhacadh air fàs.

Chan eil fianais ann am freagairtean an t-suirlividh againn gu bheil iarrtas ann nach eil ga shàsachadh ach bu chòir dà rud a thoirt fa-near sa chùis seo. Chaidh an suirlividh seo a lionadh le luchd-solair agus cha b' ann le pàrantan, agus, ged a dh'fhaodar dùil a bhith ann gum biodh luchd-solair mothachail agus co-fhreagrach air miann phàrantan chan urrainn fios a bhith againn bhon t-suirlividh an robh an luchd-freagairt againn air iarrtas airson na seirbheis aca a mheasadh gu mionaideach. Anns an aon dòigh, chan eil fios againn a bheil badan ann far a bheil iarrtas airson seòrsaichean solair eadar-dhealaichte bho na clasaichean-àraich is cròileagain a tha cho cumanta san t-solar an-dràsta. Tha an dìth cùram cloinne (ann am buidhnean taobh a-muigh sgoile agus bho luchd-cùraim cloinne) anabarrach nochdte anns an dàta againn ach is dòcha gur e as adhbhar dha seo nach eil iarrtas ann no nach deach oidhirp a dhèanamh gus iarrtas a bhrosnachadh. Air an làimh eile, a chionn gu bheil an àireamh dhaoine aig am biodh uidh ann an solar MG cho beag, dh'fhaodte gum biodh roinneadh an luchd-caitheimh a' ciallachadh solar nach gabhadh cumail a' dol no nach robh farpaiseach sa mhargaidh (gu h-àraidh nuair a shaoilear gu bheil solar meadhan-Beurla ri fhaighinn anns a' chuid as mothà de dh'àiteachan). Tha e inntinneach gu robh trì cairteal den luchd-fhreagairt (79%) nach robh den bheachd gu robh iad a' farpais le seirbheisean eile san sgìre. A chionn nach tuirt ach 4 (9%) gu robh iad a' farpais le solar MG eile agus 8 (19%) a' farpais le solaraichean meadhan-Beurla is urrainnear a ràdh gu bheil an solar air nochdad airson an t-iarrtas a tha cumanta anns gach sgìre a fhreagrach agus nach tig atharrachadh air an t-seòrsa solair gus an dèanar oidhirp ghniomhach a dh'ionnsaigh iarrtas airson solar MG a chur am meud.

### **3.2.2 A' togail ùidh mu sholar MG**

Thuirt dà thrian de luchd-freagairt an t-suirbhidh gum bu toil leotha leasachadh mar a tha iad a' togail ùidh mun t-solar aca. Thuirt mu thrian den luchd-fhreagairt gum bu toil leotha a bhith air làraich lorg-lìn agus clàran ùghdarrasan ionadail, a bha iad a' meas èifeachdach ach nach robh iad a' cleachdadadh tric. Bu toil le cairteal làrach-lìn a dheasachadh dhaibh fhèin airson an t-solair aca; bha làrach-lìn a dh'aon ghnothach aig mu 15% mar-thà. A thaobh sgaoileadh naidheachd an-dràsta, b' e aithris beòil an dòigh sanasachd as cumanta thar gach uile agus an dòigh as èifeachdaiche, le mu 85% den luchd-fhreagairt a' cleachdadadh na dòigh seo agus àireamh beagan nas àirde sa cheud ag ràdh gur ann mar sin a chuala na teaghlaichean a bh' aca aig an àm sin mun t-solar. Ged a bha còrr is dàrna leth an luchd-fhreagairt a' cleachdadadh phostairean air bùird-sanais, bhiveagan, làraichean-lìn ùghdarrasan ionadail agus pàipearan naidheachd ionadail, cha robhas den bheachd gu robh na dòighean seo cho èifeachdach airson fios a sgaoileadh do phàrantan 's a bha aithris beòil. Bu chòir mothachadh ged a tha làrach-lìn Cùram Cloinne na h-Alba, a tha air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus a bhios ga shanasachadh fhèin mar 'am priomh ionad fiosrachaiddh mu chùram cloinne' a bhios a' tabhann 'fiosrachadh neo-phàirteach an-asgaidh air seirbheisean cùram cloinne agus ro-sgoile air feadh na h-Alba', nach eil ach an treas cuid de luchd-freagairt ga cleachdadadh, agus shaoil luchd-solair nach robh ach glè bheag de phàrantan ga chleachdadadh airson solar MG a lorg.

Nochd togail ùidh gu tric mar chuspair sam biodh luchd-solair a' co-obrachadh le buidhnean eile, agus ag iarraidh tuilleadh maoineachaidh. B' e cuid de na beachdan a thaobh feum air togail ùidh ann an dòigh na b' fharsainge: 'sìor stri gus ùidh a thogail mu fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig san sgìre', 'feum air na sochairean a thig le dara cànan innse do phàrantan' agus 'miann aire a thogail sa choimhearsnachd'. Bha faisg air dàrna leth an luchd-fhreagairt den bheachd gu faodadh Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba barrachd cuideachaidh a thoirt seachad le togail ùidh, le bhith a' togail aire mu sholar tràth MG agus le bhith a' cur taic ri no a' pàigheadh cosgaisean sanasachd.

## **3.3 Taic bhon taobh a-muigh airson foghlam tràth is cùram cloinne MG**

### **3.3.1 Taic ionmhasail do sholar tràth MG**

Bidh taic ionmhasail do sholar tràth MG a' tighinn bho ghrunn thobraichean eadar-dhealaichte, gu h-àraidh an sgeama Thabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig aig Riaghaltas na h-Alba, maoin foghlaim ùghdarrasan ionadail, agus sruthan maoineachaidh eadar-dhealaichte bho Bhòrd na Gàidhlig, ach cuideachd a' gabhail a-steach maoineachadh phròiseactan àraidh de dhiofar seòrsa, taic airson leabhraichean agus stòrasan eile a dhèanamh, agus pàigheadh bho phàrantan.

Faodaidh ùghdarrasan ionadail Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig a chleachdadadh airson foghlam bun-sgoile, àrd-sgoile agus coimhearsnachd a maoineachadh cho math ri foghlam ro-sgoile. (Bidh cuid de dh'ùghdarrasan ionadail – Earra-Ghàidheal is Bòid agus Dùn Eideann, mar eisimpleir – cuideachd a' maoineachadh cròileagain a bhios a' frithealadh do chlann fo aois 3, agus mar sin cha leig taic do foghlam MG bho na Tabhartasan Sònraichte a leas a bhith airson

sgoilean-àraich do chlann aois 3-5 bliadhna a-mhàin). Bidh làn bhuidseat nan Tabhartasan Sònraichte ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna – chaidh e an-àirde bho £3.76m ann an 2005-6 gu £4.4m ann an 2008-9, agus tha an cuibhreann bliadhnailean crochadh air tagraighean fa leth nan ùghdarrasan ionadail; air an adhbhar sin, tha an uimhir a thèid a chaitheamh air solar ro-sgoile mar phàirt de thagraighean agus cuibhreannan nas motha ag atharrachadh. Mar as trice, tha an Tabhartas Sònraichte a' buileachadh 75% den mhaoineachadh agus thig an còrr bhon ùghdarras ionadail, ged nach eil a' cho-roinn seo stèidhichte an-còmhnaidh (mar eisimpleir, cha do phàigh maoineachadh an Tabhartais Shònraichte aig Comhairle Sruighlea ach 42% de na chosg i air foghlam Gàidhlig ann an 2007-8).

A bharrachd air an riaghaltas nàiseanta agus riaghaltas ionadail, is e an tobar maoineachaideh chudromach eile Bòrd na Gàidhlig. Is e a' phàirt as cudromaiche de mhaoineachadh an raoin bhon Bhòrd an tabhartas bliadhnailean a bhios e a' toirt do CNSA (£153,000 ann an 2008-9). Ach, tha taic nas lugh a do iomairtean a' buntainn ri foghlam ro-sgoile air tighinn bho Stòras Gniomhachaidh Achd na Gàidhlig aig a' Bhòrd agus an Sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd aige. Tha na stòrasan seo stèidhichte air tagraighean agus pròiseactan sònraichte agus, mar sin, bidh iad ag atharrachadh bho bhliadhna gu bliadhna.

Tha grunn bhuidhnean poblach agus carthannach air maoineachadh pròiseict a bhuiileachadh air diofar seòrsachean iomairt a' buntainn ri foghlam ro-sgoile Gàidhlig. Mar eisimpleir, ann an 2004 fhuair CNSA £91,000 airson Pròiseact Plana Cànan Teaghlaich bho lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eileanan, lomairt an Eilein Sgitheanaich is Loch Àillse agus LEADER+ (le £25,000 eile a' tighinn bho Bhòrd na Gàidhlig). Ann an raon eile, fhuair Theatre Hebrides £30,000 bhon Phrògram Choithroman Ùra airson Sàr Chùram Cloinne aig Stòras Mòr a' Chrannchuir airson na h-iomairt ArtsPlay aca a bhios a' tràeanadh luchd-ealain agus luchd-obrach càram cloinne ann a bhith a' libhrigeadh ghnìomhan ealain MG.

Tha maoineachadh airson leabhraichean agus stòrasan eile a dhèanamh cudromach cuideachd do bhliadhnaichean tràth MG. Is e na priomh bhuidhnean an seo Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, a bhios a' dèanamh stuthan airson foghlam ro-sgoile cho math ri foghlam bun- agus àrd-sgoile agus a tha a' faighinn taic bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, agus a' chompanaidh foillseachaidh phriobhaideach Acair, a bhios a' faighinn maoineachadh bho Chomhairle nan Leabhraichean agus Bòrd na Gàidhlig. Bidh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus am BBC cuideachd a' maoineachadh phrògraman telebhisein do chlann aig aois ro-sgoile.

Airson sholaraichean bho na h-ùghdarrasan ionadail, a bha sa mhòr-chuid am measg an luchd-fhreagairt againn, cha robh teachd a-steach na dhuilgheadas do na solaraichean fa leth. Bha iad a' riaghladh bhuidseatan agus cuibhreannan luchd-obrach mar a chaidh a cho-dhùnadhl leis an ùghdarras. Fhuair a' cheist mu chuibhreannan per capita beagan fhreagairtean; thuirt triùir luchd-freagairt nach b' urrainn dhaibh freagairt, agus far an deach sùimean innse bha iad eadar £70 agus £26. Air an làimh eile, tha na prìsean agus cosgaisean a tha párrantan a' pàigheadh na phàirt chudromach de theachd a-steach chròileagain, luchd-cùraim cloinne agus buidhnean párrant is páiste. B' e £3.50 an àireamh chuibheasach aig daoine a dh'innse prìsean san uair. B' e £4 a' chosgais a nochd bu tricee airson seisean

cròileagain. Bha prìsean airson biadh no greimean bidhe a' dol bho £0.50 san t-seachdain gu £2.50 san t-seachd. Anns na gairmean fòn a rinn sinn le luchd-solair nach do lion an suirbhidh, fhuair sinn eisimpleirean de bhuidhnean (ach cha b' e luchd-cùraim cloinne) a bha a' faighinn thabhartasan a thuilleadh air teachd a-steach bho phrìsean. Uaireannan is e taic ionmhasail shealach a bh' ann an seo gus cuideachadh le tuarastal stiùiriche-cluiche no màl nuair a bha airgead gann. Uaireannan eile bha buidhnean a' cur thabhartasan a-steach airson pròiseactan sònraichte a mhaoineachadh.

### **3.3.2 Àite nan ùghdarrasan ionadail**

Bidh na solaraichean MG a th' ann an-dràsta a' faighinn taic stèidheil is ionmhasail bho bhuidhnean nàiseanta is ionadail. Tha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail air planaichean no poileasaidhean Gàidhlig a dheasachadh sa bheil dealas sònraichte airson taic a thoirt do fhoghlam is cùram tràth MG. Mar eisimpleir, tha amas ann am Plana Gàidhlig Comhairle na Gàidhealtachd 2007-2011 a dh'ionnsaigh an àireamh sgìrean a chur am meud 10% ro 2011 far am faighear foghla姆 ro-sgoile MG agus na gheibhear de chùram-cloinne MG is de bhuidhnean do chlann fo aois 3 a leudachadh. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' fastadh Oifigeal Cùram Cloinne agus Stòrasan Teaghlaich Gàidhlig a tha ag obair ann an Sgioba Leasachaidh na Gàidhlig le dlùth-cheangal ris an Sgioba Cùram Cloinne. Buinidh raon ùghdarrais na dreuchd seo ri togail na Gàidhlig am measg clann aois 0-3 bliadhna agus cothroman cùram cloinne MG a mheudachadh do chlann nas sine.

Tha iomairtean sònraichte a tha taiceil don Ghàidhlig eadar-dhealaichte thar nan ùghdarrasan agus tha an seòrsa taic a bhios iad a' tabhann eadar-dhealaichte cuideachd. Ann an Glaschu, thàinig co-chomhairleachadh na dreachd Plana Gàidhlig gu crìoch san t-Samhain 2008 agus tha am plana deireannach a-nis ga dheasachadh. Tha Glaschu an sàs ann an solar tràth MG mar-thà le clas-àraich aig an sgoil MG agus dà shuidheachadh foghla姆 àraich MG eile sa bhaile. Ann an àiteachan eile, faodar gu bheil taic do fhoghlam tràth MG air a libhrigeadh tro bhith a' cuideachadh le stòrasan (me tha Earrá-Ghàidheal is Bòid ag obair an-dràsta air CD de dh'òrain is rabhdan Gàidhlig a dhèanamh) no prògraman sònraichte. Mar eisimpleir, ann an Siòrrachd Àir a Tuath, bidh Neach-cuideachaidh Àraich Gàidhlig a' siubhal nan sgoiltean-àraich ann an Arainn a' libhrigeadh cluich sa Ghàidhlig agus ann an Siòrrachd Àir an Ear bha pròiseact fo-5 do phàrantan is clann bheaga ann an 2008-9 a' toirt Gàidhlig agus eòlas cultarach do bhuidheann bheag 0-3 bliadhna agus an teaghlaichean le cudrom air cluich is gluasad a-muigh. Tha Pàipear-taice A a' toirt seachad mion-fhiosrachadh air solar foghla姆 tràth MG thar nan ùghdarrasan ionadail uile.

### **3.3.3 Buidhnean taice**

Tha grunn bhuidhnean a' toirt taic do luchd-solair MG le comhairle, taic le maoineachadh phròiseactan no trèanadh. Mar as trice, tha na buidhnean de dhà sheòrsa, feadhainn a tha a' dèiligeadh ri solar foghla姆 tràth san fharsaingeachd (ag obair tro mheadhan na Beurla) agus feadhainn a' dèiligeadh ri taic is leasachadh a thoirt don Ghàidhlig agus seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig.

Feumaidh a h-uile seòrsa solar tràth MG a dhol tro sgrùdadh freagarrach (mar as trice tron Bheurla) a bhios a' coimhead air libhrigeadh seirbheis agus a tha cuideachd na thobar comhairle is stiùiridh mu leasachadh chleachdaidhean freagarrach ann am foghlam tràth. Tha àite aig a' Choimisean Albannach air Riaghlaigh Cùraim agus aig Luchd-sgrùdaidh na Banrighe airson Foghlaim ann an daingneachadh càileachd solar foghlam tràth agus cùram cloinne. Bidh ùghdarrasan ionadail a' libhrigeadh trèanadh ann am foghlam tràth agus taic le cùisean càileachd do luchd-dreuchd anns na h-ionadan aca fhèin agus ann an solar com-pàirteachaidh anns an roinn phriòbhaideach agus saor-thoileach. Bidh Comann Cùram Cloinne na h-Alba (SCMA) a' tabhann grunn sheirbheisean a' gabhail a-steach comhairle, cuideachadh le bhith a' lorg maoineachadh airson adhbharan sònraichte, (me cosgaisean stèidheachaiddh), trèanadh ionadail agus taic ann an bhith a' cur lìonra ionadail air dòigh. Tha an Caidreabhas Cùraim is Ionnsachaidh (CALA) a' tabhann grunn sheirbheisean a' buntainn ri luchd-solar nam bliadhnaichean tràtha anns na raointealn priòbhaideach is saor-thoileach, a' gabhail a-steach lìbhrigeadh luchd-obrach agus trèanadh speisealta do luchd-dreuchd agus luchd-riaghlaidh. Tron phròiseact phàiste an aige faodaidh iad pàrantan a chuideachadh le bhith a' stèidheachadh buidhnean pàrant is pàiste agus stiùireadh a thoirt don t-solar tro neach-cuideachaidh CALA. Faodaidh stiùiriche-cluiche ann an cròileagan comhairle is taic fhaighinn mun obair bho sgioba leasachadh obrach CALA agus gheibh comataidhean saor-thoileach comhairle air cùisean fastaidh, leasachadh poileasaidh agus gnothaichean sònraichte leithid taic do chlann le feumalachdan sònraichte. Bidh CALA a' toirt cothrom do bhuill àrachas fhaighinn, agus inntrigeadh do phròiseasan Disclosure Scotland agus seirbheisean taic riaghlaidh no prògram riaghlaidh do bhuidhnean aig nach eil comataidh. Gheibh luchd-solar MG trèanadh bhon ùghdarras ionadail agus seirbheisean SCMA agus CALA, ach uile tro mheadhan na Beurla.

Am measg nam buidhnean Gàidhlig a tha a' cur taic ri solar foghlaim san fharsaingeachd (me Comann nam Pàrant), tha raon-ùghdarras sònraichte aig CNSA a bhith a' tabhann sheirbheisean do chlann òga agus an teaghlaichean. Is iad amasan na buidhne (i) foghlam cloinne ro-sgoile a leasachadh (ann am buidhnean, cùram cloinne agus goireasan teaghlaich) tro chluich agus tro mheadhan na Gàidhlig (ii) taic a chur ri foghlam phàrantan agus inbhich eile a bhith a' leasachadh cleachdad na Gàidhlig nam beatha àbhaisteach agus gus Gàidhlig a thoirt don cuid cloinne. Tha priomh dhreuchd aig CNSA ann a bhith a' cur taic ri stèidheachadh buidhnean pàrant is pàiste, cròileagain agus buidhnean phàrantan a tha an dùil ri leanabh. Bidh oifigearan coimhearsnachd a' cuideachadh agus a' stèidheachadh buidhnean saor-thoileach agus tha làmh aca ann an lìbhrigeadh chùrsaichean Gàidhlig a chaidh a dhealbhadh le CNSA airson phàrantan is an cuid cloinne.

Anns an t-suirbhidh dh'fhaighnich sinn dè na tar-bhuidhnean san robh luchd-solar an sàs agus dè seòrsa taice a bha iad ag iarraidh bhuapa. Cha robh a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt ag obair le tar-bhuidhnean sam bith no dìreach corra uair. Bha an fheadhairn a bha ag obair còmhla ri tar-bhuidhnean a' bruidhinn air buidhnean Gàidhlig mar bu tricee. Ach, cha robh co-obrachadh fiù le buidhnean Gàidhlig fhèin a' tachairt gu cunbalach. Bha mu dhàrna leth den luchd-fhreagairt nach robh ag obair aig àm sam bith le CNSA, Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig, no Comann nam Pàrant. Cha robh an fhòr mhòr-chuid ag obair le buidhnean meadhan-Beurla idir. Cha do chuir ach sianar luchd-solar (14%) feum air a' Chaidreabhas Cùraim is

Ionnsachaidh, còignear luchd-solair air Buidheann Cluiche Ro-sgoile na h-Alba, agus aonan air Buidheann Sgoiltean-àraich Latha na h-Alba. Ach, nochd cuid gu robh conaltradh aca le ùghdarrasan ionadail agus com-pàirteachasan cùram cloinne cho math ri sgoiltean ionadail le solar FMG agus, a thaobh luchd-cùram cloinne, Buidheann Cùram Cloinne na h-Alba.

Nuair a bha luchd-solair a' dol gu tar-bhudheann sam bith bha iad mar bu tricee a' lorg maoineachadh no cuideachadh gus ùidh a thogail mun t-solar aca fhèin. Am measg an luchd-fhareagairt againn thug 13 eisimpleirean air a bhith a' dol gu CNSA airson cuideachadh le sanasachd, fiosrachadh do phàrantan, fiosrachadh mu phoileasaidhean no cleachdaidhean agus mu àrachas fhaighinn. Às an luchd-fhareagairt a thug luaidh air conaltradh le Bòrd na Gàidhlig bha a' mhòr-chuid aca a' sìreadh maoineachadh. B' e an luchd-solair cùram-àraich a b' ainneamh a thug luaidh air co-obrachadh le CNSA no Bòrd na Gàidhlig (direach mu 30% agus cha robh sin ach conaltradh an-dràsta 's a-rithist). Air an làimh eile, bha conaltradh aig 57% de na cròileagain a fhreagair an suirbhidh le Bòrd na Gàidhlig bho àm gu àm agus 64% uaireannan le CNSA.

### **3.4 Leasachadh foghlam tràth agus cùram cloinne MG: beachdan luchd-solair mu feumalachdan maoineachaidh, ghoireasan is trèanaidh**

Chaidh grunn cheistean a chur air luchd-freagairt an t-suirlidh mu na feumalachdan aca mar luchd-solair foghlam tràth MG. A thuilleadh air na ceistean ioma-fhareagairt a lìonadh, dh'fhaodadh luchd-solair freagairtean a sgrìobhadh agus bha mòran a bha ionnan eadar na h-earrainnean sgriobhaidh seo. Chuireadh ceistean mu leasachadh solar Gàidhlig, na h-atharrachaidhean a bhathas ag iarraidh, planaichean airson an ama ri teachd agus dè an cuideachadh a dh'fheumaiste airson na h-atharrachaidhean is planaichean sin a thoirt gu buil. Tha dàta an t-suirlidh a' sealltainn miann làidir airson atharrachaidhean a dhèanamh gus piseach a thoirt air an raon.

A thaobh piseach a thoirt air solar Gàidhlig, bha mu dhàrna leth an luchd-fhareagairt airson barrachd luchd-obrach a thàladh a bha fileanta sa Ghàidhlig, an luchd-obrach a bh' aca mar-thà a chur air cursaichean trèanaidh airson oidean dà-chànanach, agus barrachd ghoireasan seòmair-chlas fhaighinn airson Gàidhlig na cloinne a neartachadh; bha mu dhà thrian den luchd-fhareagairt ag iarraidh barrachd chothroman ionnsachaidh do luchd-obrach airson an sgilean Gàidhlig a leasachadh; agus bha trì cairteal den bheachd gum bu chòir barrachd chothroman a bhith ann do phàrantan a bha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh no piseach a thoirt air an sgilean cànan. Shònraig trì cairteal den luchd-fhareagairt na goireasan a dh'fheumadh iad, a' gabhail a-steach: leabhairchean (gu h-àraidh Leabhairchean Mòra), goireasan lèirsìnneach leithid postairean, ceòl cloinne, CD-ROM (gu h-àraidh geamannan coimpiutair) agus DVDan a dh'aon ghnothach do bhliadhnaichean tràth Gàidhlig, geamannan simplidh agus pasgain fiosrachaiddh do phàrantan agus stiùridhean briathrachais do phàrantan agus luchd-obrach. Shònraig luchd-solair cuideachd gur e goireas cudromach a bh' ann an luchd-dreuchd agus chuir iad beum air iarrtas airson barrachd luchd-obrach fileanta a bha air an trèanadh, gu h-àraidh stiùirichean-cluiche.

Bha luchd-freagairt an t-suirbhidh toilichte bruidhinn air na planaichean aca airson an ama ri teachd. Tha na freagairtean aca a thaobh nan cuspairean san t-suirbhidh rim faicinn ann an Clàr 3.4. A thaobh na bha luchd-freagairt airson atharrachadh mun t-solar aca, b' e na beachdan sgrìobhte a bu chumanta: comas gabhail a chur am meud (an t-àite a mheudachadh no na h-uairean fosglaidh a leudachadh), an uiread Gàidhlig a bha ga bruidhinn a chur am meud, barrachd chothroman trèanaidh, stòrasan is acfhainn. Gus na h-atharrachaidhean seo a dhèanamh, bha luchd-freagairt an dùil gu feumadh iad: maoineachadh anns a' chuid as mothà de na raointeán seo (gu h-àraidh fastadh luchd-obrach agus trèanadh, stòrasan agus sanasachd), taic agus comhairle, agus togail ùidh nas fheàrr.

#### **Clàr 3.4: Planaichean luchd-solair MG airson an ama ri teachd**

Planaichean <sup>9</sup>	Àireamh luchd-solair iomlan=43
Trèanadh ann an taic do ionnsachadh cànan:	22
Taic ionmhasail:	23
Ionad nas freagarraiche:	9
Barrachd stòrasan meadhan-Gàidhlig:	28
Trèanadh ann am foghlam ro-sgoile:	19
Trèanadh ann an cluiche:	11
Trèanadh do luchd-cùraim cloinne:	5
Barrachd acfhainn cluiche:	16
Barrachd luchd-dreuchd le barrantasan ro-sgoile:	15
Barrachd inbheach aig a bheil Gàidhlig:	18
Cothrom air comhairle fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig:	10
Cothrom air comhairle mu chleachdad agus togail na Gàidhlig:	15
Làrach-lìn le cothrom deasbaid do luchd-solair ro-sgoile agus cùram cloinne MG:	15

Chaidh faighneachd don luchd-fhreagairt cuideachd dè na planaichean a bh' aca airson nan trì bliadhna ri thiginn. Bha na planaichean seo a' co-fhreagrachd gu dlùth ris na h-atharrachaidhean a bha luchd-solair airson a dhèanamh, le amasan sònraichte leithid 'com-pàirteachas phàrantan a chur air dòigh', 'misneachd nam pàrantan a neartachadh a' bruidhinn Gàidhlig', 'ionad teaghlaich a dhèanamh den àite', 'cùram às dèidh sgoile a libhrigeadh do chlann fo 12 bliadhna', agus 'iarraidh air a' chomhairle an obair riaghlaidh a ghabhail os làimh'. Thuit grunn luchd-solair gu robh iad a' planadh cumail orra mar a bha iad. A-rithist, b' e taic ionmhasail bu mhotha a bha a dhìth, ach bha am maoineachadh gu h-àraidh airson barrachd luchd-obrach fhaighinn (a' gabhail a-steach cosgaisean sanasachd is trèanaidh), tuilleadh stòrasan fhaighinn, agus ùidh a thogail mun t-solar. Bha dragh ann mu

<sup>9</sup> Dh'fhaodadh luchd-freagairt barrachd air aon fhreagairt a thaghadh.

sheasmhachd; agus bha beachd gu robh feum air barrachd cloinne a bhith a' frithealadh shuidheachaidhean MG, aire a thogail anns na coimhairsnachdan, agus solar a leudachadh gu barrachd àiteachan, ceangailte ri aonadan is bun-sgoiltean MG.

Mu dheireadh, chaidh faighneachd don luchd-fhreagairt ciamar a b' urrainn do Bhòrd na Gàidhlig agus tionnsgnaidhean riaghaltais eile an solar aca a leasachadh. Tha na freagairtean aca ann an Clàr 3.5.

Bha an luchd-freagairt cuideachd ag iarraidh tòrr a bharrachd lionraidheachd aig diofar ìrean. Bha iad den bheachd gum bu chòir co-obrachadh a bhrosnachadh eadar suidheachaidhean MG, chan ann direach a thaobh bhliadhnaichean tràthha, fiù nan tigeadh feum a bhith ag obair eadar diofar sgìrean ùghdarrasan ionadail. Airson seo a thoirt gu buil, bha grunn luchd-solair den bheachd gu feumaist fiosrachadh air dè bha buidhnean eile a' ruith gu h-ionadail agus gu nàiseanta, agus taic airson lionraidhean a stèidheachadh is a chumail a' dol. Mhol aon solarache 'tar-bhuidheann airson solar ro-sgoile Gàidhlig a ghabhadh thairis riaghladh, ionmhas agus stiùireadh luchd-obrach'— uile raointean far an robh, a rèir freagairtean an t-suurbhidh, obair a dhìth.

### Clàr 3.5: Taic a bha luchd-solair MG a' shreadh

Taic ga shreadh <sup>10</sup>		Àireamh luchd-solair iomlan=43
Taic ionmhasail airson àros a stèidheachadh:		7
Taic ionmhasail nuair a thig lùghdachadh sealach air àireamhan:		10
Cuideachadh le bhith a' togail üidh mun t-solar:		20
Tabhartasan nas fheàrr airson stòrasan meadhan-Gàidhlig agus acainn cluiche:		23
Sgeamaichean innleachdach gus àrdachadh a thoirt air àireamhan luchd-obrach le barrantasan ro-sgoile no càram cloinne aig a bheil Gàidhlig:		21
Cothroman a leasachadh airson trèanadh in-sheirbheis ann an dòighean a bheir taic do chleachdadh na Gàidhlig:		26
Cothroman a leasachadh airson trèanadh in-sheirbheis ann an dòighean a bheir piseach air cleachdaidhean ro-sgoile agus càram cloinne:		17

<sup>10</sup> Dh'fhaodadh luchd-freagairt barrachd air aon fhreagairt a thaghadh.

### 3.5 Geàrr-chunntas nan toraidhean

Seo na priomh phuingean bho cheum suirbhidh a' bhreithneachaidh.

#### 1. Foghlam tràth is cùram cloinne MG: an dealbh an-dràsta

##### *Meud solair*

- Lorg sinn 127 solaraiche foghlam tràth is cùram cloinne MG
- Bidh a' chuid as mothà den t-solar a' frithealadh ri clann aois 3 to 5 a bhios a' dol gu clasaichean- no sgoiltean-àraich no cròileagain an ùghdarras ionadail. Bidh an solar seo, mar as trice, ann an suas ri còig seiseanan san t-seachdain, gach seisean a' leantainn eadar dhà is trì uairean a thìde gach latha.
- Chan eil ach glè bheag cùram taobh a-muigh sgoile no cùram làithean-saora ann.
- Chan eil ach beagan solair do naoidheanan is pàistean agus bidh a' chuid as mothà de chlann fo aois 3 a' faighinn solar MG aig buidhnean pàrant is pàiste.
- Tha tàrr mòr den t-solar phriobhaideach ga libhrigeadh le luchd-cùraim cloinne ach chan eil iad a' tabhann ach glè bheag solar MG.
- Tha an àireamh chuibheasach de chlann anns gach suidheachadh ìosal.

##### *Cleachdadh na Gàidhlig*

- Tha eadar-dhealachadh mòr anns an uiread a tha Gàidhlig ga cleachdadh mar mheadhan conaltraidh, cùraim is foghlaim bho àite gu àite, le cuid nach cleachd ach Gàidhlig a-mhàin gu cuid eile far nach cleachdar Gàidhlig ach ann an gnìomhan sònraichte.
- Dh'innis luchd-solair gu robh duilgheadas aca a' fastadh luchd-obrach le Gàidhlig. Thuit 60% gu robh an luchd-obrach aca san t-seòmar-chluiche uile fileanta sa Ghàidhlig. Tha a' cho-roinn de dh'ìnbhich aig a bheil Gàidhlig gu math nas ìsle ann an suidheachaidhean far a bheil pàrantan is inbhich eile a' cuideachadh gu saor-thoileach.
- A chionn gu bheil an fhòr mhòr-chuid de chlann ann an solar tràth MG à dachaighean far nach eileas a' bruidhinn Gàidhlig is e an ùine a chaitheas iad ann an suidheachadh MG am priomh chothrom, no an aon chothrom, a gheibh iad airson Gàidhlig a thogail.

##### *Luchd-obrach, Fastadh agus Trèanadh*

- Thuit luchd-solair anns na roinnean poblach, priobhaideach agus saor-thoileach gu robh e duilich dhaibh luchd-obrach pàighe agus saor-thoileach a lorg agus a chumail aig an robh eòlas ann am foghlam is cùram tràth agus aig an robh Gàidhlig.
- Tha, no bha, e na dhuilgheadas do dhà thrian de luchd-freagairt a bhith a' fastadh luchd-obrach le barrantan iomchaidh foghlam tràth; agus tha, no bha, fastadh luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig na dhuilgheadas do thrì cairteal aca.

- Tha mòran tighinn is falbh am measg an luchd-obrach, rud a tha buailteach droch bhuaidh a thoirt air càileachd solair do chlann.
- Chan eil duais ionmhasail sam bith ann mu choinneamh comes sa Ghàidhlig.
- Tha cothrom air leasachadh proifeiseanta na dhùbhlann do mu dhàrna leth an luchd-fhareagairt; agus a rèir coltais chan eil ach glè bheag, ma tha càil idir, leasachadh proifeiseanta ann a tha gu sònraichte airson luchd-obrach ann an solar MG.

## 2. Solarachadh, iarrtas agus togail ùidh

- Chan eil luchd-solair a' sùileachadh àrdachadh mòr ann an iarrtas airson àiteachan MG anns na beagan bhliadhnaichean romhainn agus chan eil planaichean meudachaидh ach aig dòrlach aca, a thaobh na b' urrainn dhaibh a ghabhail no a thaobh leudachadh uairean fosglaidh.
- B' e aithris beòil an dòigh a b' èifeachdaiche am beachd luchd-fhareagairt airson ùidh a thogail, ged a bha dòighean nas follaisiche don phoball, bho chlàran ionadail gu làraichean-lìn, ùidheil leotha cuideachd.
- Shaoil mòran luchd-freagairt gum bu chòir buidhnean nàiseanta a bhith nas gnìomhaiche a thaobh innse do phàrantan a dh'haodadh ùidh a ghabhail san t-solar mu shochairean solar MG; agus gur e dòigh a bhiodh an seo gus ùidh a thogail agus, is dòcha, iarrtas a chur am meud.

## 3. Taic bhon taobh a-muigh airson foghla姆 tràth is cùram cloinne MG

### *Taic ionmhasail*

- Bidh foghlaム tràth MG a' faighinn taic ionmhasail bho riaghaltas ionadail is nàiseanta agus, gu ìre nas lugha, bho thabhartasan is tar-bhuidhnean is buidhnean poblach.
- Tha cròileagain MG agus buidhnean pàrant is pàiste an eisimeil teachd a-steach bho phàrantan ged a bhios cuid a' faighinn taic ann an dòighean neo-ionmhasail bho bhuidhnean eile me togalach air màl ìosal bhon ùghdarris ionadail.

### *Ùghdarrasan ionadail*

- Tha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail air planaichean Gàidhlig a dheasachadh le iomairtean anna a dh'ionnsaigh taic a thoirt do fhoghlam tràth is cùram cloinne MG.
- Tha eadar-dhealachadh mòr ann air an taic a gheibh foghlaム tràth is cùram cloinne MG eadar ùghdarrasan ionadail.

### *Buidhnean taice*

- Cha robh a' chuid as mothà den luchd-fhareagairt a' co-obrachadh le tar-bhuidheann Gàidhlig no foghlaム tràth idir, no dìreach corra uair.
- Nuair a bha luchd-freagairt a' toirt luaidh air co-obrachadh is ann le buidhnean Gàidhlig leithid CNSA agus Bòrd na Gàidhlig a bhitheadh e, mar

- bu trice. Cha robh co-nbrachadh le buidhnean meadhan-Beurla àbhaisteach idir.
- B' e cuideachadh le maoineachadh no stòrasan an t-adhbhar bu chumanta airson co-nbrachadh.

#### 4. Leasachadh solar MG

- Dh'ainmich luchd-freagairt na prìomh raointean leasachaidh mar: barrachd luchd-obrach fileanta sa Ghàidhlig fhastadh; cothrom air leasachadh proifeiseanta le cudrom air foghlam dà-chànanach; agus cothrom air raon nas farsainge de stòrasan Gàidhlig.
- Airson solar a leasachadh thuirt luchd-freagairt gu feumadh iad: barrachd maoineachaidh, taic bho bhuidhnean ionadail is nàiseanta, togail ùidh na b' fheàrr air an t-solar aca. Bha iad cuideachd ag iarraidh barrachd cothroim a dhol an lùib a chèile agus tar-bhudheann a stèidheachadh airson maith an raoin seo adhartachadh agus a dhòn.

## 4. PRÌOMH CHEISTEAN: DEASBAD

Thog ciad cheuman a' bhreithneachaidh seo grunn phrìomh cheistean airson foghlam agus cùram MG soirbheachail a lìbhrigeadh anns na bliadhnaichean tràthha. Anns a' chaibideil seo tha sinn air na prìomh cheistean a chur ann an còig earrainnean:

- Ionnsachadh is teagasg càinain
- Gnè an eòlais a chuireas clann air solar MG
- Stòrasan meadhan-Gàidhlig
- Beachdan nam pàrantan
- Riaghladh agus togail ùidh mu sholar

Tha sinn a' bruidhinn air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig na toraidhean againn anns gach cùis, a' cleachdad a dhàta a chruinnich sinn anns na h-agallamhan le prìomh luchd-freagairt agus bho na sgrùdaidhean cùise airson leudachadh air na cuspairean a dh'èirich bhon mhapadh agus bhon t-suirbhidh. Far a bheil e iomchaidh, tha sinn a' cur feum air litreachas mu fhoghlam ro-sgoile, ionnsachadh dà-chànanach agus rannsachadh a rinneadh mar-thà air solar MG ann an raon na bun-sgoile; agus a' tarraing air na sgrìobhainnean poileasaidh buntainneach. Tòisichidh gach earrann le geàrr-chunntas air na cùisean air am bi sinn a' beachdachadh. Tha na molaidhean a dh'èireas bhon bheachdachadh seo rim faighinn ann an Caibideil 5.

### 4.1 Ionnsachadh agus teagasg càinain

#### **Geàrr-chunntas**

Is e an t-adhbhar airson foghlam a sholarachadh tro mheadhan na Gàidhlig dèanamh cinnteach gu fàs clann fileanta is litearra sa chànan. Tha seo gu h-àraidh cudromach agus an àireamh dhaoine le Gàidhlig o dhùthchas fhathast a' crionadh: mar sin, feumar clann bho dhachaighean gun Gàidhlig a thàladh don chànan airson ath-bheothachadh càinain a thoirt gu buil.

Is e *làn bhogadh* – far nach cleachdar ach Gàidhlig a-mhàin san t-seòmar-cluiche, far am bi luchd-dreuchd a' cleachdad Gàidhlig fad na tide agus far a bheileas a' brosnachadh agus a' toirt taic don chloinn a bhith dèanamh an rud ceudna – am modail as coltaiche dèanamh cinnteach gun tog a' chlann Gàidhlig gu luath. Ach, tha e duilich do luchd-solair seo a chumail a' dol airson

- gu bheil e duilich àrainneachd làn-Ghàidhlig a chumail agus chan e ach glè bheag de luchd-solair a tha air an trèanadh air a shon
- gu bheil e duilich dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd càinain ann an seòmraichean-cluiche bogaidh saidhbhir gu leòr
- gum bi cùisean taobh a-muigh na h-àrainneachd an-còmhnaidh a' brosnachadh gluasad don Bheurla

Is e amas solar foghlam MG gum bi cothrom aig an ath ghinealach de chlann an Alba fàs fileanta agus litearra sa Ghàidhlig agus gun urrainn dhaibh ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig anns a h-uile raon den churraicealam. Mar as comasaiche a tha clann sa Ghàidhlig nuair a thòisicheas iad sa bhun-sgoil, is ann as luaithe a choileanas iad na h-amasan sin.

Mar sin, tha àite air leth deatamach aig na bliadhnaichean tràth a bhith a' toirt an toiseach tòiseachaidh as fheàrr do chlann sa chànan. Faodaidh a h-uile solaraiche – luchd-cùraim cloinne, buidhnean pàrant is pàiste, cròileagain, sgoiltean-àraich agus solaraichean cùram taobh a-muigh sgoile – cuideachadh le comas is misneachd na cloinne sa Ghàidhlig a chur am meud, tro chòmhradh, gniomhan làitheil, gnothaichean sòisealta, òrain, geamaichean, sgeulachdan agus gniomhan litearrachd tràth eile, taic do dheasbad buidhne, fuasgladh dhuilgheadasan agus co-obrachadh de gach seòrsa. Bho dhàta an t-suirlidh againn, tha e soilleir gu bheil na h-amasan poileasaidh seo airson foghlam MG aig a' chuid as mothà den luchd-sholair: bha còrr is còig siathamhan (84%) gam faicinn fhèin a' cuideachadh clann a' deasachadh airson foghlam bun-sgoile MG, obair a ghabhas a-steach clann bho dhachaighean Gàidhlig a chuideachadh le bhith a' leasachadh an cuid Gàidhlig agus clann bho dhachaighean gun Gàidhlig a bhith a' fàs fileanta.

Ach, tha an suidheachadh a th' ann an-dràsta a' togail dùblain shònraighe a dh'fheumas luchd-solair is luchd-poileasaidh aithneachadh agus dèiligeadh riutha ann an dòigh roi-innleachdail. Air feadh an raoin MG, tha a' cho-roinn cloinne bho dhachaighean Gàidhlig a' crionadh. Tha seo, ann am pàirt, airson gu bheil àireamhan daoine le Gàidhlig bho dhùthchas a' sìor thuitem, ach cuideachd air sgàth 's cho soirbheachail 's a tha an iomairt MG air a bhith: mar a tha solar ro-sgoile is bun-sgoile a' dol am meud, gu h-àraidh ann an sgìrean far nach eil mòran daoine a' bruidhinn Gàidhlig, tha e a' fàs nas cumanta buidhnean no suidheachaidhean a lorg far nach eil ach leanabh no dhà – ma tha duine idir – aig a bheil an cànan mar-thà. Tha dàta an t-suirlidh againn a' leigeil fhaicinn gu bheil an fhìor mhòr-chuid (88%) a-nis anns an earrainn seo, agus nach eil ach beagan (12%) measgaichte, le mu dàrna leth na cloinne a' tighinn bho dhachaighean Gàidhlig. Tha priomh luchd-freagairt agus muinntir nan sgrùdaidhean cùise a' daingneachadh a' bheachd seo:

*Chan eil ach aon leanabh sa bhuidhinn aig a bheil pàrant le Gàidhlig.  
(Neach-dreuchd, Baile Beag)*

*Tha measgachadh càinann aig na teaghlaichean – tha grunn beag de phàrantan le Gàidhlig bho dhùthchas, tha a' chuid as mothà de theaghlaichean le aon phàrant aig a bheil Gàidhlig, feadhainn eile le seanaidh no seannmhair le Gàidhlig, agus cuid eile aig nach eil Gàidhlig idir aig an taigh. (Ceannard, Cathair-bhaile)*

*Chan eil clann ann [an ro-sgoil] ach airson ùine ghoirid agus chan eil ach grunn chothroman an sin airson cànan a chleachdad. Tha e buailteach gur e Beurla an cànan a chleachdas clann a tha ag ionnsachadh Gàidhlig nuair a bhruidhneas iad nam measg fhèin ann [an ro-sgoil].  
(Priomh neach-freagairt)*

A chionn nach eil ùine coinneachaidh ann an suidheachaidhean ro-sgoile MG fada (is ainneamh a bhios i nas fhaide na 20 uairean a thìde san t-seachdain, agus is àbhaist dhi a bhith mòran nas giorra), tha na cothroman airson mòran Gàidhlig a thogail gann.

Tha seo a' ciallachadh gu feum luchd-solair roi-innleachd ghnìomhach a chleachdad airson leasachadh cànan gus am fàs clann comasach sa Ghàidhlig, a chionn nach eil seo buailteach tachairt 'gu nàdarra' – mar a thachradh mura robh ach beagan cloinne à dachaighean gun Ghàidhlig. Tha toradh an t-suirlividh againn a' sealltainn gu bheil grunn mhodailean gan cleachdad. Aig aon cheann na slait tha *làn bhogadh* ann an àrainneachdan làn-Ghàidhlig, far am bi luchd-dreuchd a' bruidhinn Gàidhlig fad na tide agus a' brosnachadh cloinne a bhith a' freagairt sa Ghàidhlig, a' cleachdad diofar roi-innleachdan airson taic ghnìomhach a thoirt don ionnsachadh cànan aca. Aig a' cheann eile tha *beagan cleachdaidh*, far a bheil Gàidhlig ga cleachdad, le luchd-dreuchd agus a' chlann, dìreach airson ghnìomhan sònraichte, leithid seinn, faclan sònraichte ionnsachadh (me àireamhan is dathan) agus cuid de ghnìomhan làitheil (me còmhradh mu làithean na seachdain, an tide, dè na rudan a nithear aig amannan sònraichte den latha). Tha dàta an t-suirlividh againn a' sealltainn na treas cuid den luchd-sholair ag ràdh gur e 'Gàidhlig a-mhàin' a chleachdas iad agus dà thrian ag ràdh gu bheil iad 'dà-chànanach'. Tha e coltach gum bi eadar-dhealachaidhean mòra ann an solar dà-chànanach, a' dol bho shuidheachaidhean far am bi an luchd-obrach a' bruidhinn Gàidhlig fad na tide ach faodaidh a' chlann taghadh dè an cànan a chleachdas iad, gu suidheachaidhean far nach eil Gàidhlig ga chleachdadach ach ann an suidheachaidhean sònraichte.

Tha e soilleir gu bheil builean eadar-dhealaichte aig na diofar mhodailean seo, agus gur e na modailean *làn bogaidh* as buailliche chan e a-mhàin an ìre fileantachd as àirde a thoirt do chlann à dachaighean gun Ghàidhlig ach cuideachd an leasachadh cànan as fheàrr do chlann à dachaighean far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn. Carson, ma-thà, nach eil ach an treas cuid de sholaraichean a' cleachdad *làn bhogadh*? Tha an rannsachadh againn a' leigeil fhaicinn gu bheil grunn bhacaidhean san rathad:

- **Tha e duilich àrainneachd làn-Ghàidhlig a chumail agus chan eil ach glè bheag de luchd-solair air an trèanadh air a son**

Tha modailean *bogaidh* airson sàr-chomas ann an dara cànan a thoirt gu buil air a bhith a' ruith airson timcheall air 50 bliadhna. (Tha Lambert & Tucker, 1972, a' toirt tuairisgeul agus a' dèanamh measadh air na ciad mhodailean deuchainneach ann an Canada, a chaith a dhealbhadh anns na 1960an.) Tha an dòigh-obrach seo a-nis ga meas anabarrach èifeachdach leis a' mhòr-chuid, chan ann a-mhàin airson dara cànan a thogail, ach cuideachd airson taic a thoirt do chìad chànan a chumail, agus is e sin an t-adhbhar a tha e a' sìor chòrdadh ri daoine ann an Canada fhèin agus ann an iomadh dùthaich Eòrpach (gu h-àraidh an Spàinn agus a' Ghearmailt) far a bheil pàrantan ag iarraidh gum bi an cuid cloinne làn fhileanta ann am Beurla cho math ris a' chànan nàiseanta (Johnson & Swain, 1997). Ach, a chionn gu bheil inbhe aig a' Bheurla mar 'chànan an t-saoghail' chan eil ach glè bheag ùidh aig daoine sa RA anns an dòigh-obrach seo. B' e an aon eisimpleir air prògram bogaidh ann an Alba a tha ann an stoidhle Chanada, am prògram bogaidh Frangais ann am Bunsgoil Rathad Walker ann an Obar Dheadhain (Johnstone & McKinstry, 2008), ach tha seo a-nis air tighinn gu crìch. Mar sin, chan eil ach beagan fios ann an Alba air na sgilean sònraichte a dh'fheumar airson na dòigh-obrach seo agus tha cothroman trèanaidh a tha gu sònraichte airson foghlam bogaidh agus dòighean-obrach ann am foghlam dà-chànanach san fharsaingeachd, gann dha-rireabh, gu h-àraidh do luchd-dreuchd nam bliadhnaichean tràthha.

Is e a' bhuil gu feum luchd-dreuchd obrachadh a-mach dhaibh fhèin ciamar a bheir iad taic do chlann a' togail dara cànan. Tha cuid den fheadhainn ris an do bhruidhinn sinn air mòran cnuasachaidh a dhèanamh air a' cheist seo, agus tha iad mothachail air an adhartas mòr a rinn iad bhon a thòisich iad ann an solar ro-sgoile MG an toiseach. Thuirt Ceannard ar sgrùdadh cùise ann an sgoil-àraich Cathair-bhaile:

*Nuair a thàinig mi don sgoil-àraich seo an toiseach cha robh mi a' faicinn ann an gainmheach ach gainmheach – ach a-nis 's e cothrom ionnsachadh cànan a th' ann.*

Thug i seachad tuairisgeul gu math mionaideach air na roi-innleachdan ionnsachadh cànan a chleachdas i: mar eisimpleir a' cleachdadh gluasad làimhe agus comharraighean lèirsinneach eile airson gun tuig a' chlann na tha i ag ràdh, agus planadh roi-innleachdach gus an tig comasan cànan air adhart thar ùine:

*Nuair a thàinig mi an toiseach, bha clann ag ionnsachadh Gàidhlig ann an dòigh neo-riaghailteach. Shaoil mise gum bu chòir barrachd structair a chur ris. Co-dhùnaidh sinn dè na feartan cànan air am bi sinn ag obair air an t-seachdain sin – is dòcha roimhearan, no dathan no àireamhan – agus an uair sin smaoinichidh sinn ciamar as urrainn dhuinn gniomhan ionnsachaidh a chleachdadh airson seo. Is dòcha gun dèan sinn jelly, can, agus gun cleachd sinn e airson bruidhinn air dathan agus na ciad-fàthan.*

Anns a' chùis seo, fhuair an neach-dreuchd taic bho oifigeal leasachaidh Gàidhlig an ùghdarrais ionadail, ach a rèir coltais, chan eil taic shònraichte den t-seòrsa seo ri faighinn tric.

Mura h-eil trèanadh no taic shònraichte aca mar-thà, faodaidh e a bhith duilich do luchd-dreuchd dèanamh a-mach ciamar a cheanglas iad ionnsachadh cànan ris a' churraicealam ro-sgoile. Tha beachd ann gu bheil còmhstrieadar mar a chuireas an curraicealam cudrom air feumalachdan na cloinne agus mar a tha Gàidhlig ga 'sparradh' orra, agus tha seo na dhùbhlann sònraichte:

*Nuair a thàinig mi an toiseach, shaoil mi gu robh cus cudoim ga chur air ionnsachadh cànan – mar neach-dreuchd ro-sgoile, bha m' aire-sa air miannan an leanaibh agus bha am beum a bhathas a' cur air ionnsachadh cànan ga dhèanamh nas coltaiche ri P1.  
(Ceannard, Cathair-bhaile)*

*Ann an cuid de dhòighean cha ghabh e dhèanamh àrainneachd làn-Gàidhlig a chur an sàs; mar eisimpleir, 's e gniomh sònraichte a th' ann an 'roghainn cluiche', rud a bhios clann a' dèanamh nan aonar gu ìre bhig – chan eil ach triùir luchd-dreuchd ann airson sùil a chumail orra agus pàirt a ghabhail anns na tha iad a' dèanamh.  
(Neach-dreuchd, Eilean)*

*Tha e duilich a h-uile càil a dhèanamh – feumaidh sinn an cànan a theagasg agus an còrr den obair a dhèanamh cuideachd, a' cumail ris*

*an aon chlàr-ama ris a' mheadhan-Bheurla [...] Tha cunnart ann gu fàs a' chlann seachd sgith den ionnsachadh càinain – mar sin, uaireannan chan eil anns a' chòmhradh ceardaill ach àm eile far a bheileas a' faighinn cleachdadadh càinain seach àm airson naidheachd a thoirt seachad. (Priomh Neach-teagaisg, Baile Beag)*

- **Tha e duilich dèanamh cinnteach gu bheil an àrainneachd càinain ann an seòmraichean-cluiche bogaidh saidhbhir gu leòr**

Tha e cudromach gu bheil an seòmar-cluiche bogaidh na àrainneachd càinain saidhbhir, gu h-àraidh nuair as e sin an aon àite far an coinnich a' chlann ris a' chànan a tha iad a' togail. Ach tha seo duilich a choileanadh a chionn gu bheil dìth trèanaidh air an luchd-dreuchd ann am foghlam dà-chànanach, agus cuideachd airson nach eil ach beagan stòrasan rim faighinn sa Ghàidhlig. Thog grunn den phriomh luchd-freagairt ris an do rinn sinn agallamh dragh mu sheòmraichean-cluiche a bha bochd a thaobh càinain:

*Ann an sgoiltean-àraich chan e Gàidhlig an-còmhnaidh an cànan nàdarra a chleachdas iad – faodaidh gu bheil beairteas cainnte a dhìth. Mar eisimpleir, bidh luchd-dreuchd tric a' faireachdainn gu feum iad slàinte is sàbhailteachd a dhèanamh tron Bheurla no furtachd a thoirt do leanabh a tha a' gal. (Priomh neach-freagairt)*

*Tha ceistean agam mu èifeachd an t-solair [ann an suidheachadh bogaidh]. Ann an cuid de sgoiltean-àraich anns na h-eileanan, is dòcha gu bheil clann fileanta sa Ghàidhlig nuair a thig iad a-steach, ach an seo, aig cròileagan agus san sgoil-àraich, chan thaigh an fhìor mhòr-chuid aca ach dìreach faclan Gàidhlig – chan ann tron Ghàidhlig a chuireas iad eòlas farsaing air beatha na ro-sgoile. (Priomh neach-freagairt)*

*Tha mi teagmhach mu chàileachd an t-solair ann am Beurla agus Gàidhlig – gu h-àraidh Gàidhlig. . . . Feumaidh sinn beairteas agus farsaingeachd, gu h-àraidh do chlann ag ionnsachadh tron Ghàidhlig. (Oifigear leasachaидh càileachd ùghdarras ionadail)*

Ann an aon sgoil-àraich eilein, bha an t-àrd neach-dreuchd ag obair gu trang gus fuasgladh fhaighinn air na duilgheadasan seo agus modail deagh chleachdaidh a dhèanamh a bha an luchd-obrach eile a' leantainn. Mar eisimpleir, nuair a chuireadh i acfhainn grèine air a' chloinn uile mus deigheadh iad a-mach a chluich, dh'innseadh i sa Ghàidhlig carson a dh'fheumadh iad acainn grèine agus càite am bu choir a shuathadh, ag ath-aithris agus a' sanas le a làmhan gus an tuigeadh iad na b' fheàrr. Nuair a bha a' chlann a' cur orra am brògan is adan airson a dhol a-mach dh'innis i, mar gu robh i a' bruidhinn ris an luchd-obrach eile, ach ann an guth àrd, rud a thachair dhi fhèin nuair nach b' urrainn dhi a còta a lorg aig an taigh a chionn gu robh i air fhàgail aig an sgoil-àraich an latha roimhe. B' e còmhradh sìmplidh a bha an seo ach dhaingnich e faclan bunasach (aodach, pàirtean den bhodhaig, an tide) agus gnìomhan càinain cuideachd, a thaobh nan seòrsaichean còmhraidh a bhios aig daoine mu chuspairean làitheil. Bha e follaiseach gu robh luchd-obrach na b' òige agus aig nach robh uiread cleachdaidh a' leantainn na dòigh-obrach seo leis a' chloinn, a' bruidhinn Gàidhlig fad na tide – chan ann dìreach airson gnìomhan co-

cheangailte ri ionnsachadh cànanach ann an cleachdaidhean àbhaisteach an latha – a' bruidhinn cànan a bha sìmplidh, soilleir agus *furasta a chluinntinn*.

Ach cha b' ionnan seo agus cuid de na seòmraichean-cluiche eile air an do thadhail sinn, far an robh luchd-obrach a' bruidhinn glè thric cho iosal 's nach gabhadh na bha iad ag ràdh ri clann sa Ghàidhlig a chluinntinn am measg straighlich an t-seòmair; far an robh iad a' dol don Bheurla nuair a dh'fheumadh rud tachairt sa bhad (me airson tubaist a sheachnadh, no fiù airson rudan a sgioblachadh gu luath); agus far an robh iad, aig amannan, a' bruidhinn Beurla nam measg fhèin ged as e Gàidhlig an cànan màthaireil.

Aig sgoil-àraich *Cathair-bhaile*, bha an luchd-dreuchd a' feuchainn ri barrachd cothrom a thoirt do chlann coinneachadh ri grunn luchd-labhairt na Gàidhlig agus tachartasan cultarach co-cheangailte ris a' Ghàidhlig: bha iad air seanchaidhean Gàidhlig fhiathachadh don sgoil-àraich, air clann a thoirt air tursan do fhèisean ciùil traidseanta agus luchd-ciùil Gàidhlig a thoirt a-steach. Ghabh iad pàirt ann an iomairt ealain airson taic a thoirt do leasachadh cànan cloinne òga (anns a' Ghàidhlig sa chùis acasan) tro cheòl, a' tarraing air maoineachadh is taic bhon aonad bun-sgoile MG ris an robh iad ceangailte. Tha cothroman gus leasachadh cànan a cheangal ri raointean leasachaidh eile sna bliadhnaichean tràthha, leithid eòlasan cruthachail is ealain, buailteach a bhith air leth feumail, agus a' sealltainn gu faod luchd-dreuchd, nuair a tha iad a' sìreadh stòrasan airson àrainneachd cànan saidhbhir a chruthachadh, a dhol nas fhaide na leabhraichean, teipichean agus CD-ROMan – as àbhaist a bhith an tùs gnothaich – gu tachartasan beò, a' tarraing air sgilean is ùidhean na coimhearsnachd Ghàidhlig mun cuairt orra, ge bith càite a bheil iad ann an Alba.

- **Bidh cùisean taobh a-muigh na h-àrainneachd an-còmhnaidh a' brosnachadh gluasad don Bheurla**

Bha iomadh neach-dreuchd a bha leagte air dèanamh cinnteach nach biodh ach Gàidhlig a-mhàin ga cleachdad air am bacadh le cho uile-làthaireach 's a bha a' Bheurla cha luath 's a dh'fhosgladh doras an t-seòmair-chluiche. B' e adhbharan cumanta airson tionndadh don Bheurla, bruidhinn ri pàrrantan aig nach eil Gàidhlig, nach eil Gàidhlig aig luchd-glèidhidh na sgoile, luchd-rianachd agus luchd-dreuchd speisealta (me luchd-teagaisg foghlam corporra), agus gu feum iad solar a cho-roinn le foghlam meadhan-Beurla san aon togalach – a' ciallachadh, mar eisimpleir, gun tionndaidh clann don Bheurla nuair a tha iad a' gabhail biadh no a' cluich còmhla ri clann a tha a' bruidhinn Beurla.

Bha cùisean structarach duilich cuideachd. Ann an cuid de shuidheachaidhean bidh clann a' tòiseachadh aig amannan eadar-dhealaichte den bhliadhna, a' ciallachadh gu feum luchd-obrach tòiseachadh as ùr le clann ùra grunn thursan agus bidh an fheadhainn a thig a-steach gun Ghàidhlig idir, no direach facal no dhà, buailteach an àrainneachd Ghàidhlig a tha direach a' tighinn gu bith agus a tha fhathast lag, a chur bun os cionn. Bha luchd-solar eile a' fulang an aon seòrsa duilgheadais nuair a bha clann aca nach robh a' frithealadh cho tric 's a bha càch – mar eisimpleir direach seisean no dhà san t-seachdain nuair a bha clann eile a' tighinn airson còig seiseanan san t-seachdain. Bha luchd-freagairt cuideachd tric a' gearan gum biodh clann a' call cuid den Ghàidhlig aca thar nan làithean-saora.

Mar thoradh air na duilgheadasan seo, bha cuid den luchd-sholair teagmhach an robh na h-amasan a chaidh a shònachadh airson an t-solair seo ruigsinneach agus an tide a bh' aig clann ann an solar MG gann agus an àrainneachd Bheurla a' sìor dhùnadh a-steach orra. Ann an suidheachaidhean eile bidh luchd-solair a' feuchainn ris na duilgheadasan seo a lùghdachadh le bhith ag iarraidh air pàrantan an cuid cloinne a chlàradh airson còig seiseanan no barrachd, no gam brosnachadh a bhith a' cleachdadadh fhaclan, òrain agus gniomhan càinain eile aig an taigh (uaireannan a' toirt dhaibh duilleagan-obrach agus CDan). Ach tha luchd-solair mothachail gu faod e bhith duilich dèiligeadh ri pàrantan a chionn gu bheil adhbharan eadar-dhealaichte aca airson an clann a chur gu solar MG agus gu bheil iad a' sùileachadh rudan eadar-dhealaichte bhuaithe.

Airson nan adhbharan sin uile, ma-thà – dìth trèanaidh ann an dòighean foghlaim dà-chànanach, cho duilich 's a tha e àrainneachd càinain saidhbhir a chruthachadh agus an sìor bhrùthadh a th' ann an-còmhnaidh a bhith a' tionndadh don Bheurla – tha e duilich do luchd-solair *làn bhogadh* a thoirt gu buil. Ann a bhith a' beachdachadh air an t-slighe air adhart do sholar ro-sgoile MG, feumaidh luchd-poileasaidh smaoineachadh air ciamar a gheibhear thairis air cuid de na cnapan-starra a tha sinn air ainmeachadh, gu h-àraighe, nar beachd-sa, aghaidh a chur ris a' ghainnead chothroman trèanaidh, oir bhiodh luchd-dreuchd a bha na b' eòlaiche agus na bu sgileile na b' uidheamaichte dèiligeadh ri cuid de na duilgheadasan eile.

Is e ceist eile, nach deach a thogail gu dìreach leis an fheadhainn a ghabh pàirt san rannsachadh ach a dh'fheumas freagairt, solar freagarrach a thoirt do chlann a tha fileanta sa Ghàidhlig mar-thà. Mar a chunnait sinn, tha a' chlann seo a-nis sa bheag-chuid ann an solar MG. Chan eil e follaiseach a bheil am feumalachdan càinain air an deagh choileanadh ann an solar a tha ag amas, mar as trice, air luchd-ionnsachaidh, agus tha obair a rinneadh o chionn ghoirid anns a' Chuimhrigh (Hickey & Lewis, 2009) agus an Èirinn (Mhic Mhathúna & Mac Con Iomaire, 2009) a' leigeil fhaicinn gu feumar barrachd aire a thoirt don bhuidhinn ionnsachaidh seo.

## 4.2 An t-eòlas a chuireas clann air solar MG

### Geàrr-chunntas

Bheir an Curraicealam airson Sàr-mhathais atharrachadh air a h-uile raon foghlaim an Alba, agus dùblain is cothroman sònraichte do luchd-solair ro-sgoile MG a tha airson dèanamh cinnteach gum faigh clann an làn roghainn eòlasan is builean a tha air an sònraachadh airson na h-ìre Tràth, fhad 's a gheibh iad foghlam is càram tro mheadhan na Gàidhlig. Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- ionnsachadh càinain a thoirt an lùib a' churraicealam fharsaing
- dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig an luchd-dreuchd air an t-seòrsa ciad-fhoghlam agus leasachadh proifeiseanta a leigeas leotha an curraicealam ùr a libhrigeadh fhad 's a tha iad a' cur taic ri ionnsachadh agus leasachadh càinain na cloinne
- dèiligeadh ri cùisean leantaileachd is cunbalachd
- glèidheadh agus leasachadh càileachd àrainneachd ionnsachaidh na ro-sgoile

Tha an curraicealam ag atharrachadh an-dràsta airson a h-uile duine aig a bheil pàirt ann am foghlam cloinne an Alba bho aois 3 gu 18 bliadhna. Tha an Curraicealam airson Sàr-mhathais (CaSM), a tha a' dèanamh mholaidean mionaideach mu na

seòrsaichean eòlasan agus builean a bhios fa-near do luchd-ionnsachaidh aig a h-uile h-ìre den t-siostam foghlaim, an impis dòighean teagaisg agus cleachdaidhean atharrachadh anns a h-uile raon, agus tha dùblain shònraichte a' tighinn na lùib – agus cothroman mòra cuideachd – do dhaoine an sàs ann an solar tràth MG:

- **A' toirt ionnsachadh càinain an lùib a' churraicealam fharsaing**

Tha CaSM a' sùileachadh dè na h-eòlasan is builean litearrachd a bhios aig luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, agus a' cur cudrom air a bhith a' lorg a-mach agus a' dearbhadh tro mheadhan na Gàidhlig aig an ìre Thràth; agus a' sùileachadh eòlasan is builean eadar-dhealaichte do chlann a bhruidhneas Gàidhlig mar chànan màthaireil. Tha an fhìor mhòr-chuid de chlann a tha a' dol gu solar ro-sgoile MG nan luchd-ionnsachaidh Gàidhlig, agus mar sin is e an dùbhlain fa chomhair luchd-dreuchd cothroman a thoirt dhaibhsan a bhith a' lorg a-mach agus a' dearbhadh tron Ghàidhlig agus aig an aon àm a' faighinn an aon fharsaingeachd is saidhbhreas de eòlasan curraicealaim 's a gheibh clann ag ionnsachadh tro mheadhan na Beurla. A' gabhail beachd air seo, thuirt aon neach-freagairt gum bu choir do sholar MG amas air a bhith tarraingeach is soirbheachail, làn chomasach farpais le solar meadhan-Beurla agus 'a' toirt gu ìre clann aig a bheil sàr choileanadh is buannachd'. A thuilleadh air sin, a chionn gum bi luchd-ionnsachaidh agus fileantaich anns an aon seòmar-chluiche, feumaidh luchd-dreuchd dòighean a lorg gus cothroman freagarrach a thoirt don dà bhuidhinn cloinne.

Tha fianais nan suidheachaidhean sgrùdadh cùise againn, agallamhan le priomh luchd-freagairt agus suirbhidhean fòn le luchd-solair a' leigeil fhaicinn gu bheil eas-aonta eadar an fheadhainn a chuireas cudrom air ionnsachadh càinain cloinne agus an fheadhainn a tha a' measadh eòlas air gach raon den churraicealam (mar a tha ga mhìneachadh anns an Fhrèam-obrach Curraicealaim do chlann aois 3 gu 5) mar am priomh chomharradh air càileachd.

*Tha an t-ùghdarris mothachail gu feum iad an curraicealam a leasachadh – beairteas is doimhneachd a chur ris. Tha sinn gu math draghail anns an ùghdarris gu bheil amas eile aig luchd-solair Gàidhlig . . . Tha mi fhìn air luchd-obrach a chluinntinn ag ràdh gu bheil iad ann gus Gàidhlig a theagast ach . . . 's ann airson an curraicealam a libhrigeadh a tha iad pàighte.  
(Oifigeal leasachaidh càileachd ùghdarris ionadail)*

Tha feum ann tuigse a leasachadh am measg coimhearsnachd an luchd-dreuchd MG air a' churraicealam do chlann aois 3 gu 6 bliadhna agus air dòighean-teagaisg sònraichte nam bliadhnaichean tràtha. Bha an luchd-freagairt againn buailteach a bhith a' bruidhinn air a' churraicealam agus ionnsachadh càinain mar chleachdaidhean foghlaim fa leth bho chèile, mar chùisean roinnte air am faodar priomhachas nas motha no nas lugha a chur. Ged nach eil teagamh nach feum ionnsachadh càinain cloinne bige dòighean-teagaisg agus stòrasan freagarrach, bidh an-shocair ann an-còmhnaidh eadar priomhachasan mura tèid tuigse a leasachadh a thaobh curraicealam agus dòighean-teagaisg airson solar ro-sgoile MG.

- **Ciad-fhoghlam agus leasachadh proifeiseanta do luchd-dreuchd ro-sgoile MG**

Tha farsaingeachd de leasachadh proifeiseanta luchd-obrach anns a h-uile raon foghlaim air tighinn an lùib CaSM, aig ère ionadail is nàiseanta, cho math ri atharrachadh air ciad-fhoghlam agus trèanadh. Ach, chan eil an trèanadh a gheibh luchd-dreuchd ro-sgoile an-dràsta a' gabhail sùim de dh'fheumalachdan na feedhna a tha ag obair ann an seòmraichean-cluiche MG. Chan eil ciad-fhoghlam no foghlaem leantaileach proifeiseanta ro-sgoile no bliadhnaichean tràtha ri fhaighinn sa Ghàidhlig an-dràsta; no dad a' dèiligeadh ri ciamar as urrainn don churraicealam ùr feumalachdan sònraichte nan suidheachaidhean sin a ghabhail a-steach. Air an adhbhar seo, tha luchd-solar air a bhith a' sireadh luchd-dreuchd le barrantasan bhliadhnaichean tràtha (SVQan, HNDan no foghlaem neach-teagaisg) aig a bheil Gàidhlig cuideachd ach cha bhi trèanadh ann an cùisean a' buntainn ri foghlaem dà-chànanach tràth aca. A thuilleadh air sin, ann an sgìrean iomallach le sluagh sgapte tha luchd-dreuchd gun trèanadh ro-sgoile air am fastadh a chionn gur e Gàidhlig an cànan màthaireil. Ann an iomadh cùis bidh an luchd-dreuchd seo a' dol air adhart gu trèanadh SVQ ach tha fianais againn gu bheil cuid ann nach eil deònach trèanadh a dhèanamh. Air an adhbhar sin, bidh e na dhùbhlann dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-dreuchd a tha ag obair an-dràsta – agus an fheadhainn ann an trèanadh – a' ceangal feumalachdan a' churraicealaim ùir ri cleachdaidhean èifeachdach gus foghlaem càinain tràth a bhrosnachadh.

Ma tha sinn a' dol a sheachnadh dragh leithid 'tha cus buaidh aig inbhich air eadar-obrachadh' (neach-freagairt ùghdarris ionadail), feumar dòighean a lorg gus dèanamh cinnteach gu faigh a h-uile leanabh cùram is foghlaem bho luchd-dreuchd aig a bheil ciad-fhoghlam is foghlaem leantaileach proifeiseanta a bheir comas dhaibh sùil a chumail air ùidhean agus comasan làthaireach cloinne agus a tha a' planadh an t-ionnsachadh aca a leudachadh agus a dhol an sàs ann an teagasg eadar-obrachail, mothachail. Ann an sgìrean dùthchail, far nach eil solar MG ach pàirt-ùine, glè thric, tha e duilich dreuchd làn-ùine a chumail a' dol mar neach-teagaisg bhliadhnaichean tràtha MG agus fiù ann am bailtean chan eil cothroman adhartachadh dreuchd an-dràsta ach gann. Bidh e cudromach dòighean a lorg gus leantaileachd is cunbalachd dreuchd a thoirt do luchd-dreuchd a dh'fhàsas fiosrachail ann am foghlaem tràth MG oir tha cunnart ann gun caill solar foghlaem Gàidhlig an trèanadh agus eòlas speisealta aca.

Thuirt cuid den phrìomh luchd-freagairt againn gum biodh modalan speisealta SVQ no roghainnean ann an ciad-fhoghlam luchd-teagaisg ann am foghlaem ro-sgoile MG na chuideachadh airson feumalachdan trèanaidh a choileanadh, ach tha feum ann cuideachd air barrachd thionnsgnaidhean agus leasachadh luchd-obrach aig ère ionadail. Mar eisimpleir, dh'innis riochdaire aon ùghdarris ionadail mu aon phrògram inntrigidh a bu toil leatha a thabhann air a h-uile neach-obrach a' tòiseachadh ann an solar MG. Tha cuid de phrìomh luchd-freagairt air gearan mu oifigearan leasachaiddh aig a bheil, is dòcha, cleachdadhe ann an ionnsachadh Gàidhlig ach nach eil ann am bliadhnaichean tràtha no a dh'fheumas feumalachdan iomadh buidhne a choileanadh. Bhiodh cothrom air seirbheisean neach-leasachaiddh speisealta fhaighinn a bheireadh comhairle seachad air cleachdaidhean nam bliadhnaichean tràtha agus taic do leasachadh càinain na chuideachadh gus piseach a thoirt air càileachd ann an cuid de shuidheachaidhean, cheart mar a bhiodh

cothrom air stòrasan leasachaidh luchd-obrach fhaighinn tro GLOW (lion a-staigh airson foghlam a chuir ionnsachadh is Teagasc na h-Alba air dòigh).

Bha feadhainn cuideachd ag ràdh gum biodh e na chuideachadh cothroman cleachdaidhean fhaicinn agus lìonraidhean dhaoine ann an suidheachaidhean MG eile no suidheachaidhean meadhan-Beurla agus gu faigheadh luchd-obrach air coimeas a dhèanamh eadar na cleachdaidhean aca fhèin agus feadhainn dhaoine eile agus cothrom smuaintean a leasachadh mu dheagh chleachdaidhean. Bhiodh e cudromach coinneamhan luchd-dreuchd a cheangal ris na cothroman seo gus am faodar mineachadh carson a bu chòir seann chleachdaidhean a chumail no cleachdaidhean ùra a chur an sàs. Bha suidheachadh ar sgrùdadadh cùise *Cathair-bhaile* air pròiseas leasachaidh luchd-obrach leantaileach a chruthachadh agus ged nach robh e ag obair tron Ghàidhlig bha e a' toirt an aon chothrom do luchd-obrach Gàidhlig agus Beurla cur ri càileachd cleachdaidh anns an t-suidheachadh aca agus ris an leasachadh aca fhèin mar luchd-dreuchd èifeachdach.

### **Cùis Cathair-bhaile**

Bidh luchd-dreuchd meadhan-Gàidhlig agus meadhan-Beurla a' tighinn còmhla aig deireadh gach seisean gus breithneachadh a dhèanamh air gniomhan agus air mar a ghabh a chlann riutha. Is e an tamas aig *Cathair-bhaile* an aon dòigh-obrach iomlan a thabhann air a' chloinn uile, stèidhichte air feumalachdan an leanaibh ge bith dè am meadhan cànan. Thathas a' planadh còmhla ach bha an Ceannard dùrachdach gum bithear an-còmhnaidh a' déanamh soilleir ann an solar MG mar a ghabhadh amasan curraicealaim *agus* amasan cànan a choileanadh. Bidh an luchd-dreuchd a' planadh stòrasan is gniomhan sònraichte a chleachdadh ann an raon sònraichte den churraicealaim agus aig an aon àm a' beachdachadh air na cothroman airson ionnsachadh cànan a thig an lùib nan gniomhan sin. Tha iad a' feuchainn ri dòighean-obrach 'P1' a sheachnad a bhios ag amas air feartan cànan leithid na h-aibidil, fonaigs no ionnsachadh làn fhaclan. Tha measadh cleachdaidh cuideachd ga dhèanamh le co-obrachadh eadar luchd-obrach Gàidhlig agus Beurla a' cruinneachadh ann am buidhnean beaga agus a' breithneachadh air clàraighean bhidio de chleachdaidhean anns na seòmraichean-cluiche gu lèir.

#### **• Cunbalachd agus leantaileachd**

Tha e glè choltach gum bi buaidh aig stèidheachadh na h-ìre Tràth anns a' CaSM air cunbalachd, leantaileachd agus tar-ghluasad don h-uile duine a tha an sàs ann am foghlam tràth. Tha sinn air eisimpleirean a lorg de dheagh chunbalachd eadar luchd-solar MG tràth aig aon de na h-ionadan sgrùdadadh cùise againn agus dith conaltraidh eadar an cròileagan agus sgoil-àraich MG ann an àite eile. Tha an gluasad gu ìre Thràth na chothrom do luchd-dreuchd thar nan suidheachaidhean gu lèir obair còmhla le amas air slighe foghlaim na cloinne san sgìre aca.

#### **• Càileachd na h-àrainneachd ro-sgoile**

Is e teachdaireachd litreachas nam bliadhnaichean tràtha gu bheil buaidh foghlam tràth an crochadh air càileachd an t-solar agus nan cothroman ionnsachaiddh a gheibh clann (e.g. Peisner-Feinberg agus Burchinal, 1997; National Institute of Child Health and Human Development (NICHD), 2005; Sammons et al., 2004). Cha do leig dealbhadh an sgrùdaidh seo leinn rannsachadh direach a dhèanamh air càileachd nan eòlasan a fhuair a' chlann ach, mar a chaidh a luaidh gu h-àrd, bha fianais luchd-freagairt a' leigeil fhaicinn gu robh rùm ann airson cleachdaidhean a

dhèanamh na b' fheàrr. Ach, chruinnich sinn dàta suirbhidh air grunn fheartan structarach aig a bheil, a rèir fianais, buaidh air sàr àrainneachd a chruthachadh do chlann (me Goelman et al, 2005; Phillipsen et al, 1997). Nam measg tha ìrean foghlaim agus trèanaidh an luchd-obrach, tuarastalan, ìre tighinn is falbh an luchd-obrach, an uiread tide a gheibh luchd-obrach a bhith air leth bhon chloinn agus cothroman trèanaidh agus leasachaидh proifeiseanta. Mar a dh'innse sinn ann an toradh an t-suirbhidh agus a mhìnic sinn an seo, chan eil cothroman trèanaidh agus leasachaيدh proifeiseanta math aig luchd-dreuchd MG, chan eil tuarastalan àrd (mar as tricee eadar £6 agus £12 san uair), bha mòran tighinn is falbh ann am measg an luchd-obrach ann an cuid de shuidheachaidhean agus chan eil ùine aig a h-uile neach-dreuchd air falbh bhon chloinn airson planadh agus clàradh. Tha na toraidhean seo a' leigeil fhaicinn gu feumar piseach a thoirt air na dòighean as urrainn luchd-dreuchd obrachadh agus na cleachdaidhean aca a leasachadh airson gu faigh clann ann an solar MG sàr eòlasan anns na bliadhnaichean tràthha.

### 4.3 Stòrasan MG

#### Geàrr-chunntas

Tha lorg, faighinn seilbh air agus cleachdadh stòrasan freagarrach na adhbhar dragh mòr don h-uile solaraiche. Chaidh dà phriomh chuspair a thogail iomadh turas sa bhreithneachadh seo:

- tha stòrasan daor agus duilich a lorg
- tha e cumanta do luchd-solair a bhith ag eadar-theangachadh stòrasan Beurla, a' togail ceist mu dè cho buntainneach 's a tha na stòrasan seo don Ghàidhlig, agus na tha an obair seo a' cur ri uallach an luchd-dreuchd.

Tha gainnead stòrasan freagarrach a bheir taic do ionnsachadh càin cloinne òige na bhacadh air luchd-dreuchd ann an iomadh àite. Mar as trice, tha iad a' dèanamh coimeas neo-fhàbharach ri uidheachadh na Beurla, agus ag iarraidh uiread ionnan de stòrasan, uaireannan na h-aon stòrasan ach anns a' Ghàidhlig. Is e ceist nas duilge a bheil diofar seòrsaichean stòrasan a dhìth, a chionn gu bheil cultar na Gàidhlig eadar-dhealaichte bhon Bheurla, agus cuideachd airson gu bheil a' chuid as mothach de chlann ann an uidheachaidhean ro-sgoile MG nan luchd-ionnsachaidh seach nam fileantaich.

- **Tha stòrasan daor agus duilich a lorg**

Chan eil an roghainn leabhairchean (agus gu seachd àraidh leabhairchean fiosrachaيدh seach sgeulachdan) pailt no eugsamhail gu leòr agus tha cùisean nas miosa buileach a thaobh stòrasan leithid postairean, CDan ciùil, DVDan, geamaichean coimpiutair agus Leabhairchean Mòra a chleachdar airson leughadh ri buidhnean cloinne.

*Tha stòrasan do chlann fo aois còig gann ... Feumaidh sinn a dhol gu làraich-lìn airson òrain a lorg ... aig Nollaig an-uiridh bha e duilich dhuinn leabhairchean a lorg a bheireadh sinn dhan a' chloinn . . . Aig Nollaig agus aig a' Chàisg tha na seòrmairchean againne cho gruamach a' coimhead airson nach eil dad againn a chuireas sinn air na ballachan a*

*chionn nach eil na stuthan taisbeanaidh rim faighinn sa Ghàidhlig.  
(Neach-dreuchd, Cathair-bhaile)*

Cha bhi àiteachan-reice mòra a' cumail stòrasan Gàidhlig, ged a bhios aon mharsanta leabhraichean mòr air-loidhne a' reic raon leabhraichean do chlann òga. Is dòcha nach eil a h-uile solarache eòlach air na marsantaich speisealta a th' ann mar-thà, agus, co-dhiù, faodaidh duilgheadasan sgaoilidh a bhith acasan. Is dòcha nach bi stuth a thig tro na h-ùghdarrasan ionadail, co-cheangailte ri maoineachadh nan Tabhartasan Sònraichte, furasta don h-uile solarache agus pàrant fhaighinn.

Tha e na fhìor bhacadh gu bheil cuid de stòrasan nach fhaigh ach bun-sgoiltean, agus chan fhaod luchd-solair ro-sgoile am faighinn:

*Bha an stiùiriche-cluiche againne aig seminar far an robh stàl làn stòrasan feumail, ach chan fhaodadh duine ach tidsearan [bun-sgoile] am faighinn. Tha leabhraichean daor agus tha feum an-còmhnaidh air leabhraichean agus stòrasan ùra gus a' chlann a chumail trang.  
(Solarache cròileagan MG)*

*Tha dìth phostairean ùra ann. Chuir sinn post-d gu Stòrlann ach thuirt iad nach robh stòrasan acasan do dh'fhoghlam ro-sgoile ann.  
(Solarache cròileagain agus buidheann pàrant is pàiste MG)*

Tha dìth stòrasan teicneòlais fiosrachaidd air a chur am miosad a chionn nach eil ceangal eadar-lìn aig mòran shuidheachaidhean anns an t-seòmar-chluiche agus mar sin chan fhaigh iad cothrom air geamaichean agus gniomhan ionnsachaidh air làraich MG a chleachdad.

*Tha PC againn aig a' chròileagan ach cha bhi sinn ga chleachdad a chionn nach eil dad Gàidhlig againn air no DVD sam bith. . . . Tha sianail Gàidhlig ann a-nis le prògraman cloinne, ach chan eil ceangal eadar-lìn againn. Is cinnteach gun gabhadh DVDan de na prògraman seo a dhèanamh dhuinn?  
(Solarache cròileagain agus buidheann pàrant is pàiste MG)*

*Chan eil goireasan coimpiutaireachd math ann agus tha e duilich nach eil geamaichean coimpiutair ann. (Neach-dreuchd, Baile Beag)*

- **Is tric a bhios luchd-solair ag eadar-theangachadh stòrasan**

Ann an iomadh cùis, thèid stòrasan Beurla eadar-theangachadh don Ghàidhlig. Is e cleachdad a' cumanta a tha seo le leabhraichean agus is àbhaist don eadar-theangachadh a steigeil air muin nam faclan Beurla. Bidh luchd-dreuchd tric a' dèanamh am postairean, sanasan agus soidhnichean fhèin cuideachd.

*Tha sinn fhìn air leabhraichean eadar-theangachadh [ach] tha sin a' ciallachadh dà uiread na h-obrach. (Ceannard, Cathair-bhaile)*

*Tha trì Leabhraichean Mòra againn – a dhà a dh'eadar-theangaich mi fhìn [leis na faclan air an steigeil thairis]. (Neach-dreuchd, Cathair-bhaile)*

*Tha sinn fhìn a' dèanamh mòran de na stòrasan. Tha sinn a' feuchainn ri co-roinneadh a bhrosnachadh. (Priomh Neach-teagaisg, Baile Beag)*

Tha e na iongnadh nas mothà, is dòcha, gu bheil stòrasan ciùil, leithid faclan òrain-gniomha agus geamaichean ceardaill air an eadar-theangachadh bhon Bheurla cuideachd. Dh'fhaodadh seo argamaid a thogail a thaobh dè cho fior agus freagarrach 's a tha iad don chultar agus cuideachd tha e na fhìor uallach obrach air an luchd-dreuchd.

A chionn gu bheil feum ann taic a chur ri ionnsachadh Gàidhlig na cloinne taobh a-muigh an t-seòmair-chluiche, agus pàrantan a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail ann an ionnsachadh cànan na cloinne, tha luchd-dreuchd a' faireachdann gu feum iad duilleagan-obrach agus stuthan eile a dhèanamh, leithid duilleagan le faclan òrain agus CDan – le eadar-theangachadh do phàrantan aig nach eil Gàidhlig, a thuilleadh air stòrasan a chleachdar san t-seòmar-chluiche. Chan eil teagamh nach eil buaidh aig seo air uallach obrach an luchd-dreuchd an taca ri an co-obraichean ann an solar meadhan-Beurla, agus tha e gu sònraichte duilich a chionn gu bheil cho beag den luchd-dreuchd air an trèanadh mar luchd-teagaisg cànan.

#### 4.4 Beachdan agus miannan phàrantan

##### Gearr-chunntas

Tha adhbharan eadar-dhealaichte aig pàrantan airson an cuid cloinne a chur gu solar MG:

- Tha cuid dealasach mu ath-bheothachadh na Gàidhlig
- Tha cuid mothachail air sochairean dà-chànanas tràth
- Tha cuid gan tarraing le sochairean foghlaim is sòisealta eile

Tha e na dùbhlànn mòr do luchd-solair a bhith a' frithealadh do na diofar mhiannan a thig an cois nan adhbharan eadar-dhealaichte seo.

Tha an rannsachadh againn a' leigeil fhaicinn gu bheil eadar-dhealachadh susbainteach eadar na diofar adhbharan a th' aig pàrantan airson an clann a chlàradh ann an solar MG. Bha a' chuid as mothà de phàrantan ris an do bhruidhinn sinn anns an rannsachadh seo anabarrach taiceil do fhoghlam MG. Bha cuid aca taiceil airson gu robh iad airson ath-bheothachadh na Gàidhlig air adhbhar pearsanta no teaghlaich – bha iad fhèin, no cuideigin san teaghlaich, a' bruidhinn Gàidhlig agus bha iad airson dèanamh cinnteach gun deigheadh an cànan a thoirt don ath ghinealach. Thagh cuid eile an solar seo airson gu faigheadh an clann cothrom a bhith dà-chànanach bho aois òg. Agus bha cuid eile a thagh solar MG air adhbharan nach robh, airson na mòr-chuid, a' buntainn ri ionnsachadh cànan, ach airson gu robh iad a' faicinn sochairean foghlaim no sòisealta ann. Tha seo a' ciallachadh gu bheil na tha iadsan a' suileachadh mar bhuilean an t-solair glè eadar-dhealaichte cuideachd agus tha seo ga dhèanamh duilich do luchd-solair iarraidh air na pàrantan seo leasachadh cànan an cuid cloinne a chuideachadh mar a lùigeadh iad.

- **Mothachadh air sochairean a thig le dà-chànanas tràth**

Tha cuid de phàrantan dealasach gum bi an clann dà-chànanach. Chan eil seo a' ciallachadh gu bheil iad uile dealasach mu bhith dà-chànanach ann am Beurla agus Gàidhlig ach, o chionn gur e solar MG an aon seòrsa solar dà-chànanach a th' ann,

is e sin a thagh iad. Bha mòran de na pàrantan seo glè fhiosrach mu na seòrsaichean shochairean a thig le dà-chànanas, a' bruidhinn, mar eisimpleir, air na cothroman nas fheàrr a th' ann air fàs fileanta agus misneachail ann am bruidhinn cànan eile na gheibheadh iad ag ionnsachadh cànan ann an dòighean nas traídiseanta.

Ach – agus is dòcha gu h-àraidh mura robh cànan eile aca fhèin seach Beurla – cha robh seo a' ciallachadh gu robh iad uile fiosrach mun uallach a thig an cois ionnsachadh cànan, no dè na builean a bhiodh e ciallach sùileachadh às. Mar eisimpleir, bha cuid de phàrantan fada sa bheachd gu bheil fileantachd ann an cànan eile a' tighinn nas phasa ma thòisicheas clann tràth agus b' e sin an t-adhbhar a bha iad cho dealasach gun deigheadh an cuid cloinne gu sgoil-àraich MG. Ach, uaireannan, bha pàrantan airson gun deigheadh an clann air adhart gu bun-sgoil meadhan-Beurla agus iad cinnteach gu robh na sochairean air an robh feum aca air am buileachadh air a' chloinn mar-thà.

*Cha bhi sinn a' bruidhinn Gàidhlig aig an taigh ann, agus cha do chuir mi gin dhen chloinn nas sine dhan aonad Ghàidhlig, ach chaidh iad uile dhan an sgoil-àraich [Ghàidhlig] seo agus tha fios agam nuair a thig iad gu bhith ag ionnsachadh cànanan eile san sgoil gum bi e gu math furasta dhaibh. Thòisich mo nighean as sine san àrd-sgoil am-bliadhna agus tha i a' dèanamh Gàidhlig a-rithist agus thàinig e uile air ais thuice gun trioblaid sam bith. An t-ionnsachadh òg an t-ionnsachadh bòidheach.*  
*(Pàrant, Eilean)*

Tha an rannsachadh air togail cànan aig aois òg a' leigeil fhaicinn nach eil cleachdaidhean den t-seòrsa seo buailteach a bhith èifeachdach. Tha cuid de dh'fhanais ann gu bheil buannachdan sònraichte aig luchd-ionnsachaidh òg thairis air luchd-ionnsachaidh nas sine, airson na mòr-chuid a thaobh fuaimneachadh a tha nas fhaisge air labhairt dhualchasach, ach tha fianais ann cuideachd air anacothrom: chan eil ach beagan cèille aig clann bheaga air ciamar a tha an inntinn ag ionnsachadh (meta-smaoineachadh) no ciamar a tha cànan ag obair (meta-chànanachas) agus tha seo a' ciallachadh gu bheil iad nas mì-riaghailtiche nan ionnsachadh agus buailteach a bhith feumail air barrachd tide an lùib a' chànan ùir agus barrachd ath-aithris na dh'fheumas luchd-ionnsachaidh nas sine aig a bheil barrachd cleachdaidh (Johnstone, 2002). Mar a sheall Nikolov & Djigunovic (2006), às dèidh breithneachadh farsaing air an litreachas air togail dara cànan aig aois òg, is e am priomh bhuannachd a bhith a' tòiseachadh tràth air dara cànan ionnsachadh gu bheil barrachd tide aig an luchd-ionnsachaidh an cànan a thogail agus mar sin barrachd comais an ceann sreath; ach chan eil a' bhuannachd seo ann mura h-eil sàr theagast aca bho thùs, ann am prògram far a bheil leantaileachd aig cridhe gnothaich. Air an adhbhar sin, ma-thà, ma thèid clann a chur ann am prògram bogaidh anns na bliadhnaichean ro-sgoile agus a thoirt a-mach a-rithist a dhol gu bun-sgoil sa chiad chànan aca, chan eil e idir buailteach gum bi iad fileanta anns an dà chànan: cha bhi iad an lùib an dara cànan fada gu leòr agus cha bhi iad air cothroman adhartachaiddh gu leòr fhaighinn.

- **Sochairean foghlaim is sòisealta eile**

Bha làrantan eile a' taghadh solar MG, chan ann airson cothrom an cànan ionnsachadh ach airson gun do shaoil iad an solar 'na b' fheàrr' ann an dòigh air chòreigin na solar meadhan-Beurla. Ann an cuid de chùisean, thuit làrantan gu robh clasaichean na bu lugha anns a' bhun-sgoil MG agus gu faigheadh a' chlann barrachd aire bhon an tidsear mar am priomh adhbhar airson solar MG a thaghadh, agus gur e solar ro-sgoile a' chiad cheum ann:

*Tha na clasaichean nas lugha tron bhun-sgoil air fad.*  
(Pàrant 1, Baile Beag)

*Thig buannachd às na buidhnean beaga. Bho P1-7 tha iad ann am buidheann bheag, chàirdeil agus uabhasach eòlach air a chèile.*  
(Pàrant 2, Baile Beag)

*'S e àrainneachd gun samhail a tha seo; saoghal beag, furachail.*  
(Pàrant 3, Baile Beag)

*'S toil leam gu bheil an tidsear ann am P7 eòlach air an nighean agam a tha direach air tòiseachadh agus cò a bràthair agus a piuthar.*  
(Pàrant 4, Baile Beag)

Bha daoine eile air an tàladh leis a' mheasgachadh shòisealta:

*Tha na buidhnean meadhan-Gàidhlig snog – 's e daoine de sheòrsa sònraichte a th' anns an fheadhainn a thaghlas foghlam Gàidhlig. Tha taobh sòisealta ris.* (Pàrant 4, Baile Beag)

Ann an sgìrean bhailtean gu h-àraidh, faodaidh foghlam meadhan-Gàidhlig a bhith na fhuasgladh air duilgheadasan solair ionadail:

*Tha sinn a' fuireach ann an sgìre ath-nuadhachaidh ach tha sinn a' tighinn a-bhos an seo airson foghlam. Bha eagal orm nan deigheadh a' chlann agam dhan sgoil ionadail nach biodh annta ach dearg rògairean.*  
(Pàrant, Cathair-bhaile)

Tha na làrantan seo buailteach a bhith glè thaiceil don t-solar anns an fharsaingeachd ach is dòcha nach eil iad taiceil don dealas gus Gàidhlig a thogail. Bha aon phàrant, a bha dealasach gum fàsadh an leanabh aice fileanta sa chànan, a' càineadh phàrantan a bha ann air adhbharan eile:

*Tha mi air atharrachadh a mhothachadh anns an dòigh a thèid Gàidhlig a chleachdad a chòileagan. Tha an luchd-obrach mìorbhaileach agus tha deagh chliù aige ach tha e a' fulang air sgàth cho soirbheachail 's a tha e. Tha tòrr phàrantan a-nis airson gun tèid an clann ann fiù mura h-eil iad a' dol air adhart gu aonad meadhan-Gàidhlig. Saoilidh mise nach eil uiread Gàidhlig sa chòileagan 's a chleachd nuair a bhiodh mo mhac as sine ann. Tha iad a' feuchainn ri dèligeadh ri seo le seiseanan a dh'aon ghnothach do chlann a tha dol air adhart dhan aonad. Tha mise*

*a' smaoineachadh gu feum an cròileagan co-dhùnadhar an e buidheann mheadhan-Gàidhlig a th' ann no direach buidheann cùram cloinne. Bidh mi cluinniann phàrantan a' gearan gun tuirt an leanabh aca rudeigin sa Ghàidhlig agus nach robh iadsan ga thugse agus bidh mi a' faighneachd dhomh fhìn carson idir a tha iad a' tighinn dhan chròileagan seo.*

(Pàrant 6, Baile Beag)

#### • A' coileanadh miannan phàrantan: dùbhlair do luchd-solair

Tha na h-adhbharan eadar-dhealaichte seo airson solar MG a thaghadh agus am mìneachadh eadar-dhealaichte a chuireas pàrantan air dè tha an fa-near do luchd-ionnsachaidh nuair a dh'fheuchas iad dara cànan ionnsachadh gu fileanta ga dhèanamh duilich do luchd-solair toirt air pàrantan pàirt a ghabhail ann a bhith a' cuideachadh an cloinne gus Gàidhlig a thogail. Bidh cuid de luchd-solair ag iaraidh air pàrantan an clann a chuideachadh le Gàidhlig ionnsachadh le bhith a' dèanamh gniomhan àraighe aig an taigh, agus mar a chunnaic sinn ann an earrann 4.3, bidh cuid de luchd-dreuchd a' caitheamh mòran tide a' deasachadh stòrasan airson seo.

*Cuiridh sinn faclan dhachaigh – sa Ghàidhlig, ann am foneataigs agus sa Bheurla. . . Tha leabharlann iasaid ann do chlann agus pocannan Play Along Maths<sup>11</sup> sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Tha iad seo a' còrdadh ri tàrr dhaoine. (Ceannard, Cathair-bhaile)*

*Bidh sinn a' tabhann CD gheamannan is òrain Ghàidhlig [do phàrantan]. (Neach-dreuchd, Baile Beag)*

Thuirt cuid de phrìomh luchd-freagairt cuideachd gu robh feum air iomairtean do phàrantan airson am brosnachadh gus Gàidhlig a thogail agus a chleachdad a bha co-shìnte ri obair na cloinne. Bhathas airson cudrom a chur air Gàidhlig san dachaigh, agus nach eil cinnt gu faigh a' chlann Gàidhlig gu leòr aig an taigh fiu nuair a tha an cànan aig an dithis phàrantan; feumaidh na pàrantan brosnachadh nas làidire airson gun cleachd iad an cànan anns an dachaigh.

*Tha feum sònraichte air plana càinain teaghlaich mura h-eil ach aon duine san teaghlaich a' bruidhinn Gàidhlig. [Ach] tha e na fhìor annas do dhaoine gu bheil sinn ag iaraidh air pàrantan is clann Gàidhlig ionnsachadh airson a chleachdad aig an taigh.*

(Priomh neach-freagairt)

Far nach eil Gàidhlig aig pàrantan idir tha e duilich faicinn ciamar a bheir iad taic don cuid cloinne a bhith a' togail a' chàin. Bha cuid de luchd-solair airson gum biodh e mar fhiachaibh air pàrantan cloinne ann am foghlam MG gealltainn gun ionnsaicheadh iad fhèin i cuideachd, gus an toireadh iad taic do ionnsachadh an cuid cloinne, ach tha e follaiseach nach b' urrainn do chuid de phàrantan seo a dhèanamh airson nach eil iad misneachail ann a bhith ag ionnsachadh cànan iad fhèin no gun canadh iad nach robh tide no airgead gu leòr aca air a shon. Nan deigheadh riatanas den t-seòrsa seo a chur air pàrantan bhiodh e buailteach an

<sup>11</sup> Gniomhan matamataig sìmplidh a nì pàrantan còmhla rin clann, ag obair air smuaintean leithid mòr/beag; barrachd/nas lugha.

àireamh phàrantan a bha deònach an clann a chur gu solar MG a lùghdachadh agus dh'fhaodadh seo bagairt air seasmhachd cuid de chròileagain is sgoiltean-àraich. Gu dearbh, mar a tha ga mhìneachadh san ath earrainn (4.5), 's ann tric a dh'fheumas luchd-solar innse do phàrantan *nach fheum* iad fhèin Gàidhlig a bhruidhinn no ionnsachadh ma chlàras iad an clann ann an solar MG, agus iad den bheachd gu bheil sin na bhacadh air pàrantan a' tighinn thuca.

#### 4.5 A' dèiligeadh ri iarrtas agus a' togail ùidh mun t-solar

##### Geàrr-chunntas

Ged a tha a' chuid as mothà de luchd-solar innse do phàrantan nach fheum iad fhèin Gàidhlig a bhruidhinn no ionnsachadh ma chlàras iad an clann ann an solar MG, agus iad den bheachd gu bheil sin na bhacadh air pàrantan a' tighinn thuca.

- an t-iarrtas a th' ann a fhreagrach uiread 's a ghabhas
- dèanamh cinnteach gu bheil fios aig pàrantan sam bith a dh'fhaodadh MG a thaghadh dè an solar a tha san sgìre, agus nach eil bacaidhean sam bith air clàradh.

Bhiodh fàilte fad is farsaing ro thaic aig ìre nàiseanta do thogail aire mu sholar MG .

Tha freagairtean an t-suirbhidh a' leigeil fhaicinn nach eil mòran sholaraichean an dùil ri àrdachadh mòr anns an uiread theaghlaichean a tha airson an clann a chlàradh ann solar ro-sgoile MG anns na beagan bhliadhnaichean ri thighinn. Ged a tha a' chuid as mothà den bheachd gum bi iarrtas an ìre mhath cunbalach no gun tèid e an-àirde beagan, mar a thachair anns na beagan bhliadhnaichean a chaith seachad, tha iad fhathast airson àireamhan a chumail an-àirde le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi fios aig pàrantan sam bith a dh'fhaodadh ùidh a ghabhail san t-solar dè bha ri fhaighinn, agus gu faigh iad cuideachadh ma thaghlas iad an cuid cloinne a chur tron fhoghlam Ghàidhlig.

##### • A' freagrach iarrtas

Bha luchd-freagairt ùghdarrasan ionadail (an dà chuid luchd-solar agus an fheadhainn le dleastanas airson leasachadh na Gàidhlig san sgìre aca) airson tuigsinn dè an ìre iarrtais a th' ann agus dè an seòrsa solair a tha ga iarraidh (me cothroman do theaghlaichean tighinn còmhla a dh'ionnsachadh Gàidhlig, solar MG taobh a-muigh sgoile no seiseanan foghla姆 ro-sgoile). Ann am bailtean bha an luchd-freagairt airson an t-iarrtas a bh' ann mar-thà airson solar stèidhichte a shàsachadh seach tuilleadh iarrtais a bhrosnachadh. Bu toil le cuid de luchd-solar ùghdarrasan ionadail barrachd solar fad-latha a thabhall (a' freagrach iarrtas phàrantan a tha ag obair no a dh'fheumas a dhol astar fada gus solar MG fhaighinn) ach tha iad mothachail gu lùghdaicheadh seo an t-uiread cloinne uile gu lèir a gheibheadh solar MG anns an t-suidheachadh aca a chionn nach urrainn dhaibh an àireamh cloinne gach seisean a chur càil nas àirde na tha e an-dràsta.

Tha fianais bho luchd-cùraim cloinne a' leigeil fhaicinn nach eil iadsan a' faicinn mòran iarrtais airson seirbheis cùram cloinne MG oir is ann ainneamh a bhios duine ga iarraidh agus tha pàrantan, a rèir coltais, sàsaichte le glè bheag Gàidhlig. Ann an sgrùdadadh cùise *Cathair-bhaile* againn bha aithris air iarrtas neo-shàsachadh airson cùram cloinne MG ach chan eil seo air solarachadh a bhrosnachadh, is dòcha a chionn nach eil iarrtas cunbalach no gu bheil pàrantan deònach tionndadh do sholar Beurla nuair nach fhaigh iad Gàidhlig no nach eil ach beagan luchd-labhairt

na Gàidhlig a b' urrainn an t-seirbheis seo a thabhan. A chionn gu bheil cosgaisean àrda air ruith cùram latha do chlann òga, naoidheanan gu h-àraidh, chan eil e idir coltach gu bheil iarrtas gu leòr ann airson cosgaisean thoirt a-nuas gu ire reusanta.

- **A' togail ùidh mu sholar**

Tha freagairtean bho chròileagain is buidhnean pàrant is pàiste a' leigeil fhaicinn gu bheil iad mothachail air an fheum a bhith ag innse do phàrantan mu sholar MG ma tha an solar acasan dol a bhith seasmhach no dol a mheudachadh. Gu dearbh, bha fianais ann gu bheil na buidhnean saor-thoileach a' faicinn togail ùidh mar obair chunbhalach, ràitheil.

*Feumaidh sinn a bhith ri togail ùidh às dèidh làithean saora an t-samhraidh airson àireamhan a thogail a-rithist às dèidh do chuid a dhol air adhart don sgoil-àraich. Fhuair an cròileagan airgead airson sanasachd agus tha a' buidheann pàrant is pàiste ag obair còmhla riutha air togail ùidh.*

*(Solarache cròileagain agus buidheann pàrant is pàiste GM)*

*Tha sinn air a bhith a' bruidhinn air an leabhran sanasachd againn ùrachadh. (Solarache cròileagan MG)*

*Tha sinn an dùil a bhith a' sanasachd [air làrach-lìn na sgire] aig deireadh làithean-saora an t-samhraidh, a' togail aire san sgìre, a' sanasachd sa phàipear ionadail. (Solarache cròileagan MG)*

Tha dàta an t-suirlidh a' sealltainn gu bheileas airson gu faigh pàrantan le ùidh sa ghnothach fiosrachadh mun t-solar aca (tro làraich lìn foghlam tràth is cùram cloinne) agus ceangal ri tuairisgeul den t-suidheachadh aca air làrach-lìn fa leth. Bu toil le cuid de luchd-freagairt maoineachadh a bharrachd gus taic a thoirt do thogail ùidh, air neo comhairle no taic shònraichte bho thar-bhuidheann.

Tha luchd-solair air tuairisgeul a thoirt air na diofar dhòighean a bhios iad a' togail ùidh mun t-solar aca ach tha paradocs anns na freagairtean acasan agus freagairtean nam pàrantan ris an do bhruidhinn sinn aig suidheachaidhean nan sgrùdaidhean cùise. A dh'aindeoin nan oidhirpean foirmeil aca air aire a thogail, tha luchd-solair agus pàrantan ag aontachadh gur e aithris beòil (fios air deagh chliù ga innse timcheall na sgire) no cuireadh pearsanta an dòigh as èifeachdaiche air teaghlaichean a thàladh gu seirbheisean MG.

*Tha daoine nas buailtiche a dhol gu buidheann mas aithne dhaibh feadhainn eile ann. 'S e aithris beòil an dòigh as èifeachdaiche.*  
*(Priomh neach-freagairt)*

*Bidh daoine a' tighinn, mar as trice, tro aithris beòil ... cha tig mòran mura cluinn iad mu dheidhinn bho dhuine eile.*  
*(Solarache cròileagan MG)*

Chan eil e furasta an dòigh sanasachd seo a làimhseachadh no a leasachadh. Tha clù ga thogail thar ùine agus tha e an eisimeil càileachd nan eòlasan a gheibh clann

agus am pàrantan, mar a tha solarachadh a' coileanadh miannan theaghlaichean agus an dòigh solair a tha ri fhaighinn. Ach, ma tha cliù cho cudromach 's a tha an fhianais againne a' sealltainn, seo cuspair as fhiach coimhead ris. Is e dùbhlan mòr a th' ann a bhith a' togail cliù mar sholarache stèidhichte, cunbalach de shàr fhoghlam ro-sgoile no càram cloinne, gu h-àraidh do luchd-solair saor-thoileach.

Far a bheil àireamhan air crionadh no solar ùr ga dhealbhadh is dòcha gum bi feum air dòighean nas innleachdaiche gus iarrtas a bhrosnachadh. Chleachd an neach-teagaisg aig aon solaraiche ùr ann an sgìre bhailteil telebhisean agus rèdio na Gàidhlig airson ùidh a thogail. Tha tuairisgeul gu h-ìosal air dè rinn buidheann pàrant is pàiste nuair a thòisich àireamhan a' dol sìos.

### **Cùis Baile Beag**

Bidh buidheann pàrant is pàiste (Ceuman Beaga) a' coinneachadh uair san t-seachdain airson cluich agus òrain is rabhdan le stiùiriche-cluiche aig a bheil Gàidhlig. Chan eil Gàidhlig aig na pàrantan air a' chomataidh ach tha iad air tòrr obrach a dhèanamh (le maoineachadh bhon taobh a-muigh) gus pasgan òran agus stuthan Gàidhlig eile a chur ri chèile. Faodar am pasgan seo a chleachdadh mar stòras anns an t-suidheachadh agus le pàrantan a tha a' lorg fhaclan no a' fàs cleachdte ris na h-òrain a tha a' chlann ag ionnsachadh. Tha bùithtean-obrach mu bhith a' cleachdadadh ceòl le clann òga sa phròiseact cuideachd agus 's e dòigh a th' annta air tuilleadh theaghlaichean a thàladh don bhuidhinn. Tha àireamhan air a dhol an-àirde beagan ach tha a' chomataidh airson an obair aca a sgaoileadh gu bailtean eile mun cuairt agus bùithtean-obrach mu cheòl agus seanchas Gàidhlig a thoirt do bhuidhnean pàrant is pàiste meadhan-Beurla san sgìre.

Bha dragh air cuid den luchd-fhareagairt gu bheil daoine aig nach eil Gàidhlig den bheachd gu bheil an cànan duilich agus gum bi iad iomagaineach no aineolach mun dòigh a bhios i air a cleachdadadh (me pàrantan a' smaoineachadh nach tuig iad càil a bhios daoine ag ràdh aig buidheann pàrant is pàiste).

*Tha sinn airson barrachd sanasachd a dhèanamh ach tha eagal oirnn gun cuir a' bhratach Ghàidhlig daoine dheth – saoilidh iad gu bheil a h-uile càil sa Ghàidhlig. (Solaraiche buidheann pàrant is pàiste)*

*Tha daoine tric air an cur dheth leis gu bheil e sa Ghàidhlig. Tha iad a' smaoineachadh gum bi e uile sa Ghàidhlig ach, mar as trice tha iad a' gabhail iongnadh is tlachd nuair a thig iad agus an uair sin bidh iad a' fuireach. (Solaraiche buidheann pàrant is pàiste)*

*Chan eil pàrantan a' tuigsinn nach fheum iad Gàidhlig a bhruidhinn iad fhèin airson an leanabh aca a chur tro sholar MG.  
(Solaraiche buidheann pàrant is pàiste)*

Mar sin bha iad a' faicinn feum air fiosrachadh poblach air dè bhiodh fa-near do phàrantan is clann aig solar MG agus na dòighean a dheigeadh Gàidhlig is Beurla a chleachdadadh. Bha cuid de luchd-solair san roinn shaor-thoileach ag iarraidh air tar-bhuidhnean leithid Bòrd na Gàidhlig barrachd oidhirp a dhèanamh gus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail, le bhith a' togail ùidh air a' bhuannachd a thig bho bhith a' glèidheadh a' chànan agus na sochairean a gheibh daoine ma thaghlas iad foghlam MG. Shaoil iad gun daingnicheadh na h-oidhirpean seo seasmhachd an t-solair aca,

a' toirt misneachd do bhuidhnean pàrant is pàiste agus cròileagain a bha a' cumail a' dol air èiginn gum b' urrainn dhaibh mairsinn.

## 5. MOLAIDHEAN AIRSON ATHARRACHADH

Tha an rannsachadh againn air grunn raointean a lorg far a bheil feum air gniomh gus piseach a thoirt air càileachd agus gabhail solair agus mar sin, solar tràth MG a dhèanamh nas èifeachdaiche ann an co-theagsa poileasaidh leasachaidh na Gàidhlig san fharsaingeachd. Tha iad seo a' gabhail a-steach leasachadh proifeiseanta, feumalachdan taice, togail ùidh mu sholar agus tuilleadh rannsachaidh.

### 5.1 Leasachadh proifeiseanta

Bhiodh grunn cheuman a thaobh leasachadh proifeiseanta luchd-dreuchd nam bliadhnaichean tràtha iomchaidh. Bhiodh buaidh aca uile air cùisean maoineachaidh, cuid nas mothà na feedhainn eile.

- **Cuir trèanadh nàiseanta speisalta air dòigh a cheanglas cleachdaidhean nam bliadhnaichean tràtha ri leasachadh càinair airson solar MG**

Feumaidh luchd-solair nam bliadhnaichean tràtha MG amas air sàr ìre a ruighinn a thaobh cleachdaidhean nam bliadhnaichean tràtha san fharsaingeachd agus cuideachd a thaobh leasachadh càinair cuimsichte. Is e obair thoinnte, fhaiceallach a th' ann a bhith a' cur nan cùisean seo còmhla agus bhiodh trèanadh a dh'aon ghnothach (ciad-fhoghlam agus foghlam leantaileach proifeiseanta) san raon seo anabarrach feumail. An dràsta, tha e coltach nach eil leasachadh dà-chànanach idir na phàirt de chiad-fhoghlam no leasachadh proifeiseanta luchd-dreuchd nam bliadhnaichean tràtha aig ìre sam bith, a' ciallachadh gur dòcha nach eil foghlam foirmeil, structarach sam bith aig luchd-dreuchd MG nam bliadhnaichean tràtha anns a' chùis uile chudromach seo.

*Gniomh: bu chòir do cholaislean agus oilthighean a tha a' tabhann ciad-fhoghlam agus leasachadh proifeiseanta nam bliadhnaichean tràtha anns an raon seo co-obrachadh leis an fheadhainn a tha a' tabhann ciad-fhoghlam luchd-teagaisg meadhan-Gàidhlig gus na dòighean as freagarraiche agus as so-ruigsinne a lorg a dh'ionnsaigh ciad-fhoghlam agus leasachadh proifeiseanta a libhrigeadh don raon seo.*

- **Àrdaich ìre barrantachaidh/trèanaidh luchd-dreuchd MG nam bliadhnaichean tràtha uile agus càileachd nan eòlasan a gheibh a' chlann**

Airson na cuid as mothà, chan eil luchd-dreuchd nam bliadhnaichean tràtha (seach luchd-teagaisg àraich agus manaidsearan solair) air an trèanadh thairis air ìre SVQ3, agus uaireannan faodaidh an trèanadh aca a bhith feumach air ùrachadh, gu ìre 's nach eil iad fiosrach tuilleadh mu atharrachaidhean is innleachdan ùra san raon. A thuilleadh air seo, chan eil mòran chothroman ann airson trèanadh in-sheirbheis agus chan àbhaist dha buntainn ris a' Ghàidhlig idir. Dh'fhaodadh piseach air stòras sgilean luchd-dreuchd MG buaidh làidir a thoirt air leasachadh càileachd nan eòlasan a

gheibh clann, agus mar sin a dhol a dh'ionnsaigh mòr-amas feabhas ann an solar a ruighinn. Dh'fheumaiste a bhith faiceallach sa chùis seo, ged-thà, oir thuri grunnan ris an do rinneadh agallamh gu faodadh riatanasan trèanaidh ùra, susbainteach toirt air luchd-dreuchd MG aig an robh mòran cleachdaidh an obair fhàgail agus gum biodh e duilich feadhainn a lorg a dheigheadh nan àite.

**Gniomh:** *Bu chòir do mhanaidsearan, luchd-fastaidh, ùghdarrasan ionadail agus feadhainn eile le dleastanas airson leasachadh luchd-obrach, co-obrachadh le colaislean agus oilthighean gus na dòighean leasachaidh proifeiseanta as èifeachdaiche agus as freagarraiche a lorg, agus taic is brosnachadh a thoirt do luchd-dreuchd a bhith a' gabhail ri cothroman.*

- **Deasaich modhan-obrach èifeachdach airson eòlas is cleachdad a cho-roinn**

Ann an iomadh cùis, tha luchd-dreuchd MG caran iomallach a' coimhead a chionn nach eil ach beagan conaltraidh aca le luchd-solair MG eile, ma tha idir, agus mar sin chan eil ach beagan cothroim aca an cuid eòlais is chleachdaidhean a cho-roinn, ionnsachadh bho chèile, agus buannachd fhaighinn bho bhith a' sgaoileadh innleachdas agus 'deagh chleachdad'. Dh'haodadh bùithtean-obrach no co-labhairtean lionraidh structarach, aig ire roinnej no nàiseanta, agus dòighean nach robh cho foirmeil ach a bha nas sùbailte leithid buidhnean còmhraidh air-loidhne, a bhith air leth feumail an seo. Dh'haodadh structaran agus modhan-obrach a chaidh a stèidheachadh airson raon nam bun-sgoiltean (me A' Chuisle agus Gàidhlig Air-loidhne) a bhith na mhodail mhath anns a' chùis seo.

**Gniomh:** *Bu chòir do ùghdarrasan ionadail agus buidhnean nàiseanta leithid CNSA, Bòrd na Gàidhlig agus Ionnsachadh & Teagasc Alba tachartasan lionraidh a ruith aig ire ionadail, nàiseanta agus màs-fhìor, gus co-roinn eòlais is cleachdaidh a bhrosnachadh.*

## 5.2 Feumalachdan taice

Tha gniomh a dhìth ann an grunn raointean a' buntainn ri feumalachdan taice. A-rithist dh'haodadh seo buaidh shusbainteach a thoirt air cùisean maoineachaidh.

- **Leasaich solarachadh stòrasan MG**

Tha e follaiseach nach eil stòrasan MG nam bliadhnaichean tràthha math gu leòr ann an iomadh dòigh. Chan eil iad pailt gu leòr, chan eil raon farsaing ann dhiubh agus tha e duilich an sgaoileadh, agus air an adhbhar sin faodaidh nach eil fios aig cuid de luchd-solair is pàrantan mu na stuthan a tha rim faighinn, no comasach air an lorg. Bu chòir do dheasachadh stòrasan a bhith dlùth-cheangailte ri ire Thràth a' Churraicealaim airson Sàr Mhathais. Tha e air leth riatanach gun tèid stuthan lèir-chlaistinneach de gach seòrsa agus stòrasan sna teicneòlasan ùra a dheasachadh; tha an uireasbhaidh sa chùis seo mòran nas miosa na a thaobh leabhraichean.

Tha an uiread a bu chòir stuth eadar-theangachadh bhon Bheurla (no, gu dearbh, cànanan eile) duilich. Dh'haodar a ràdh gu bheil àrainneachd 'Gàidhlig' far nach eil dad Gàidhlig ann ach na faclan agus gràmar, a' cur bacadh air an iomairt gu leir. Ach, aig an àm seo, agus le corra eisimpleir chudromach den chaochladh, chan eil ach beagan air a tharraing bho thraidisean is cultar na Gàidhlig ga chleachdadh anns na stòrasan.

**Gniomh:** *Tha e coltach gu bheil feum air maoineachadh ùr a chur a-steach a dh'aon ghnothach an seo, agus bu chòir buidheann ùr dleastanas sònraichte fhaighinn airson stuthan nam bliadhnaichean tràtha a dheasachadh no bu chòir do Stòrlann stòras a bharrachd fhaighinn gus an raon stuthan ro-sgoile aca a leasachadh. Dh'haodadh ionnsachadh & Teagascg na h-Alba làrach a dheasachadh a dh'aon ghnothach do stòrasan nam Bliadhnaichean Tràtha MG agus luchd-dreuchd a bhrosnachadh gus na stuthan a nì iad airson nan seòmraichean-cluiche aca fhèin a cho-roinn.*<sup>12</sup>

- Thoir taic do fhàs cùram cloinne MG

B' e fios cudromach bhon rannsachadh againn cho beag 's a tha ri fhaighinn de chùram cloinne MG (a' gabhail a-steach luchd-cùraim cloinne priobhaideach) do chlann fo aois 3, agus clann nas sine a-bharrachd air an fhoghlam ro-sgoile an-asgaidh air a bheil iad airidh no taobh a-muigh uairean bun-sgoile. Ged nach tug an luchd-solar a fhreagair an suirbhidh againn luaidh air dìth cothromachaид eadar solarachadh is iarrtas, dh'haodadh e bhith gu bheil beachd eile aig párrantan. Ann am bailtean, leithid Ghlaschu is Dùn Èideann, tha cuid air a ràdh gu faodadh solar MG a bha na b' fhreagarraiche do fheumalachdan phàrrantan a bha ag obair (sin, cùram-latha/taobh a-muigh sgoile) àrdachadh mòr a thoirt air àireamh na bha a' clàradh. Bhiodh grunn cheistean obrachaidh ag èirigh an lùib àrdachadh anns an uiread uairean a thìde a bha gan solarachadh, gu h-àraidh gum biodh feum ann barrachd luchd-obrach fhastadh aig an robh Gàidhlig agus na barrantasan ceart (ged a dh'haodar a ràdh cuideachd gum biodh meudachadh den leithid a' dèanamh bliadhnaichean tràtha MG na b' fhreagarraiche agus na bu tarraigiche do dhaoine a' sireadh 'dreuchd') A thuilleadh air buidhnean, dh'haodadh páirt mòran nas moth a bhith aig luchd-cùraim cloinne priobhaideach le Gàidhlig. A-rithist, a rèir coltais, tha mì-chothromachadh ann eadar iarrtas agus solarachadh.

**Gniomh:** *Dh'haodadh páirt chudromach a bhith aig buidheann co-òrdanachaïdh nàiseanta leithid CNSA, CALA no SCMA ann a bhith a' brosnachadh luchd-cùraim ùra tighinn don t-siostam agus an luchd-cùraim a chur an aithne phàrrantan le ùidh san t-seirbheis aca. Tha dleastanas ro-innleachdail air Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-*

<sup>12</sup> Tha Siorrhachd Àir an Ear air stuthan feumail a luchdachadh air làrach nam Bliadhnaichean Tràtha, ach chuir iad don earrainn air 'Ionnsachadh Chànanan Cèine' e agus is dòcha nach smaoinicheadh luchd-dreuchd ann an solar MG coimhead an seo airson stòrasan Gàidhlig.  
([www.ltscotland.org.uk/resources/d/genericresource\\_tcm4401784.asp?strReferringChannel=earlyyears](http://www.ltscotland.org.uk/resources/d/genericresource_tcm4401784.asp?strReferringChannel=earlyyears))

***Alba a bhith a' ceangal phlanaichean meudachaidh an raon ro-sgoile, ann an co-theagsa Plana Nàiseanta na Gàidhlig, ri leasachaidhean pragtaigeach den t-seòrsa seo.***

- Cuir modhan-obrach air dòigh a nì cinnteach gu bheil cothroman aig clann MG a bhith a' cleachdad na Gàidhlig aig an taigh agus ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil

Aig an àm seo, is ann ainneamh a tha an fhòr mhòr-chuid de chlann ann an suidheachaidhean MG nam bliadhnaichean tràtha a' coinneachadh ri Gàidhlig taobh a-muigh àrainneachd structarach MG, ma tha idir. Tha e soilleir gun tig piseach air togail càin an co-rèir dìreach ris an uiread a gheibhear dheth. Far a bheil aon phàrant, no an dithis, a' bruidhinn Gàidhlig bu chòir modhan-obrach (agus, gu dearbh, poileasaidhean) a chur air dòigh gus am brosnachadh a bhith a' cleachdad a' chàin uiread 's a ghabhas agus cho tràth 's a ghabhas. Airson phàrantan aig nach eil Gàidhlig, bu chòir dhaibh cothroman ionnsachaidh structarach, so-ruigsinn fhaighinn, agus, mar a chaidh a nochdad gu h-àirde, bu chòir a chur air shùilibh phàrantan gu bheil páirt anabarrach cudromach acasan ann an deagh thogail càin an cuid cloinne.

Ann a bhith a' feuchainn ri bhith cho so-ruigsinn agus fosgailte 's a ghabhas tha solar tràth MG a' frithealadh do raon farsaing de phàrantan, a bhios a' tuigsinn adhbhar solar tràth MG agus foghlam MG san fharsaingeachd ann an iomadh diofar dhòigh, agus a' sùileachadh builean eadar-dhealaichte bhuaithe. Bidh cuid aca nach eil deiseil airson dèiligeadh ris na tha fa-near dhaibh ann an suidheachadh bogadh càin agus an uiread a tha builean soirbheachail an eisimeil an uiread cànan beairteach, eugsamhail a tha ri fhaighinn. Ged nach bu chòir párantan a bhith air an cur dheth bho clann a chlàradh ann an suidheachadh MG, bu chòir an roi-innleachd bogaidh Ghàidhlig a dhèanamh soilleir dhaibh bhon toiseach, agus bu chòir párantan a bhrosnachadh (agus a chuideachadh) gu làidir gus Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdad uiread 's a ghabhas.

***Gniomh: Bu chòir do bhuidhnean leithid CNSA agus Comann nam Pàrant pasgain fiosrachaiddh a dheasachadh do phàrantan aig a bheil clann aig ro-sgoil MG agus pàrantan an dùil an cuid cloinne a chur gu ro-sgoil MG, agus dèanamh cinnteach gun tèid an sgaoileadh fad is farsaing (an riochd pàipeir agus dealanach). Bu chòir do bhuidhnean teagaisg na Gàidhlig solar a chur air dòigh a dh'aon ghnothach do na pàrantan seo agus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig mòran daoine air, ann an cruth a fhreagras pàrantan aig nach eil mòran tide shaor.<sup>13</sup>***

---

<sup>13</sup> Is dòcha gum b' fhiach am modail a chaidh a dheasachadh le *Coffee Break Spanish* – leasan làitheil còig mionaidean deug a tha ri fhaighinn mar podcast – a sgaoileadh don Ghàidhlig, nan deigheadh a chuinseachadh air feumalachdan phàrantan: faic see [www.coffeebreakspanish.com](http://www.coffeebreakspanish.com)

### 5.3 Togail ùidh mu sholar

Chan eil ùidh ga togail mun t-solar a th' ann an-dràsta anns an dòigh as èifeachdaiche. Dh'fhaodadh grunn cheuman piseach a thoirt air aire agus gabhail.

- **Togail ùidh mu sholar MG aig ìre nàiseanta**

Tha e follaiseach gun àbhaist do ùidh a thogail mu sholar MG aig ìre ionadail, tric aig gach suidheachadh fa leth, le aithris beòil na phrìomh dhòigh air fios a sgaoileadh. Ged nach eil teagamh nach eil seo èifeachdach, agus gu dearbh, gur e seo as fheàrr ann an cuid de dhòighean, tha e soilleir gu bheil roinnleachd togail ùidh nàiseanta nas co-òrdanaichte a dhìth agus priomh thobar fiosrachaидh ùghdarrasail mu roghainnean MG. Aig an àm seo, tha mòran phàrantan ann (co-dhiù taobh a-muigh nan sgìrean far am bruidhnear Gàidhlig) aig nach eil fios sam bith gu bheil roghainn MG ann no tha iad a' smaoineachadh nach eil e a' frithealadh ach do chlann bho dhachaighean Gàidhlig. Tha e follaiseach gu bheil cruaidh fheum air fàs a thoirt air a' mhargaidh airson solar tràth MG ma thathas a' dol a ruighinn nan targaidean àrd-mhiannach ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

*Gniomh: Tha dà sheòrsa gniomha a dhìth. An toiseach, stòr-dàta nàiseanta làithreach air solar ro-sgoile a tha fosgailte don phoball gus am faic párrantan a tha a' beachdachadh air ro-sgoile MG dè an solar as freagarraiche dhaibh san sgìre aca fhèin, no solar iarraidh mura h-eil dad freagarrach ri thaighinn. Dh'fhaodte am mapa a chaidh a dheasachadh anns a' bhreithneachadh seo a chleachdadh mar bhunait an stòr-dàta, ach dh'fheumadh e a chumail an-àirde agus ùrachadh gu cunbalach. Is dòcha gur e Bòrd na Gàidhlig a' bhuidheann as ionchaidh dleastanas a ghabhail airson obair glèidhidh a' mhapa no dh'fhaodte a chur an lùib a' bhreithneachaidh staitistearaich bhliadhnailear bliadhnaichean tràtha a bhios Riaghaltas na h-Alba a' dèanamh. Ann an dàrna àite, bu chòir iomairt nàiseanta air togail ùidh a dhèanamh, a' brosnachadh phàrrantan a bhith a' beachdachadh air sochairean foghlam MG – a' toiseachadh aig ìre ro-sgoile – a' cur cudrom air na buannachdan cultarach a tha a' Ghàidhlig a' buileachadh air Alba agus na sochairean a thig le dà-chànanachas tràth. Dh'fhaodte na h-iomairtean togail ùidh a rinneadh sa Chuimrigh a chleachdadh mar thoiseach toiseachaidh an deasachaidh. Bu chòir do Bhòrd na Gàidhlig àrd uallach a ghabhail airson na h-obrach seo, a' co-nbrachadh le buidhnean ionadail is nàiseanta eile.*

### 5.4 Tuilleadh rannsachaidh

A rèir a' bharrantais a fhuair sinn, bha raon obrach ar rannsachaidh cuingealaichte agus sònraichte, le amas soilleir air cùisean pragtaigeach, structarach. Ann a bhith a' dèanamh a' bhreithneachaidh seo, ged-thà, tha sinn air faighinn a-mach gu bheil cùisean bunaiteach nas toinnt ann a tha feumach air aire cuideachd, agus gur e fuasgladh nan cùisean sin a dh'fhaodadh a' bhuaidh as cudromaiche a thoirt air soirbheas agus buaidh solar MG nam bliadhnaichean tràtha san fhad-ùine.

Dh'fheumadh iad sgrùdadh a bharrachd agus uidheaman agus modhan rannsachaidh eadar-dhealaichte.

- **Tuilleadh rannsachaidh air builean solar MG do dhaoine fa leth agus do leasachadh Gàidhlig**

Tha e follaiseach nach eil an-dràsta tuigse shoilleir ann air builean cànanachais a bu chòir sùileachadh no a th' ann dha-rìreabh bho bhith a' frithealadh suidheachaidhean MG nam bliadhnaichean tràtha. Mar eisimpleir, a thaobh leanabh le Beurla a-mhàin a' dol gu sgoil-àraich MG aig aois 3 nach do choinnich ri Gàidhlig riamh roimhe sin, cia mheud facial Gàidhlig (agus dè seòrsa fhaclan) a bhithear an dùil a bhiodh e no i a' cleachdad, no a' tuiginn gun chleachdad, nuair a bhios e no i deiseil san sgoil-àraich, agus dè na structaran gràmair a bu chòir a bhith aige no aice? Dè na bacaidhean gràmair agus fuaimneachaidh as motha a nochdad? Dè an ìre aig an sùilicheadh gun tòisicheadh clann a bhith a' cleachdad na Gàidhlig gu gniomhach agus dè na suidheachaidhean san tachradh seo? Aig an àm seo, cha eil freagairtean soilleir ann do cheistean den t-seòrsa seo, fiù ged a bhiodh tuigse nas fheàrr glè fheumail a thaobh teagast.

- **Rannsachadh air èifeachd mhodailean leasachadh càinain**

A rèir coltais tha iomadh cleachdad an sàs an-dràsta a thaobh meud agus eugsamhlachd an uiread Gàidhlig a gheibhear aig suidheachaidhean 'MG', agus tha na diofaran seo tric air adhbharachadh le diofaran ann am prionnsabalan agus feallsanachd eadar suidheachaidhean agus luchd-solair. Chan eil, tha e coltach, modailean soilleir, structarach ann a thaobh cheuman ann an coinneachadh ri Gàidhlig. Ach tha grunn math rannsachaidh ann mu chànanan eile a bhiodh èifeachdach a chleachdad a thaobh na Gàidhlig. B' urrainn do rannsachadh sealltainn nam modhan-obrach as èifeachdaiche agus freagarraich do fhoghlam Gàidhlig.

- **Beachdan phàrantan mu sholar is iarrtas**

Bho fhreagairtean an t-suirlidh againn, tha e coltach nach eil ach glè bheag iarrtas a tha gun sàsachadh airson solar MG an-dràsta; ach, mar a chaidh a luaidh gu h-àirde, is dòcha nach e an luchd-solair fhèin as fheàrr a dh'innseas an dealbh shlàn. Chuidicheadh suirlidh phàrantan le clann ro-sgoile feedh na h-Alba gu lèir a bhith ag innse a bheil iarrtas ann nach eil ga shàsachadh, is dòcha far nach eil solar idir an-dràsta, no airson seòrsaichean solair nach eil ri fhaighinn aig an àm seo. Cuideachd, a chionn gu feumar iarrtas a chur am meud airson targaidean a' Phlana Nàiseanta a ruighinn, dh'fhaodadh suirlidh den leithid innse nan seòrsaichean argamaidean is brosnachaidhean a thàladh barrachd phàrantan a bhith a' taghadh an t-solair seo.

**Gniomh: bu chòir do na priomh bhuidhnean a bhios a' maoineachadh rannsachadh air Gàidhlig – Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba – beachdachadh an urrainn do shruthan maoineachaidh làthaireach no ùra taic a thoirt do obair san raon seo.**

## 5.5 Co-dhùnadh

Tha am breithneachadh seo air solar bliadhnaichean tràtha is cùram cloinne MG air stòr-dàta de 127 solaraiche a stèidheachadh a tha a' tabhann solar MG ann an caochladh shuidheachaidhean anns na raointean poblach, priobhaideach is saor-thoileach. Tha solar don chuid as mothà de chlann aois 3-5 ann am buidhnean, (clasaichean- is sgoiltean-àraich is buidhnean pàrant is pàiste), far am bi iad a' frithealadh sheiseanan leth-latha suas ri còig uairean san t-seachdain feadh teirm na sgoile. Is e buidhnean pàrant is pàiste saor-thoileach as mothà a bhios a' solar do chlann nas òige. Chan eil ach glè bheag cùram cloinne ri fhaighinn airson solar fad-latha no tron bhliadhna gu lèir. A dh'aindeoin seo, cha tug luchd-solair luaidh air planaichean meudachaidh sam bith. Ma thathas a' dol a ruighinn nan targaidean airson fàs a chaidh a stèidheachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, tha e coltach gu feum buidhnean le dleastanas leithid Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba oidhirp mhòr a dhèanamh gus iarrtas a chur am meud le bhith a' togail ùidh mu shochairean solar MG agus foghlam tràth dà-chànanach. Bidh feum air oidhirpean an co-rèir ri seo stèidhichte air plana a tha air a dheagh rannsachadh agus le deagh bhrosnachaidhean na chois a dh'ionnsaigh barrachd solar MG, barrachd luchd-dreuchd nam bliadhnaichean tràtha aig a bheil Gàidhlig agus barrachd stòrasan MG èifeachdach a libhrigeadh. Ma tha meudachadh solar MG a' dol a bhith de chàileachd fhreagarrach a tha a' coinneachadh ris na tha na h-ùighdarrasan riaghlaidh agus An Curraicealam airson Sàr-mhathais a' sùileachadh agus a tha a' toirt gu ire luchd-labhairt a tha fileanta is misneachail sa Ghàidhlig bidh feum ann tuigse nas fheàrr fhaighinn air na modhan-teagaisg a bheir taic do ionnsachadh na Gàidhlig am measg clann òga agus do ionnsachadh thar a' churraicealaibh air fad.

## TOBRAICHEAN FIOSRACHAIDH

Goelman H. et al (2006). Towards a predictive model of quality in Canadian child care centers. *Early Childhood Research Quarterly*, 21, pp. 280-295.

Hickey, T. & Lewis, W.G. (2009). Exploring policy and practice in Welsh-medium preschools with children from different language backgrounds. Paper given at *Language Policy and Language Learning: New Paradigms, and New Challenges* conference, University of Limerick (18-20 June).

Hornberger, N. H. & King, K. A. (1996). Language Revitalisation in the Andes: Can the Schools Reverse Language Shift? *Journal of Multilingual and Multicultural Development*, 17 (6), pp. 427-441.

Johnson, R. & Swain, M. (1997). *Immersion education: International perspectives*. Cambridge, UK: Cambridge University Press.

Johnstone, R. (2002). *Addressing the 'age factor': some implications for language policy*. Strasbourg: Council of Europe Language Policy Division.

Johnstone, R. & McKinstry, R. (2008). *Evaluation of EPPI: Early Partial Immersion in French at Walker Road Primary, Aberdeen*. Stirling: Scottish CILT.

Lambert, W. & Tucker, G. (1972). *Bilingual education of children. The St. Lambert experiment*. Rowley, MA: Newbury House.

Mhic Mhathúna, M. & Mac Con Iomaire, M. (2009). Implementing Language Policy in Gaeltacht Naónraí. Paper given at *Language Policy and Language Learning: New Paradigms, and New Challenges* conference, University of Limerick (18-20 June).

NICHD (National Institute of Child Health and Human Development) Early Child Care Research Network (2005) Early Child Care and Children's Development in the Primary Grades: Follow-Up Results from the NICHD Study of Early Child Care. *American Educational Research Journal*, 42, 3, pp. 537-570.

Nikolov, M. & Djigunovic, J. (2006). Recent research on age, second language acquisition and early foreign language learning. *Cambridge University Press Annual Review of Applied Linguistics*, 26: pp. 234-260.

Peisner-Feinberg E. S. & Burchinal M. R. (1997) Relations between preschool children's childcare experiences and concurrent development: The Cost, Quality and Outcomes Study. *Merrill-Palmer Quarterly*, 43, 3, pp. 451-477.

Phillipsen L.C., Burchinal M.R., Howes C. & Cryer D. (1997). The Prediction of Process Quality from Structural Features of Child Care. *Early Childhood Research Quarterly*, 12, pp. 281-303.

Sammons P. et al (2004) The impact of pre-school on young children's cognitive attainments at entry to reception. *British Educational Research Journal*, 30, 5. pp. 691-712.

Scottish Executive Education Department (2007). *Growing Up In Scotland*. Edinburgh: Scottish Executive.

## **EARR-RÀDH A**

### **GM PROVISION ACROSS THE LOCAL AUTHORITIES: QUESTIONNAIRE RESPONSES**

As an addition to the original research plan, the Education Analytical Services Division of the Scottish Government emailed a letter to the directors of education in each local authority asking them to nominate a contact who would be able to provide information on Gaelic-medium early years and childcare provision in their area. Bòrd na Gàidhlig also provided contact names for some authorities. At least one contact for each LA was identified. Their responsibilities varied: officers or managers for Early Years and/or Childcare; Gaelic Education Officers and Gaelic Development Officers; Education Officers; and officers or managers for Quality Improvement. Initial contacts sometimes passed on the query to others, including head teachers at primary schools with GM and one Gaelic teacher in primary and secondary schools. Some reminder emails and phone calls were required.

All contacts were emailed and asked to complete a short questionnaire on provision in their area. All but two of the 32 authorities returned questionnaires or provided by email or telephone information that answered the questions. No information was returned by Fife (although the questionnaire was passed on to Early Years), but we have found no indication of any provision in the authority. The Orkney contact replied briefly to say there was no provision. Multiple responses were received from three authorities, Dumfries and Galloway (four), Highland (two), North Lanarkshire (two). Dumfries and Galloway circulated the questionnaire to all primary school heads, four of whom responded.

#### **1. LISTS OF PROVISION**

From the questionnaire activity, we established that 17 local authorities offer GM preschool provision: these are Aberdeen, Angus, Argyll & Bute, Clackmannanshire, East Ayrshire, East Dunbartonshire, Edinburgh, Glasgow, Highland, Inverclyde, Moray, North Ayrshire, North Lanarkshire, South Lanarkshire, Stirling, West Dunbartonshire, Western Isles. All but one of these provided lists of or information on nursery classes, playgroups and parent and toddler groups, but none gave details of childminders. The exception was Clackmannanshire, where there was no list because ‘the scope of provision is limited’, but this limited provision was not specified. The remaining 13 authorities that responded to the questionnaire in detail stated that they had no provision: these were Aberdeenshire, Dumfries & Galloway, Dundee, East Lothian, East Renfrewshire, Falkirk, Midlothian, Perth & Kinross, Renfrewshire, Scottish Borders, Shetland, South Ayrshire and West Lothian. The Fife contact passed on the questionnaire to the Early Years team, but it was not returned. Renfrewshire noted that ‘in the information available on the childcare information service no providers have indicated that they speak Gaelic’.

## **2. CHANGES IN PROVISION**

LA contacts were asked about provision that had closed or opened in the past year and plans for closures or new provision in the coming year. Three authorities gave information about provision having closed and/or opened in the past year, and others gave information on a longer time-scale.

Aberdeen said that no provision had closed in the last year, but a group for two-year olds had previously closed because of lack of numbers. The LA contact (Gaelic education officer) also highlighted the impact of the national trend for most mothers with young children to return to work. Mothers working full-time need all-day provision, so a morning-only nursery (as at the one GM nursery class in the city) is not practical for them. This means that some pupils go straight into GM P1 without being in GM preschool provision first, which would be preferable. Low numbers do not allow the nursery class to expand to be full-time, but the Gaelic education officer felt that it was a 'chicken-and-egg' situation: she reported that a colleague at an Edinburgh nursery said their numbers had doubled/tripled when the nursery became full-time.

In Glasgow, Sgoil Àraich Lyoncross (nursery school) opened in 2008 because of parental demand. The other GM facilities at Sgoil Àraich Rowena and Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu (Glasgow Gaelic School) have had very healthy intakes, with some sessions completely full. Little Scholars nursery at Langside College closed in May 2009, because the entire site is being redeveloped and there will no longer be accommodation for GM preschool provision there.

Several changes were noted in the Highland region. Several cròileagain (playgroups) in the Inverness area, including the one at Kinmylies Primary School, had closed because of the opening of the nursery class at the new Bunsgoil Ghàidhlig Inbhir Nis (Inverness Gaelic School) in August 2007. It was thought that groups run by CNSA in Culloden and Tomatin had closed, because of the lack of a playleader in the latter case. Later contact with the groups found that both had been without a Gaelic-speaking playleader for the last year or so; Culloden was therefore about to close, while Tomatin was continuing in the hope of getting a new playleader. One of the Highland contacts also commented that: 'The demand and interest is still there but it needs an organisation to put in the work to get them up and running. CNSA ceased to be interested in pre-school education a number of years ago and even then was lacking in know-how and ability.'

Although there had been no closures in the past year in the Western Isles, it was noted that a number of groups had closed in the past because of very low numbers. Groups with very low numbers are regularly monitored, and Comhairle nan Eilean Siar has a policy to top up funding for these groups provided they meet certain criteria.

The general pattern of provision in Argyll & Bute had not changed in 2008-09, but the level of Gaelic language input to each unit had changed, for example at Tiree Primary Gaelic Pre-Five Unit, and Strath of Appin Gaelic Pre-Five Unit. These changes to provision are 'related to the general issue of the availability of personnel with sufficient language competency to work with very young children'.

Four authorities discussed future plans. In Argyll & Bute, from 2009 onwards, the Early Years section at registration for Preschool Education records parental interest in GM provision. As part of the establishment of the pattern of provision of Preschool Education the need to develop GM provision is also considered and opportunities explored. Establishing a Gaelic Pre-Five Unit at Colgrain Primary School in Helensburgh is currently being considered. Edinburgh is currently looking into possibility of partner provision with the private sector, prompted by greater demand for pre-school provision, especially for childcare below age three. In Highland, it was hoped that a Ceuman Beaga group in Aviemore would be starting very soon. In Inverclyde, CNSA was trying to establish a carer and toddlers group.

### **3. DEMAND**

Authorities were asked whether there was unmet demand in their area and if so what kind of provision was required.

Six authorities said there is unmet demand in their areas. Demand for wraparound care and all-day provision was mentioned by three (Aberdeen, Glasgow and Highland). Glasgow has some demand from parents for an all-day GM service (i.e. continuous provision from 8.00 to 6.00). Highland reported that a voluntary group, Curam Chloinne Inbhir Nis, are presently developing proposals for a Pre-5 Centre in Inverness catering for all under 5s, located opposite the existing Bun-sgoil Ghàidhlig and offering full-time wraparound care through the medium of Gaelic and an After-School Club. This was seen as a very positive development, because there has been unmet demand for Gaelic childcare in Inverness for at least 15 years.

Highland also said that there is a demand for all types of Gaelic childcare and out of school clubs. Both in areas where there already is GM provision and in areas where there is no GM education, the question of whether it is a suitable area for the development of GM needs to be considered: 'If it is a potential GM area then the development of pre-school groups is important in creating the grassroots interest and developing awareness'. Childcare is also an area of unmet demand in some parts of the Western Isles and there is difficulty recruiting childminders and sustaining childcare in very rural areas.

Argyll & Bute said that unmet demand for preschool education is recorded, and commented that: 'Generally speaking in order to quantify demand for other childcare services the council would require to raise expectations which potentially it cannot meet'. Inverclyde mentioned demand for a Carer and Toddler Group.

22 authorities indicated that they were not aware of any unmet demand or that there was no unmet demand at present: Aberdeenshire, Angus, Clackmannanshire, Dumfries & Galloway, Dundee, East Ayrshire, East Dunbartonshire, East Lothian, East Renfrewshire, Edinburgh, Falkirk, Midlothian, Moray, North Ayrshire, North Lanarkshire, Renfrewshire, Scottish Borders, South Lanarkshire, Shetland, South Ayrshire, West Dunbartonshire, and West Lothian.

Inverclyde noted that there was no unmet demand for GM preschool education and that at present only 56% of places are filled. Aberdeen also said that demand for preschool education is met.

Two authorities noted increases in demand. Edinburgh noted that provision was approaching capacity, and East Ayrshire stressed that: ‘Although the number of children attending the nursery class has increased there is no unmet demand as we have a statutory responsibility to provide a pre-school educational place for every child whose parent wishes one’.

Two authorities are currently reviewing provision or are planning to do so. As part of its draft Gaelic Language Plan, Glasgow is proposing to review provision in this area with a view to ensuring provision is adequate. Perth & Kinross was gathering information about all aspects of demand for Gaelic in spring 2009.

Stirling commented on the nature of provision in its only Gaelic nursery class: ‘Riverside nursery offers Gaelic input as a part of the existing nursery class sessions. Pressure groups indicate that Gaelic provision classes within primary should be linked to a Gaelic provision nursery, but 2004 consultation by Head of Riverside Primary evidenced that at that time parents preferred Gaelic input into the existing nursery session’.

#### **4. COLLABORATION**

Following on from the questions on demand, authorities were asked what they did if they could not meet requests for GM provision.

Seven authorities said they had been/were currently able to meet such requests: Angus, East Dunbartonshire, Edinburgh, Glasgow, North Lanarkshire, Stirling, Western Isles.

Five authorities said they referred or would refer parents to neighbouring authorities: Clackmannanshire to Stirling; East Renfrewshire to Glasgow or East Ayrshire; Edinburgh to Glasgow; West Dunbartonshire to Glasgow Gaelic School with support for transport costs; West Lothian to Edinburgh. Aberdeen said that children from Aberdeenshire, which has no GM provision, were referred to Aberdeen.

Argyll & Bute said that GM was a preference rather than a requirement: ‘Preschool education parents who indicate an interest in Gaelic generally name Gaelic provision in their area or put English medium providers as their option. Very few parents demand Gaelic as a must — it is mostly expressions of interest.’

South Lanarkshire said that parents would be supported through the Childcare Information Service if demand exceeded places available. Highland noted the importance of the local context: ‘It depends on various factors. As a community worker I would not raise the issue of GM education in an area without first having thought through whether or not it was an area where it was likely to be supported by the Council.’ Western Isles said that the council continues to provide incentives to encourage individuals to register as childminders. Renfrewshire said the childcare information service occasionally gets calls about transport.

15 authorities said they were not aware of any such requests having been made, or answered N/A: Aberdeenshire, Dundee, East Ayrshire, East Lothian, Falkirk,

Midlothian, North Ayrshire, Perth & Kinross, Renfrewshire, Scottish Borders, Shetland, South Ayrshire, South Lanarkshire, Stirling, Western Isles.

## **5. INFORMAL PROVISION, PARENTS' GROUPS AND OTHER PROVISION AND SERVICES**

Authorities provided information on a range of informal provision and on groups of parents who meet to speak Gaelic or promote the use of Gaelic with young children.

East Dunbartonshire mentioned Keith Scammell of CNSA, 'an organisation which promotes Gaelic from birth to aged 3 in the Dumbartonshire area'.

### *Parents/family*

East Ayrshire, Edinburgh and Glasgow all mentioned Comann nam Pàrant, described by the East Ayrshire contact as 'a group of mainly non-Gaelic speaking parents who send their children to Gaelic Medium Education, meets on a quarterly basis and are vigorous in their support for GME'. Inverclyde had a parents' group on Friday mornings organised by the Gaelic Community Development Officer. Highland noted that staff in the Ceuman Beaga groups are employed by the Council but there is usually a parent committee who help with the development of the group. Clackmannanshire mentioned that parents with an interest in GM education are part of a parent group operating in the neighbouring authority of Stirling. North Ayrshire mentioned a group in Largs a few years ago who had an interest in Gaelic provision, but could provide no details; a contact provided by CNSA said that a group in Largs had closed in 2007 because of lack of demand, and it is likely that this is the same group.

Aberdeen reported a conversation class for parents in the school at the same time as the nursery class, and noted that this does not suit all parents because many are working, so some go to adult evening classes. East Dunbartonshire and Inverclyde mentioned evening/adult classes, but it was not clear whether these were aimed specifically at parents.

Highland mentioned Curam Chloinne Inbhir Nis, a committee of parents who are currently trying to establish a Gaelic wraparound facility project.

Two authorities noted the role of families, in particular, of grandparents. Argyll & Bute said that 'Informal Gaelic input is also occurring in some areas where personal contacts are strong between childcare providers and a Gaelic speaker, e.g. Granny!'. Western Isles reported that Gaelic-speaking grandparents provide a childcare service.

### *Support/activities offered by local authorities*

Several authorities mentioned specific support or activities that they offer.

North Ayrshire has a peripatetic Gaelic Nursery Assistant, based at Children's Services in the Arran High School, who visits all pre-school establishments on Arran and provides play-based Gaelic input for the children.

Highland Council has a jobshare post in Gaelic Community Learning and Development for the whole Inverness, Nairn, Badenoch and Strathspey areas; part of the post's remit is to organise GM out of school provision, i.e. summer activities (mountain biking, canoeing, etc) through the medium of Gaelic. Inverclyde mentioned their Community Gaelic Development Officer.

Argyll & Bute are currently trying to produce a CD of the songs and rhymes in Gaelic for the 'Play at Home' books circulated to families of under fives through the GIRFEC (Getting it Right for Every Child) agenda, although the books have not been translated into Gaelic.

West Dunbartonshire has run or been involved in various one-off short-term family activities: two after-school family learning activities with primary pupils in P4/5 who are currently learning Gaelic and their parents or carers, with a further one planned for this year; a Gaelic trip for 8+-year olds and their parents to Inchcailloch on Loch Lomond with a programme of songs, stories, cartoons and games; a Gaelic weekend at the Gateway Centre of Loch Lomond National Park.

East Ayrshire said: 'Our Pre-5 Project - Parent and Toddlers continues to provide a Gaelic language and cultural experience for children 0-3 years through an immersion programme designed to encourage receptive and productive use of the Gaelic language. Six children were involved in the 2007-2008 session. Parents are supported to work with their children whether they come from a Gaelic or non-Gaelic speaking home. The focus this year has been language development through physical outdoor play'. East Ayrshire's Learning and Development Service also offers Gaelic tuition to parents and the 'Gaelic in the Home' provision encourages parents of young children to use their Gaelic with their children.

21 authorities said they were not aware of any such provision: Aberdeenshire, Angus, Dumfries & Galloway, Dundee, East Lothian, East Renfrewshire, Edinburgh, Falkirk, Midlothian, Moray, North Lanarkshire, Perth & Kinross, Renfrewshire, Scottish Borders, Shetland, South Ayrshire, South Lanarkshire, Stirling, West Dunbartonshire, West Lothian, and Western Isles.

## APPENDIX B

### WELCOME TO THE GAELOC-MEDIUM EARLY YEARS PROVISION PROVIDER SURVEY

Gaelic-medium Early Years and childcare provision plays a crucial role in the Gaelic education system and Gaelic development initiatives. The National Plan for Gaelic has set ambitious targets, and achieving them will depend on attracting children and parents to the 'Gaelic system' from the earliest stages of education.

